




Hull. 233





P

S A I L M
D H A I B H I D H

Air an deana' ni's iomchuidh arson
AORA' CHRIOSTUIDHEAN.

A NEW GAELIC VERSION
OF THE
P S A L M S
OF
D A V I D,


*More adapted to Christian Worship, and to the
capacity of plain illiterate persons.*

BY JOHN SMITH, D.D.

GLASGOW:

PRINTED BY NIVEN, NAPIER & KHULL,
AND SOLD BY J. AND A. DUNCAN, BOOKSELLERS,
TRONGATE.

1801.



P R E F A C E.

MANY of the Psalms of David are admirably calculated to excite the warmest sentiments of devotion. But many of them too are very unsuitable to Christian worship, and some of them altogether unintelligible to plain illiterate men. The particular concerns of David, a king and a warrior, surrounded with temporal enemies, perpetually recur, and suit no other character but the king of Israel. Many passages too are applicable enough to the situation of the ancient Jews, commissioned by heaven to destroy the Canaanites on account of their enormous crimes, but would be highly improper in the mouths of Christians, who are required to be of a different spirit.

In a prose version of the Scriptures, it may be proper to render every word literally; but it ought to be considered whether many passages that appear harsh, may not be capable of a softer rendering. At any rate, in a book of Christian devotion there should certainly be no room for curses: and as no metrical version can be exactly literal, so neither is it to be wished that it should, at the expence of either perspicuity or devotion.

Allusions to the Jewish state, history, temple, sacrifices, rites, musical instruments, and other particulars connected with the Jewish worship, occur in almost every page of the Psalms of David, and though applicable enough to the state of the ancient Jews, when the temple of Jerusalem was standing, can neither be understood by ordinary Christians, nor used by them with any propriety in their solemn addresses to God. Every person who has occasion to lead the devotions of a Christian assembly, must have often felt this inconvenience, and frequently turned over many leaves in order to find a few verses together, fit for being sung by any Christian congregation. This led the pious Dr. WATTS to give that paraphrase or imitation of the Psalms of David, fitted for Christian worship, which is used by a large body of Christians, the dissenters of England. Several other denominations of Christians have satisfied themselves with having the whole of the Psalms in a literal prose version, and have made a selection of such parts of the metrical version as are fit for worship, without encumbering the manual with those parts that can be of no devotional use, in their present form.

It would certainly be very desirable to have the whole book adapted to Christian worship, and made plain and intelligible to ordinary understandings. To accomplish these two purposes is the design of the following version; which, though not always literal, keeps in ge-

neral as close to the spirit of the original as this design would allow. The passages which relate to the peculiar situation of David, are rendered by such general terms as will fit them for the state of ordinary Christians. Sometimes by a slight change in the tense, imprecations against wicked men are changed into prophecies or denunciations of their fate, in perfect consistence with the genius of the Hebrew tongue. Sometimes temporal enemies are changed into spiritual ones, Satan, sin, temptation, and the corruptions of our nature, against which it is lawful to direct our prayers; and with which it is our duty to contend, until, by the grace of God ever ready to aid us, we shall have utterly subdued them. Some passages, especially of the imprecatory kind, are not only spiritualized, but also, when long, abridged a little, without omitting any material circumstance, fitted for Christian edification. Some passages, of which a literal version would be unintelligible, are paraphrased, and the scope and meaning of them given in a clear and brief manner, so as to adapt them to the comprehension of ordinary hearers, and to the purposes of worship: as, for the sake especially of those who cannot read, the meaning of every word should be so plain and obvious, as to be understood as soon as heard. The passages relative to the Jewish history are, by the insertion of a few words occasionally, formed into a foundation for the Christian's hope and con-

fidence in the power and mercy of the same God. Particular allusions to the Jewish temple and service, as well as to persons, places and events, with which the ignorant are unacquainted, are expressed in general terms, suited to the Christian church and its worship; bold eastern metaphors, when they would not be understood if rendered literally, are expressed in plain corresponding terms, and the connection of one part of a Psalm with another, is sometimes rendered more obvious by the insertion of some connecting particle, or by changing one particle for another: a liberty which the most literal translation would admit of, as one Hebrew particle (*vau*) may be rendered by a great variety of words, and is actually rendered by above 70 different words in the Latin Bibles. Prophecies relative to the Messiah and to the calling of the Gentiles, are rendered in the past tense, as now fulfilled; and the obscure terms in which they are sometimes couched, are brightened up by expressions borrowed from the light which the gospel furnishes in the history of their accomplishment, so as to make them easily understood by ordinary hearers. Short hints relative to a future state are often rendered by clearer and more expressive terms; as it would be improper now to shut our eyes when we walk in the midst of light. Temporal promises and threatenings are so qualified as to adapt them to the Christian dispensation, or rendered by terms

applicable to eternal rewards and punishments, which under the gospel, are the great sanction of the moral law. The features of devotion are thus enlivened, and the fences of morality are greatly strengthened.

Plainness and perspicuity have been studied in the style, and attention has been given, as much as possible, to make every line or couplet convey a clear distinct meaning, and to make the sense and the verse run and rest together. Besides a regard to the smoothness of the verse, attention has been generally paid to that peculiarity of Gaelic poetry, which requires the final syllable in the first line of every couplet, to correspond in sound to another syllable in the second; which, as well as the rhymes at the end of the couplets, are a vast help to the memory in mandating the Psalms; and would enable it to retain with ease the two lines, if given out at once in time of singing, as is often done by the Methodists, when the lines are read in their religious assemblies.

After this brief account of this version, the translator submits to others, how far the liberty which he has taken, of spiritualizing some passages and paraphrasing some others, may be allowable and proper; and how far he has attained those ends which he had in view—*the adapting the whole of the Psalms to Christian worship, and to the capacity of ordinary hearers.* He will only add, that the favourable reception of an improved edition of the old Gaelic ver-

sion, which he published some years ago, gave him reason to believe that a farther simplification of the sense and language, would be still more useful and acceptable to his countrymen; especially as the design was recommended to him, by persons on whose judgment he had every reason to rely; and the execution approved by such as had an opportunity of perusing the Manuscript.— May the devout soul be edified, and God be glorified!

S A I L M

D H A I B H I D H.

S A L M I.

- C**IΛ sona 'n ti nach d'theid a thaoibh
gu slighe chlaon nan daoil!
D' an comun aingidh no d'am béus
nach tabhair spéis a choidh'!
- 2** Cia sona 'n ti ta gabhail tlachd
do fhacal naomha Dhe,
Ga ghleidheadh, oi'ch' is là, 'na bheachd,
mar riaghail beatha 's béus!
- 3** An neach so bidh mar chraoibh a' fàs
aig uisge sàmhach sèimh,
Nach caill a meas, ni 's nō n'a blà,
's gun fhàilinn air a sgèimh.
- 4** Bidh anam ait 'na uile shao'ir:
chan ionann 's daoine daoil,
A bhios mar mholl air fhuadachadh
air sgiathaibh luath na gaoith.
- 5** Na h aingidh, là a' bhreitheanais,
o dhìte cha d' theid as;
Is ann an cochromun nan naomh
a haon diu choidh' cha seas.
- 6** Oir, slighe ghlan nan daoine naomh
tha caomh an' sealla Dhia;
Ach do na h aingidh diolaidh e
sgrios siorruith agus pian.

A

- C**IOD i so bhoile ghabh na slòigh
an aghaidh ordugh Dhe?
Iudhaich is Cinnich dh' eirich suas,
le'n uachdranaibh gu leir.
- 2** Dh' eirich iad suas an aghaidh Dhe,
ag diulta' geill do Chriosd,
A thairg, 'na throcair is 'na ghràs,
dhoibh slainte bhuan is sìth.
- 3** "Cha ghabh sinn (thubhairt iad) mar Righ,
an Ti so air aon doigh."
Ach Dia rinn fanoid air an uaill,
is thug e nuas an gloir.
- 4** Thubhairt e riu, 'na chorruich ghéir,
"Ni mise reir na's àill;
Air m' Eaglais bidh mo Mhac 'na Righ,
a dh' aindeoin stri nio námh.
- 5** 'S tusa mo Mhac, a shonruich mi
a chur mo ghloir an céill;
Gach feart is buaidh a bhuineas domh
's leat uile feedh gach ré.
- 6** Iarr, is mar oighreachd gheibh thu uam
gach sluagh 'sa chruinne-ché;
Na cinnich iomallach tha'n tàmh
's gach àite fad o chéin.
- 7** Riaghladh an domhain bidh 'nad laimh,
gheibh thu thar bàs làn-bhuaidh;
O eiridh gu ruig luidhe grein'
dhuit geillidh gach aon sluagh.
- 8** Iadsan a dhiultas geill do d' reachd
pronnar fo d' smachd gu luath,

'Namblloighdibh mion, mar shoitheach criadh
le slait do'n iarunn chruaidh."

- 9 A righre 'n domhain! striochdaibh sios
do'n RIGH so, mar is còir.
Le eagal 's aoibhneas mor do g' nà,
geill thugaibh dha is gloir.
- 10 Tra lasas fheargasuas r'a nàimh,
cia àghor bli ris reidh!
O! geillibh dha anis 'na thrà,
's gu bràth is leibhse neamh.

S A L M III.

- CIA lionmhor, O mo Dhia! na nàimh
ata gun tàmh gam leon?
Mo pheacai' thilg mo mhisneach sios,
is lion iad mi le bròn.
- 2 Gidheadh 's tu fein mo sgia 's mo ghloir,
mo dhoigh tha ann ad ghràs;
Mo ghuth chaidh suas gu t ionad naomh,
is shaor thu mi om' shàs.
- 3 Luidh mi an sin le fois asios,
chaidil mi 'n sìth, is dhuisg:
Oir Dia bha leam is chum e mi
gun dol asios do'n ùir.
- 4 Mo naimhde, ged' tha 'n àireamh mor,
cha chuir ni 's mò orm sgà:
Oir cumaidh Dia mi 'n cònuidh beo
le còghna maith a ghràis.
- 5 An ti bheir dhuitsa geill is gradh,
gheibh slainte uait is sìth:

Do shluagh cha tréig thu, Dhia, gu bràth;
bheir thu dhoibh àgh gun chrioich.

S A L M I V.

- O** DHIA mo bheatha 's m' ionracais!
ri m' urnaigh aom do chluas;
Is furtachd, amhuil reimhe so,
thoir dhomh anis gu luath.
- 2** Cia fhad a bheir sibh, chlanna dhaoin',
do nithibh faoin ur spéis?
'S a ni sibh fanoid air na naoimh
le n ionmhuin aora Dhe?
- 3** Biadh agaibh fios gur toigh le Dia;
's gur ciatach leis a naoimh;
Eisidh e 'n guth, is cuiridh nuas
fuasgladh o ionad naomh.
- 4** Biadh eagal oirbh 's na peacaichibh;
thugaibh fanear ur crìdh;
Gu tosdach air ur leapaichibh
dlu-bheachdaichibh gach gniomh.
- 5** Iobraibh do Dhia gnà-ionracas;
bibh naomh 'nur cridhe 's gniomh:
'S na dheigh sin uile biadh ur doigh
an trocair Dhe trid Chriosd.
- 6** Air nithibh maith an t saoghal so
tha moran daoine 'n tòir,
Ach dealra glan do ghnuis, a Dhe,
s annsa leam fein gu mòr.
- 7** Coirce biadh acasan is sion,
's gach ni mar sin gun airc,

Aoibhneas an crìdh cha bhi co mor,
 's cha bhi an dòigh co ait.

- 8 Gu suaimhneach luidhidh mise sios,
 is caidlidh mi 'nì sìth ri m' Dhia;
 O! gleidh mi tearuinte gu bràth,
 so dhubhar sgàil do sgiath.

S A L M V.

THOIR eisdeachd, O mo Dhia! do m' ghuth,
 oir dhuit is léir mo chridh;

Thoir eisdeachd ghrad do m' ghuidhe dhian,
 oir 's tu mo Dhia 's mo Righ.

- 2 Mo ghuidhe dhurachdach bidh riut
 gu moch na h uile là;
 'S feithidh mo shuil gu furachair
 ri cuideacha do làimh.

- 3 (Agadsa chan 'eil tlachd, a Dhe,
 ·do'n dream thug speis do'n olc;
 Cha seas na h aingidh ann ad là'ir,
 is gràin leat gach aon lochd.

- 4 Is gràin leat cealgairean 's luchd bhreug,
 luchd-eucoir is ain-iochd:
 An dream sin uile chleachd droch-bheus
 ni thu gu leir a sgrios.)

- 5 Le tlachd theid mi gu d' theampull naomh,
 a thabhairt aoraidh dhuit;
 Arson ro-shaibhireachd do ghràis
 mo lamh tha 'n togail riut.

- 6 O olc 's o chunthart m' anam dion,
 am firinn stiur mo cheum;

'Nad' shlighe naomha tha mo spéis,
dean fein an t slighe reidh.

- 7 O pheaca's buaire gleidhsa mì,
mu'm mill iad m'anam bochd:
M'anmianna ceannsuich, dean mi naomh,
is gleidh mi saor o lochd.
- 8 Mar so bidh agam aoibhneas mor,
is dochas as do ghràs;
Amhuil a th' aig na h uile neach
a thug do d'reachdsa gràdh.
- 9 Oir thusa bheir dhoibh so air fad
do bheannacha gun dì;
Is bidh iad cuartaichte gach taobh
le d'dhea'-ghean, mar le sgéi'.

S A L M VI.

LE feirg, a Dhia, na cronus mi,
's na dochainn mi gu trom:

- Cuimhnich mo laigse, seall anuas
air m'anam truagh am chom.
- 2 Tha mi gu cràiteach easlainteach,
O leighis mi, a Dhe!
Pill, cobhair, 's fuasgail orm gun dàil,
air sgà do throcair fein.

- 3 Buanaich mo bheatha chum do chliu;
cha toir an ùir dhuit glòir:
Na mairbh cha mhol 's cha chuir an ceil,
a Dhe, do mhaitheas mòr.
- 4 Cluinn m' urnaigh, Dhia, is thoir fanear
mar tha mo leab air snàmh,

Le m' dheoir tha ruith arson. mo lochd,
ata gam lot 's gain chràdh.

- 5 Do m' pheacai' (rinn mo chràdh gu geur)
cha toir mi speis ni 's mò:
Imichibh, O mo naimhde uam,
oir dh' fhuasgail Dia is dh' fhòir.
- 6 An achuine do chuir mi suas
gu gràsmhor chual e i;
Is eisdidh e 'na throcair chaoimh
an glaodh a thig om' chrìdh.
- 7 Imichibh uam, a luchd an uilc,
ri 'r cuideachd chuir mi cùl;
Oir aimhleas agus peanas buan
tha dual duibh agus dlù.

S A L M VII.

- O** DHIA, mo Thighearn, earbam riut:
orm furtach agus fòir,
Is gleidh mi saor o shàrucha
mo nàimh tha orm an tòir.
- 2 Air eagal, mar ni leomhan treun,
gu reubar m' anam leis,
Bi thusa dlù gu coghna leam;
ri d' throcair earbaidh mis'.
- 3 (Nan deanainn eucoir air aon neach,
no droch-bheairt arson maith,
Mo bheusa baoth do d' shuil bu léir,
's am chridhe fein bhiodh gath.
- 4 Ann àite so, bhuin mi gu caomh
ri daoine bha na'n nàimh,

'Sa bha, gun aobhar no cion-fà,
gam shàrucha gun tàmh.)

5 Eirich, is cuidich leam, a Dhe;
as t eugais tha mi fann:

Fòir orm, 's gu faic gach neach tha dlù
gu bheil thù air mo chrann.

6 O Dhia, bheir tearna maith do d' shluagh,
cum mise suas gu treun;
Reir treibh-dhireis mo chridhe fòir,
's dean tròcair orm, a Dhe.

7 Aingeàchd nan aingidh thoir gu crìch,
's daighnich am firean còir;
Oir 's leir do d' shuilsa cridh gach aon,
's bheir thu do'n ionraic fòir.

8 Ach tha thu 'n corruich gach aon là
riusan tha ghìnà ri olc;
'S mur dean iad aithreachas gu luath,
ni thu gu truagh an lot.

9 An t olc a dhealbh iad arson chàich
càiridh tu riutha fein;
'Nad fhreasdal, ni an gniomha baoth
droch dhaoine thoirt gu péin.

10 Arson a cheartais, molaidh mi
an Ti, mar so, ni chòir;
Do ainni lehobhah seinnidh mi,
oir 's esan Righ na glòir.

CIA gloirmhor t ainm, O Thi is aird,
air feadh gach àit is linn!

- 1 Tha neamh is talamh làn do d' ghloir;
an domhan mòr 's tu rinn.
- 2 Tha t oibre cur do ghloir an ceil,
bheir beul nan naoidhean cliu;
Co 's coimeas duit a bhos no shuas,
aora d'an dual ach thu?
- 3 Tra sheallas miasuas ri neamh,
a rinn do mheur-sa dhealbh,
'S a chi mi ghealach is gach reul
air feadh nan speur a' falbh:
- 4 An duine (deiream) ciod, no mhac,
gu gabhadh tlachd dheth Dia?
No fòs gu sealladh e anuas
air luathre is air criadh?
- 5 Oscionn gach dùil air thalamh ta,
san adhar ard, no 'n cuan,
An duine dh' orduich thu 'na righ,
is striochd thu iad d'a uail.
- 6 Seadh onoir chuir thu oirn ni's mò,
do Mhac ghabh cònuich leinn;
B' ìsl' e, ré seal, na ainglibh neimh,
chum tearnadh thabhairt duinn.
- 7 Is fòs 'nar nàtar tha e shuas
'na uachdran is 'na Righ:
Air talamh is air neamh, gu bràth
chuir thu f'a laimh ga ni.
- 8 Cia gloirmhor t ainm, O Thi is aird'!
air feadh gach àit is linu.
Tha neamh is talamh làn do d' ghloir;
an domhan mòr 's tu rinn.

- D**HUITSA, le m' uile chridhe, Dhe,
bheir mise geill is cliu.
Arson t uil' oibre; lionmhor mor,
có, Dhe, nach moladh thu?
- 2** Annadsa ni mi gairdeachas,
a Righ is airde gloir!
Oir's tu bheir dion domh o gach lochd,
's nach leig aon olc am chóir.
- 3** Trìd coghna m' Athar, ta air neamh,
tearuint' bidh mi gach uair;
M' anam cha bhi an comas nàimh
gu bràth a sgaradh uaith.
- 4** An dream sin tha 'nan nàimh do d' shluagh
grad-bhuailidh tusa sios;
Iad sein, no'n cuimhne, measg nam beo,
cha bhi ni's mò gu sior.
- 5** Tha thusa, Dhe, gu siorruith beo,
's cumaidh tu còir is ceart;
Saoruidh tu 'n firean as gach sàs,
is bheir do ghràs da neart.
- 6** An dream tha eolach air do ghràs,
bidh 'n dòigh fo sgàil do sgéi';
Oir cha do dhiobair thu neach riabh
a dh' iarr bhi riutsa reidh.
- 7** O seinnibh moladh ard do Dhia,
tha riaghla 'n domhain mhòir;
Am measg nam fineacha gu leir
cuiribh an ceil a ghàdir.
- 8** Tra thionsgnas Dia air breitheanas,
cha cheileat uaithe beud;

Do 'n umhal bheir e gràs is duais,
ach truaigh do luchd mi-bheus.

- 9 Dhomhsa bi trocaireach, a Dhia,
saor mi o iarguïn shior;
'S tu dh' fhuasgail mi o m' uile shìas,
air là a' bhràth na dìt.
- 10 Mar'sin 'nad theampull seinnidh mi
ard-cheileir dhuit gu binn;
Is cuiridh mi do chliu an ceil
air neamh feadh linn nan linn.
- 11 Peaca cha bhi an' sin no bròn,
no àmabh ni's mò gu m' chlaoi;
Na h uilc so theid gu ifrinn sios,
maille ri siol nan daoí.
- 12 An sluagh sin nach do chuinihnich Dia,
's gach neach nach d' iarr a ghràs,.
Fògrat do'n ionad sin asios,
fo phiantaibh siorruith bàis.
- 13 Oir Dia, ge saibhir fhaighidin,
ni dealucha sadheoidh;
Gu peanas tilgidh e na daoí,
ach bheir na naoimh gu gloir.

S A L M X.

- O! Com an seas thu co fad uainn,
an latha buairidh 's teinn?
O! com an ceil thu, Dhia, do ghniuis,
tra dhlùthraig amhgar ruinn?
- 2 Feuch mar tha namhaid mhiorunach
do ghnà ajr tì ar sgrìos;

Is daoine aingidh ailghiosach
ri tàir is eucoir leis.

3 Iad so na'n uaill cha ghairm air Dia,
chan iarr an cridh a ghràs

'Nan socair, si am barail bhaoth
caochla nach tig gu bràth.

4 Le mionnaibh, mallacha, 's le bréig,
le eucoir is le ceilg,

Tha iadsan (mar nach faiceadh Dia!)
mar leomhan, dian ri seilg.

5 Eirich, a Dhia, 's an aingeachd caisg,
taisbein do ghradh dò d' shluagh:

'Nad dhion do 'n bhochd 's do'n dilleachdan
bha thu, is bidh gu buan.

6 Feadh linn nan linn tha thu 'nad Righ,
is nì thu mar is àill:

Do luchd an uilc, O! feuch gu luath
gu d' thug thu fuath is gràin.

7 Chì 'n sin am bochd 's an dilleachdan,
's an tì ta umhal còir,

Gu dion thu iad o dhaoine daoí,
nach feud an claoi ni's mó.

8 Is chi luchd-uilc, ge uaibhreach iad,
gur dus is luáth iad fein,

Is nach 'eil doibh ach diomhanas
bhi strì' an aghaidh Dhe.

MO dhochas chuir mi 'n Dia, mo Righ,
cha bhi air m' anam geilt,

- Ge d' abair daoine' rium, " Gu d' shliabh
gu dian, mar chalman, teich."
- 2 Ma ni droch dhaoine an-cothrom
air daoine anfhann còir,
Is (stéidh gach ceartais,) reachd na tìr,
nach toir dhoibh dion ni's mò;
- 3 Ciod ni an-sin an duine naomh
ach glaodhachí suas ri Dia,
A bheir d'a mhuintir còir is ceart,
's a sgaoileas thart a sgia?
- 4 Dhasan is leir o chathair shuas
smuainte gach neach 's a ghniomh;
Is do gach aon, mar Bhreithe' ceart,
bheir e gun ag làn diol.
- 5 A naoimh ge d' dhearbh le fulahgas,
chan fhuiling Dia do 'n daoí
Dol as o dhicghaltas, arson
a lochd an aghaidh 'n t saoi.
- 6 'S e teine pronnusc 's doinionn gharbh
cuibhrionn nan aingidh truagh,
Am priosun loisgeach lasarach,
ri caoidh is acain bhuan.
- 7 Oir 's toigh le Dia ceart bhreitheanas,
is bheir e sgrios air daoí;
Ach bheir e, le gean-maith is gràs,
buán-shlainte do na naoimh.

S A L M X I I I .

CUIDICH, a Dhia! 's na naoimh air fàs
ro-thearc an tràs 'san tìr;

- Tha diadhachd gann, is chan 'eil meas
anis air creideamh fior.
- 2 Na h aingidh chaidh an lionmhoireachd,
Is ni 's measa 'n gniomh 's an caint,
Le ceilg an cridhe, tha am béal
gun bheag ach breugan ann'.
- 3 Tha 'n coluadar tra bhios iad cruinn,
gun suim air bith no brìgh,
Làn diomhanais is mhionna faoin,
gun smaointeach' air an crìch.
- 4 Gun sgà air bith ro' bhagra Dhia,
mar so deir iad gu dàn,
" 'S leinn fein ar teanga, 's labhraidh sinn
gach aon ni mar is àill."
- 5 Ach riusan labhraidh Dia e fein,
" Feuch, eiridh mise suas
A sgrios nan aingidh, 's a chur saor
nan naomh tha'n daorsa thruagh."
- 6 T fhacalsa thig, a Dhia, gu crìch,
tha t thirinn buan do ghnà;
Do ghealla tha, 's do bhagra 'raon,
gun chaochla gu la bhràth.
- 7 Do reir sin, saoruidh tu do shluagh
o bhuaireannaibh nan daoí;
Chan shuiling thu do dhroch-dhaoin' ard
gu sàruich iad na naoimh.
- 8 Cumhachd nan aingidh ged' is mor,
cha bhi an gloir ach gearr;
Oir tilgidh tus' iad uile sios,
's na'n àit thig siol is fearr.

O! Com an seas thu, Dhia, fad uam,
is mi an truaigh co mòr?

O! còm an ceil thu orm do ghnùis,
is m' urnaigh air do thòir?

2 Cia fhad a bhios mi caoi' gu goirt,
's mo chridh fo sprochd am chom;
Is namhaid m' anma is mo shìth
gam chumail sios gu trom?

3 O Dhia, mo Dhia! gabh truas do m' chor,
is thoir dhomh freagra luath;
Dealradh do ghnùis air m' anam fein,
mun d' theid mi sios do 'u uaigh.

4 Na leig do namhaid m' anama buaidh;
cum peaca uam do ghnà;
Do d' naimhdibh na toir aobhar uaill,
is t oglach truagh na fàg.

5 Mo dhochas uile chuir mi fein,
a Dhe, 'nad throcair mhoir;
Mo chridh ni aoibhneas uime sin
ad shlainte, mar is còir.

6 Dhuit bheir mi Thighearna mo Dhia,
a chionn gur fial do ghràs,
Ceol fonnmhòr ait is mola binn,
air feadh gach linn gu bràth.

S A L M X I V .

'N AN cùdh deir amadain gun chiall
nach 'eil Dia idir ann,
Aoradh is crabha' gu bheil faoin,
's gun saoghal eile thall.

- 2 Le leithid so do bharail bhaoth
 tha giulan dhaoine olc.
 Sheall an Tighearna nuas o neanib,
 is chunnaic meud an lochd.
- 3 Chunnaic e nach robh neach dhiu maith,
 's gu deach' iad uile thaoibh:
 Oir ciod ach creideamh 's grasa Dhia
 riaghlas ar nàtur clao?
- 4 As eugais so, tha daoine olc
 ag teum' 's ag lot' nan naomh,
 Tha 'g iarruidh cobhair air an Ti
 bheir diol do 'n aingidh bhaoth.
- 5 O Dhia! dean cobhair air do shluagh,
 thoir fuasgladh dhuinn o'r n airc;
 'S tra ruigeas sinn ar dachaidh shuas
 bheir sinn duit luadh gu h ait.

S A L M . XV.

- C**O, Thighearna, measg chlainn nan daoin',
 gu t ionad naomh theid suas?
 Co, ann ad theampull gloirmhor-sa,
 a chònuidh gheibh gu buan?
- 2 Esan a ghluaiseas reir do riar,
 gu diadhaidh gach aon uair,
 Is ri daoin' eile ni do ghnà
 na b' aill leis fhaotainn uath'.
- 3 Esan a tha, gu h ionraic còir,
 a' toirt do throcair spéis;
 Gun lochd 'na laimh, gun ghò 'na chrlidh,
 's nach dìt aon neach le bheul.

- 4 Cha tog 's chan airis esan sgeul
 a bheireadh beum do neach;
 Seasuidh e chòir, is cha dean duais
 a għluasad as a bheachd.
- 5 Ri droch-dhaoine, ge mor an inbh',
 cha bhi aig inntin bàigh;
 Ach do na naoimh, ge d' robh iad bochd,
 bidh aige tlachd is gràdh.
- 6 Cha sàruich esan duine bochd,
 's air ocar cha chuir maoin;
 Cha blirist e ghealla, ge do bhios
 a choiliona' ro-dhaor.
- 7 Aon olc, ge d' fhuiling e, cha dean;
 tha għiulan sèimh is ciuin;
 Gidheadh, an deigh a dhichill mhoir,
 'si trocair Dhe 'm bi dhùil.
- 8 So an neach àghor sin, a Dhe,
 a theid gu t àros shuas,
 'S a għeibh, ad theamipull gloirmhor-sa,
 a chònuidh leat gu buan.

S A L M XVI.

COIMHID mi, Dhia, oir tha mo dhòigh
 'nad throcair chaoimh gachi ré,
 Ge nach 'eil annam ni air bith
 is airidh air do spéis.

2 Mo mhaitheas cha ruig ortsa, Dhe,
 air neamh nan neamha shuas;
 Ach ris na naoimh air thalamh ta
 mo bhaigh bidh mar is dual:

- 3 'S ann doibhsan (mais' an t saoghail so!)
 a thug mi gaòl is gradh,
 'S chan ann do chuideachd ole nan daoí;
 do'n cuibhrionn bròn is bàs.
- 4 Do chomun luchd na h eucorach
 cha teir mi spéis gu bràth,
 Cha bhi, d'an caint, d'an gniomh, d'am beus,
 cuid agam fein no pàirt.
- 5 Mo chuid's mo chuibhrionn's tua Dhe,
 cia aoibhinn thuit mo chrann!
 'S leam sìth a bhos, is sonas shuas;
 so m' oighreachd bhuan, 's cha ghann.
- 6 Mola do Dhia ni dhomh an t iul,
 gam stiura' feadh an là;
 'S a ni mo theagasc anns an oi'ch,
 thaobh saibhireachd a ghràis.
- 7 Fam chomhair chuir mi Dia gach uair,
 a' gluasad maille ris;
 Mar so tha lath'reachd leam do ghnà,
 's gu bràth cha luaisgear mis'.
- 8 Annad biom ait, a Dhia nan gràs!
 bheir m' fheoil 'sa bhàs duit cliu;
 Oir fois is dion bheir thu do m' fheoil
 'na cònuidh shios 'san ùir.
- 9 Ach togaidh tu i suas aris,
 gu bhì, le m' anam beo;
 O thruailleachd saor, mar dh' eirich Criod
 a dhol an cinnseal gloir.
- 10 Stiuraidh tu mi gu tearuinte
 gu neamh an t ionad àigh,

Far am bheil sòlas saibhir fior
gu siorruidh ann ad la' ir.

S A L M XVII.

EISID m' urnaigh dhurachdach, a Dhia,
gu dian dean coghma leam;
Is saor mi o na h uile beud
ata am bheul no 'm chom.

2 O shlighe mhilteach luchd an uilc
cum thus air ais mo cheum;
Is anns an t slighe ionnsuidh gloir
O treoruich mi gu reidh!

3 'Si so mo ghuidhe riut, a Dhe,
thoir eisdeachd dhomh gu grad;
O taisbein domh do chaoi' neas graidh,
is sabhail mi gun stad.

4 Is tusa 'n Ti bheir coghna luath
do 'n t sluagh ni bun ad ghràs,
O pheaca 's buaire' ni thu 'n dion;
seachnaidh iad lion an nàimh.

5 Mar chloich do shùl gleidh mise, Dhe,
is dean fod' sgéi' mo dhion,
Mu' m buair an namhaid m' anam bochd
gu lochd a chur an gniomh.

6 Oir tha mo nàmh, mar leomlian garg,
ri sealg air m' anam truagh;
Eirich, a Dhe, is na leig dhà
gu bràth gu faigh e buaidh.

7 Do dhroch-dhaoin', tha mar lann ad lainih,
na tabhair fà mo chlaoi';

Ge d'dhearrbh thu m'fhaighidin's mo ghràdh
na sàruich mi le daoí.

8 An cuid 'sa bheatha so amhàin
fhuair iadsan, 's is beag fheum;
Car tiota gheibh iad dheth an leor,
's fàgaidh an corr nan deigh.

9 Ri miann luchd-uilc chuir mise cùl,
's mo dhùil ri gràsa Dhe;
D'an sòlas truagh nach mair ach seal,
cha'n'eil aig m'anam spéis.

10 Cia diombuan àgh an t saoghal so!
cia faoin gach ni fo'n ghréin!
Ach aoibhneas mor is maireannach
tha maille riutsa, Dhe.

11 Tra dhùisgeas mise nios o'n ùir,
chì mi do ghnùis gu réidh;
'S bi m'anam ait le d'chosalachd,
tra nochdas tu thu fein.

12 O! cuin a thig an aimsir àigh!
's aìn ruig mi lathair Dhe;
'S am bi mi dlù is cosail ris!
'S e so mo shonas fein.

1 S ANN ortsa ta mo chion 's mo ghràdh,
a Dhia tà ghna gam dhion;
'S ann uait thig m'fhurtachd agus m'fhòir,
is tu mo dhòchas sior.

2 Is tu mo Shlan'ear is mo sgia,
mo Dhia, mo cheghna treun,

O'm faigh mi cobhair ann am fehrs,
is fuasgladh ann am fheum.

3 An' là na h airce ghlaodh mi riut,
is shaor thu mi gu luath;
Fa'n aobhar sin air t onoir ard
bidh mi gu brath ag luadh.

4 Mar thuilte, thainig buaireanna
gam chuartàcha' gach taobh;
Eha ifrinn 's bàs a' bagradh orm,
's gun agam neart no maoin.

5 Am eigin ghlaodh mi 'n sin ri Dia,
's do m' iarguin ghabh e truas;
O ionad naomh, gu trocaireach,
chuir e dhomh coghna nuas.

6 Thainig e fein le chobhair chaomh,
's bha air an t saoghal crith;
Mhothaich an domhan lath'reachd Dhe
thug dha gu leir a bhith.

7 Roi' ghnuis an Uilechumhachdaich,
tra sheas e air mo chrann,
Gach peaca 's buaire chuir orm geilt,
's m' an-dòchas, theich gu teann.

8 Tra lùbas Dia na flaitheasa,
thoirt fòir do'n anam thruagh,
Co grad ri lasair dhealanaich,
gach namhaid teichidh uaith'.

9 Mar so thug dhomhsa Dia na gloir
grad-choghna ann am fheum;
Gach peaca buaire agus bròn
dh' fhogair e uam an céin.

- 10 A chionn gu d' rinn thu trocair orm,
 's gu d' dheonuich thú dhomh saors',
 Le durachd cridhe 's gloine làmh,
 do ghnà niom do thoil naomh.
- 11 An aghaidh peacai' ni mi stri,
 làn-chinteach as do ghràs;
 Oir bheir thu do gach neach do reir
 a chridh 's a bheus ad là' ir.
- 12 Oir tha thu maith do'n duine mhaith,
 is caoin do'n duine chaoin;
 Eascaoin do'n eascaoin; 's a' toirt gloir
 fadheoidh do'n duine naomh.
- 13 Mo bhròn gu solas thionndaidh thu,
 do m' ionnsuidh chuir thu neart;
 Is aon-ni nis cha bhi orm mor,
 le coghna Dòlia nam feart.
- 14 Oir tha mo dhochas bunaiteach
 'nad ghealla sior, a Dòlia,
 Gu bi thu 'd charraig 's ad chultaic
 do'n aitim ni do riar.
- 15 O cuidich leamsa t aitheantan
 a choimhead gach aon uair,
 Is biodh do shlainte dhomh 'na sgei'
 gu m' thearnadh o gach truaigh.
- 16 'S an t slighe naomh a threoruicheas
 gu t aros gloirmhor fein,
 Stiur agus neartuich mi le d' ghràs,
 gu crìch mo là 's mo réis.
- 17 Mar so, gu toileach tearuinte,
 theid mi gu neamh trèd gràis,

Gun dol air seachran truagh o'd' reachd,
chum peacaidh is chum bàis.

- 18 Mo pheacai' claoidehidh mi gu leir
le coghna treun do ghràis;
Mar naimhde m' anma measam iad,
is ni mi 'n sgrios gun dàil.

- 19 Mar sin gach miann a bhios am chrìdh,
bidh striochdta ghnà do d' reachd;
'S do 'n fhacal thig amach o d' bheul
geillidh an uile fheachd.

- 20 'N sin mola siorruith seinnidh mì
do 'n Ti thug dhomh a' bliuaidh:
Feadh linn nan linnte maireannach
air Dia ni m' anam luadh.

S A L M XIX.

NA neamha ta, 's na speuran ard,
oibre do lamhsa, Dhe!

Ag sior thoirt eolais air do ghloir,
's ag innse' sgeoil ort fein.

- 2 Bheir là an sgeul so do 'n ath-là,
is oi'ch gun tàmh do o'ich;
Le caint so-thuigsinn leis gach àl,
air feadh gach àit a choidh'.

- 3 Agimeachd auns an iarmailt ard,
'na pailliun fein, tha ghrian,
(Mar òig'ear tha ro-ait is treun,
ag ruith a réis gu dian,)

- 4 O'n ear gu ruig an iar gun tàmh
ag àrachadh gach nì,

'S ag teagascg eclaís do gach sluagh
air buaidhibh an Aird righ.

- 5 Ach t fhacal bheir, ni's mò na ghrian,
a Dhia, dhuinn eolas fior,
Fillidh e sinn, o shlighe bhàis,
gu slaint' is solas sior.
- 6 Am facal so ni'n t ùmaidh glic,
is thig uaith aoibhneas mòr;
Eolas bheir e do'n aineolach,
is neart do'n anam leont'.
- 7 Tha t fhacal fior, 's do ghealla buan,
is duais ro-mhor 'na chois;
'S mils' e na mhil, 's fearr e na'n tòr,
bheir e dhuinn gloir is fois.
- 8 Thug t fhacal rabha maith dhomh fein,
shcol e dhomh ceum an àigh:
Cia mor an duais a gheibh gach neach
a bheir fianear e ghnà!
- 9 Mearachd am aoruibhse m' ata,
(oir, fhàilinn co d' an léir !)
M' anam O glan le d' ghràs, a Dhe,
o'n lochd nachn léir dhomh fein !
- 10 O pleacacha' le m' dheoin, 's gu dàn,
gu h àraig gleidh mi, Dhe;
Peaca na biodh an uachdar orm,
's gach uair biom riutsa réidh !
- 11 O biodh mo smacin 's mo bhriathra fein
ciatach, a Dhe, 'nad là'ir !
Oir 's tu m' Fhear-sacruidh is mo neart,
a Dhia nam feart gu biàth.

DHIA Jacoib! cisde ruinn anns an là
 'san tig oírn àmhghar cruaidh,
 Is deanadh ainm ar Tighearna
 ar dion o'r n uile thruaigh!

2 As t ionad naomh, O cuir anuas
 coghna do d' shluagh gu pailt;
 Ri 'm mola gabh, is eisd an glaodh;
 thoir saora dhoibh 'nan aire.

3 Ri d' shláinte bidh ar sùil gu h ait,
 's bheir sinn le thachd ort luadh;
 Is cath a' chreidimh cuiridh sinn:
 thoir thusa, Dhia, dhuinn buaidh.

4 Is fios duinn gu toir thu do d' naoimh
 coghna do laimh 'nam feuni;
 'S gu cuir thu chuca neart is treoir
 o t ionad-cònnuidh fein.

5 Cuireadh daoin' eile 'n dochas faoin
 'san t saoghal, is 'na fheachd;
 Ni sinne bun a coghna Dhia,
 ga iarruidh, reir a reachd.

6 Mar so, gu daingeann seasuidh sinn,
 tra thuiteas càch asios;
 Oir thusa, Dhia, ni coghna leinn,
 is bheir thu diruinn do shìth.

S A L M XXI.

AN duine naomh ni gairdeachas
 'nad shláinte mhoir, a Dhia;
 Oir dheonuich thu dha gràs gu pailt;
 am maith air an robh mhiann.

- 2 Beannachda lionmhor gheibh e' n tràs,
 is crùn gu hard na'n déigh;
 Na chì thu maith 'san t saoghal so,
 is àgh nach traoigh leat fein.
- 3 Mar sin ni anam gairdeáchas
 'san t slaint' a dheonuich thu,
 Is bidh a chridhe solasach
 an dealra gloir do ghnùis.
- 4 A chionn gu d' rinn e bun ad ghràs,
 chan fhailnich uaith a steidh;
 Thar uile pheacai' buaireasach
 bheir thusa buaidh dha, Dhe.
- 5 Seadh sgriosaidh tu na naimhde so,
 's cha tog iad ceann ni 's mò;
 Is cuiridh tu gu grad gu ruraig
 gach buaire thig 'na thòir.
- 6 Mar so, a Dhe, leig ris do neart,
 is biodh do chobhair dlù;
 'S do t ainm ro-ard, le cridhe ait,
 bheir sinne mola 's cliu.

S A L M XXII.

- M**O Dhia, mo Dhia! comi thréig thu mi,
 's mi 'g éigheach riut co cruidh?
 O! com an seas thu fad o làimh,
 is mis' an àmhghar truagh?
- 2 Riut tha mo ghlaodh dol suas gun tàmh,
 O Thi ata ro-naomh!
 Na h aithrichean rinn bun ad ghràs,
 is fhuair do shlainte chaomh.

- 3 'Nan amhghar ghlaodh iad riutsa suas,
is thug thu fuasgla grad;
A chionn gu d' earb iad riut 'nan teinn,
cha d' rinn do throcair stad.
- 4 Ach mis' tha air mo mheas mar chnuimh,
's mar an-duine nach fiu;
Ag fulang maslai' agus tàir
o dhaoine dàna diu.
- 5 Na chi mi tha gu fanaideach
ag cratha' rium an ciùin,
Ag radh, "Am fear so dh' earb a Dia
nis saoradh Dia 'na theinn."
- 6 Ach 's tusa, Dhe, thug dhomh mo chruth,
's a dhealbh mi anns a' bhroinn:
'S o bha mi 'n crocha' ris a' chìch,
mo dhochas dhiotsa rinn.
- 7 O Athair! na bi fada uam,
's mi cuartaichite le nàimh,
Ata, mar leomhainn ghionach gharg,
ag iarruidh m' aima chràdh.
- 8 Mo bhuill tha air an claoi' gu léir,
mo neart thréig mi gu tur;
Mo theanga lean le tart rini' ghial,
tha m' iarguin dlù do 'u dus.
- 9 Mo lamhan is mo chasan lot
mo nàimh tha umam cruinn;
M' uil' éide' roinn iad-eatorra,
mum' thrusgan chuir iad croinn.
- 10 Ach thusa Dhia, mar chuige so,
mo choimhead dean gu treun;

- Mo bhcatha saor o laimh mo nàmh,
 m' anam na fàg fo phéin.
- 11 Mar sin do m' bhraithribh teagaisgeam,
 a Dhe, do inhaitheas mòr;
 Is ann an cothional nan sluagh
 mo luadh bidh air do ghloir."
- 12 O molaibh Dia, a shluagh gu léir,
 is thugaibh geill d' a reachd;
 Oir shaor e'n tì bha ann an sàs,
 is chuir a nàimh fo smachd.
- 13 Molams' thu, Dhe, 's a choinne mhoir,
 iocam mo mhòide riut,
 An là'ir an t sluaigh tha toirt duit geill
 's a' deanamh aoraidh dhùit.
- 14 Ithidh na naoimh le gairdeachas,
 is sàsuichear am miann;
 A' chuirni so cumaidh 'n anam beo,
 ma ghìoraicheas iad Dia.
- 15 Dhasan bheir sloigh an domhain mhòir
 urram is gloir gu leir;
 Riaghlaigh an domhain tha 'na laimh,
 dha 's dligheach gràdh is geill.
- 16 'S esan on tig gach aon ri maith;
 do'n bheartach thug e mhaoin;
 Is e thug fòs do'n bhochd a lòn,
 's tha cumail beo gach aon.
- 17 Bidh sliochd ann a ni seirbhis dà
 air feadh gach àil ri teachd,
 'S a theagaisgeas d' an cloinn gu sior
 a ghniomhara 's a reachd.

SE Dia m' fhear-iuil 's mo bhuauchaille,
cha dual do m' anam dì;

A Spiorad 's fhacal stiuraidh mi,
's bidh fhreasdal dlù gu m' dhion.

2 Aran na slainte bheir e dhomh,
is deoch do 'n uisge bheo;
Is bheir e mi gu tearuinte
gu fois air neamh fadheoidh.

3 M' anam, ma theid air seacharan,
bheir e air ais aris;
Seolaidh e mi le caomhalachd
'na shlighe naonigha fhior.

4 Ge d' shiubhlam tríd ghlinn dorcha bhàis,
cha bhi orm geilt no sgà;
Is tusa, Dhia, gam neartacha',
's gam fhurtacha' le d' ghràs.

5 Ge b' olc le m' naimhdibh, dheonuich thu
do m' anam lòn gu pailit;
Am chridhe chuir thu aoibhneas ard,
's niom gairdeachas gun airc.

6 Mar so, an cian a bhios mi beo,
mealam do throcair chaomh;
'S an deigh a' bhàis, mo chònuidh bhuan.
bidh shuas a' t aros naonigh.

S A L M XXIV.

IS leatsa, Dhe, an domhan mor,
's na h iomadh sloigh at' ann;

Air chuantaibh shuidhich thu a steidi;

shocruich thu e gu teann.

- 2 Is leat maraon an saoghal shuas,
teach mar is dual duit fein.
Co, leatsa 'n sin a chònuicheas
ann aros gloirmhor nèimh?
- 3 Esan tha glan 'na chrìdh 'sna laimhi,
is leis an gràin gach beud;
Aig nach 'éil gràdh do 'n t saoghal so,
no comhra baoth 'na bheul.
- 4 'S e so an neach a gheibh o Dhia
làn-mhiann a chrìdh gu bràth,
Fireantachd Dhe air thalamh bhos,
le slaint is fois gu h àrd.
- 5 'S iad daoine diadhaidh, amhuil so,
'gam bheil am miann ort fein,
Dhe Iacoib! a gheibh cònuidh bhuan
'na t àros shuas air nèimh.
- 6 A dheasacha' na cònuidh so
chaidh Righ na gloire suas,
Arson a shluaigh bhios maille ris,
gun sgaradh tuille uaith.
- 7 Ach có ri 'n canar Righ na gloir?
An Ti is mò a t' ann;
An Triathli tha uile-chumhachdach,
d' am buin a' bhuaidh gach ám.
- 8 A dhorsa siorruith! fosglaibh fial
do 'n Triath ur geatai' ard,
Gu rachadh Righ na glòir asteach,
far chleachd e bhi, gu àit.
- 9 Seadh, Co ri 'n canar Righ na gloir?
Co ach Iehobhah fein,

An Triath tha uile-chumhachdach,
 's a chruthaich talamh 's neamh?

S A L M XXV.

TO GAIDH mi m' anam riutsa, Dhia,
 ort tha mo mhiann a choidh':

Na leig le nàire no le nàmh
 m' anam gu bràth a chlaoi'.

2 Nàire gu bràth na biodh air neach
 a chleachd bhi feitheamh ort;
 Nàire biodh orrasan amhàin
 le 'n àill a bhi ri olc.

3 Do shlighe teagaisg dhomhsa, Dhe,
 gleidh mi 'nad cheum do ghnà:
 Air slighe t fhiriún stiursa mi,
 's dean domh an t iul gu d' là'ir.

4 Oir 's tusa, Dhe, mo shlainte bhuan,
 ri 'm bheil gach uair mo shùil;
 Gach oi'ch is là, nis is gu bràth,
 cuiream ad ghràs mo dhùil.

5 Cuimhnich do throcair is do ghràs,
 mar 's àbhaist duit, a Dhe;
 Do chaoimhneas gradhach carthannach
 na bitheadh fad uam fein.

6 Easaontas m' òige glan air falbh,
 's gach lochd a dhealbh mi riabh;
 'S le trocair chaoimh air sgà do ghràis,
 cum ri umsa bàigh, mo Dhia.

7 Tha 'n Tighearn iochdmhor trocaireach,
 is scolaидh e gu caomh

Na peacaich a ni aithreachas,
 'san rathad a tha naomh.

8 Do dhaoinibh umhal macanta
 tha aige tlachd ro-mhor;
 'S na shlighe stiuraidh e le ghràs
 na bhcìl fo chràdh 's fo leon.

9 Tha uile cheumanna ar Dia
 ro-fhial le gràs is iochd,
 Do 'n dream a ghleidh gu durachdach
 a chumhnant is a reachd.

10 Nis, air sgà t ainme fein, a Dhe,
 O! guidheam, guidheam ort,
 Mo chionta lagh, ge d' tha i mor;
 ad throcair maith gach lochd.

11 Co'n ti d' an eagal Dia? 's e sin
 d' an seol e rogha 'n ròid:
 Gheibh anam fois, is bidh a shliochd
 ro-bheannuicht air gach dòigh.

12 Tha rùn an Tighearn aig an dream
 d' an eagal e gu fior,
 Cumaidh e ghealla riu gu bràth,
 mealaidh iad slainte shior.

13 Mo shuile fein gu furachair
 tha feithe' riutsa, Dhe;
 O chunthart peacai' gleidh mi saor,
 is bitheam naomh gach ré.

14 Air m' anam seall gu trocaireach,
 's o dhòrainn dean mo dhion;
 Maith dhomh mo pheacai' 's ciosnaich iad,
 mu 'm mill iad mi gu sior.

- 15 O! tearuinn m' anam agus stiur,
 oir tha mo shuil riut fein:
 Thoir saors' is slainte fòs do d' shluagh
 na 'n uile thruaighe ghéir.

S A L M XXVI.

- O THUSA Dhe, d' an leir mo chridh,
 's a bhios ad Bhreitheamh orm,
 Tha m' earbsa laidir as do ghras
 gach là, 's mi air do lorg.
- 2 Mo chridh is m' airne feuch, a Dhe,
 's an speis thug mi do d' reachd;
 Do chomun dhroch-dhaoin thug mi gràin,
 's cha ghabh gu bràth dheth tlachd.
- 3 An neo-chiont glanaidh mi mo làmh,
 's thig mi gu t altair naomh;
 Gabh rium air sgà na h iobairt sin
 a dhioladh dhuit gu caomh.
- 4 Cuiridh mi 'n sin le taing an ceil
 gniomh treun is gràs mo Dhia,
 Maille ri d' shluagh, ad theampul naomh,
 d' an d' thug mi gaol is miann.
- 5 Mo chrannchur siorruith deonuich dhomh,
 a Dhia, le sloigh nan naomh;
 'S na tionail m' anam le luchd-uilc,
 tha fuileachdach is baoth.
- 6 An treibh-dhireas mo chridh gu bràth
 gluaiseam ad là'ir, a Dhe;
 Dean iochd air m' anam, 's thoir e slàn
 gu t àros naomha fein.

7 An sin, o olc 's o eagal saor,
 gun ghaoid, no bròn, no bàs,
 Mille ri co-chomun nan naomh,
 niom aora' dhuit gu bràth.

S A L M XXVIII.

- S**E Dia mo sholus is mo shlaint';
 's an cuir aon nàmh orm fiadh?
Ge lionmhor miorunnach am seachd,
 's e Dia mo neart 's mo sgia.
- 2 O! so mo ghuidhe 's m' achuine,
 gu faigh mi fad mo ré
Cothrom air aora' leis na naoimh
 'nad theampul naomh, a Dhe!
- 3 'N sin gheibh mi colas agus fios
 air buaidhean 's maise Dhia;
Cluinnidh mi thoil, is gheibh mi sgeul
 air meud a ghraidd dhomh riabh.
- 4 An sin gheibh m' anam fois is tàmh
 fo sgàile caomh mo Thriath,
Abheir dhomh dion is cofhurtachd
 fo dhocair, airc, is pian.
- 5 An sin le solas-seinnidh mi
 da ainmsan mola binne,
Le gradh am chrìdh is ceol am bheul,
 ri fad mo ré 's mo linn.
- 6 An sin theid m' urnaigh dhurachdach
 's mo chliu ri Diaasuas;
'S bidh m' anam earbsach trid a ghrais,
 nach faigh mo nàmh orm buaidh.

- 7 A Thighearn eisd, tra eigheam riut,
 's dean furtachd òrm gu luath :
 Bidh m' anam earbsach as do ghràs,
 gu 'n tig do shlainte nuas
- 8 "Iarruibh mo ghnuis," tra thubhairt thu,
 ghrad-fhreagair m' anam fein,
 "Do ghnuis is t fhabhar, thar gach ni,
 sior-iarram fein, a Dhe."
- 9 Na ceil do ghnuis, a Dhe, am feirg ;
 na tilg a'd' shealla mi ;
 Thug thu dhomh furtachd chuige so,
 na diobair mi gu sior.
- o Ge d' dhiobair athair 's mathair mi,
 's mo chairde dileas dlù,
 Chan fhàg mo Dhia mi 'm dhilleachdan,
 's cha chuir e mì air cùl.
- 1 O teagaisg dhomh do shlighe, Dhe;
 gu neamh dean domh an t iul ;
 A chum gu sealbhaichinn fadheoidh
 a' ghloir ri 'm bheil mo shùil.
- 2 'S e dochas ris an t sonas so
 a chum mo mhisneach suas,
 'S a thug do m'anam cofhurtachd
 an docair 's deuchainn chruaidh.
- 3 O m' anam feith gu faighidneach
 ri trocair 's maitheas Dhia ;
 Oir bheir e slaint is gloir gu sior
 do'n dream a nì a riар.

- A** DHAIA, mo dhìdein! éigheam riut;
 na cum do chobhair uam;
 Mu'm bi mi cosail ris na mairbh
 tha cheana balbh 'san uaigh.
- 2** O! eisd ri m' urnaigh, guidheam ort,
 's tu d' shuidh air cathair-ghràis;
 Na h àirmhear m' anam le luchd uilc,
 aig nach bi cuid do d' shlàint.
- 3** Mar thug thu cheana fuasgla dhomh
 a h iomadh cruaï'-chas teann,
 Obuanaich fòs do mhaitheas leam,
 is molam thu gach am.
- 4** Their mi, 'S e Dia mo Shlanui'ear,
 a thug dhomh gràsa paitl;
 Is e fear-cuideachaидh nan naomh,
 a shaoras iad nàn airc.
- 5** Beannuich, a Dhia, do shluagh gu leir,
 's a reir am feum bi leo;
 Le aran' neamhaidh beathaich iad,
 's le deoch do'n uisge bheo.

S A L M XXIX.

- T**HUGAIBH, a chlann nan cumhachdach,
 urram do Dhia na gloir,
 'S na theampul naomha sleuchdaibh sios
 gu h iosal mar is còir.
- 2** Tra chuireas Dia a ghuth amach,
 le tairneanaich nan speur,
 Criothnaichidh 'n cuan 's na sleibhte mor,
 's an talamh trom gu leir.

- 3 'S an e nach criothnaich clann nan daoin
 ro' fhacal thig o neamh,
Tha bagradh bàis is dioghaltais
 'n aghaidh droch gniomh is gnè?
- 4 Lasaidh guth Dhe an dealanach
 a sgathas sios a' choill,
'S nach bi luchd-uilc (mar chonnan seartg')
 fo bhall-chrith is fo oillt?
- 5 Ach do luchd-aorai' 's eagail De
 a ghuth tha sèimh is ciuin;
Gach dearbha chi iad air a ghlòir
 's ann leis is mò an dùil.
- 5 Oir nochdai' so a chumhachd-mor,
 's nach 'eil an dòigh ann faoin.
'S e Dia is Righ: is sona shluagh;
 dhoibh 's buan a throcair chaoin.

S A L M XXX.

- D HUIT bheir mi cliu, a Dhia mo shlaint,
 a ghleidh o'n bhàs mi beo;
Riut ghlaodh mi suas, is dh'fhuadaich thu
 gach dosgaich uam; mar cheo.
- 2 Co ach ar Dia thug tearna dhuinn
 tra bha sinn dlù do'n bhàs?
Ghleidh e ar n anma 'n tìr nam beo,
 's am bheil ar cònuidh 'n tràs.
- 3 Thigibh mata, a naoimh air fad,
 aïdichibh maitheas De;
Thugaibh gu h ait dà buidheachas,
 's a fhreasdal cuiribh 'n céil.

D

- 4 Oir fhearg cha mhair ach tiota beag,
 ach tha a ghràs ro-bhuan;
 Oidhche ar bròin cha bhi ach gearr,
 thig là is gean gu luath.
- 5 Gu h amaideach thuirt mis' am shlaint,
 “ Mairidh an là so 'm feasd.”
 Ach thiondaidh Dia a sholus uam,
 's gu luath an oidhche ghreas.
- 6 'N sin ghuidh mi riutsa, Dhe, ag ràdh,
 “ An dean mo bhàs duit feum?
 An duslach an toir dhuitsa cliu?
 am mol mi thu 'san eug?
- 7 Eisd ríum (thiurt mi) O Dhia nan gràs,
 is buin o'n bhàs mi nios.”
 Dh' eisd thu mo ghuidhe, 's dh' fhògair tì
 m' easlaint, mo leon, 's mo sgios.
- 8 Mo bhròn gu aoibhneas chaochail thu,
 's fan aobhar sin bheir mì
 Gloir urram agus moladh ard
 do t ainm gu suthainn sior.

S A L M XXXI.

- O** DHIA! tha m' earbsa as do ghràs,
 na leig fo nàire mì;
 'Nad throcair saor mi o gach beud,
 's bi d' thearmunn chum mo dhion.
- 2 Tra bhios mi ann an imcheist chruaidh,
 is m' anam truagh an sàs,
 Dean fein an t iul domh, 's treoruich mi,
 oir tha mo dhòigh 'nad ghràs.

- 3 Mo spiorad tiomnam suas do d' làimh,
O Thriath a shàbhail mì!
'S tu 'n aon Dia fior! O dean mo dhion
nis is ariùs gu sior.
- 4 Asads' a shaor mi chuige so,
bidh m' earbsa as so suas;
Nochd thu do mhaiteas domh am airc,
's bheir mi gu h ait duit luadh.
- 5 Anis, a Dhia, dean trocair orm,
is mi le bròn gam chlaoi',
Mo shuile, m' anam, is mo chorp,
fo dhocair chruaidh ag caoi.'
- 6 Mo bhliadhnaí' tha le bròn a' falbh,
mo bheath' a' seargadh as,
Mo neart air tiegsinn; is mo chrìdh
ag caoi' m' uil' easantais.
- 7 Aig cairde no aig coimhearsnaich
chan 'eil aon fhurtachd dhomh;
Oir tha mi cheana ionus marbh,
's mo chàil air falbh le goith.
- 8 Mar so, le eagal cuartaichte,
's le uabhasaibh a' bhàis,
Co è d' an comas furtach' orm
ach thusa, Dhia nan gràs?
- 9 O Dhia, 's am bheil mo dhòigh gu leir,
thoir fein domh cobhair luath;
Mo chuibhrionn is m' uil' aimsirean
tha d' laimhsa gach aon uair.
- 10 Dealra do ghnùis air m' anam tog,
's mi feitheamh ort do ghnà

- Air sgà do throcair deonuich slàint,
 's gu cairdeil dean orm gràs.
- 11 Na buin rium mar ri luchd an uilc,
 a thuiteas fo gach péin,
 D' an dligheach nàire agus truaigh,
 mar dhuais an aingeachd fein.
- 12 O Dhia, eia aoibhimu mor am maith
 a thaisg thu fein do d' shluagh!
 Do'n dream a tha gu durachdach
 toirt umhlachd dhuit gach uair!
- 13 'Nad phailliun bheir thu dìlein doibh
 o strì an uile nàmh,
 Is gheibh iad slaint is trocair bhuan
 gu siorruith shuas ad' là'ir.
- 14 C' arson mata an abair mi
 gu bheil mi sgaitht' od' ghràs,
 'S a leithid so do shonas buan
 aig m' anam shuas gu bràth?
- 15 O gradhaichibh ur Dia, a naoimh,
 oir tha e caomh d' a shluagh,
 Is bheir e sonas doibh nach gann
 tra bhios na h aingidh truagh.
- 16 Biodh agaibh mata misneach mhaith,
 is deanaibh uile riar;
 Oir sona bidh gu bràth an tì
 tha toirt a chìrìdh do Dhia.

CIA àghor gach aon neach a fhuair
 fuasgladh o chionta trom!

Fhuair maitheanas 'na uile bheud,
 's a choguis réidh 'na chom!

2 Cia sona 'n tì nach agair Dia
 arson aon lochd ni 's mò;

Tha nis toirt geill gu treibhdhireach,
 's a chrìdh as eugais gò!

3 Mu 'n d' aidich mi mo chionta sein
 le bròn, a Dhe, 'nad là'ir,
 Mo chridhe bha fo iarguin ghoirt,
 m' osnaigh dol suas gun tàmh.

4 Mo choguis bha fo ghoith's fo chràdh;
 do lamh luidh orm, a Dhe;
 'S mar luibh an t samhraidh ann an tart,
 shearg m' anam as gu leir.

5 Dh' aidich mi 'n sin mo pheacai' dhuit,
 is chuir mi riutha cùl;
 A' gabhail rùin gu treibhdhireach
 gu geilliinn duit as ùr.

6 Air ball thug thusa maitheanas,
 an saibhireachd do ghràis;
 Is ann ad throcair shaor thu mi
 o'n daors' an robh mi 'n sàs.

7 Mar so, ma ni iad aithreachas,
 'san ám 'sam faighear thu,
 Gheibh gach aon neach saor-mhaitheanas,
 a dh' iarras e gu dlù.

8 Is nearachd iadsan a gheibh so,
 oir bidh an anam beo,
 Ge d' iadh mu 'n cuairt doibh iomad dragh,
 mar thuilteach uisge mhoir.

- 9 O Dhia! is tu mo dhìdein fein,
o thrioblaid gleidh mi saor,
Is lion mo chrìdh le gairdeachas
'nad shlainte ghrasmhor chaonili.
- 10 Seol mi 'nad reachd is teagaisg mi,
is siubhlam ann le tlachd,
Chan ann mar ainmhidh doirbh nach geil
gun bhi fo shréin 's fo smachd.
- 11 Airsan a bhuanacheas 'na lochd
thig olc air olc gu dian;
Ach aoibhneas bithidh aig gach neach
a philleas ris an Triath.
- 12 O fhireana! bibh ait an' Dia,
is deanaibh luaghair mhòr;
Oir Dia do 'u dream tha treibh-dhireach
bheir aoibhneas agus gloir.

S A L M X X X I I I .

- A NAOIMH, bidh aoibhneach ann an Dia,
oir do na naoimh is dual,
Le cridhe taingeil togarach,
blài toirt air ainmsan luadh.
- 2 Seinnibh do Dhia le gairdeachas,
dhà seinnibh oran nuadh;
Tha fhacal fior, tha oibre mor,
's iomchuidh a ghloir a luadh.
- 3 Do cheartas is do ionracas
tha Dia ag tabhairt gràidh;
An Dia tha taisbeanadh a ghloir
an cònuidh anns gach àit.

- 4 Na neamha shuas, 's am feachd air fad,
 dhealbh e le guth a bhéil,
 Is anns a' chuan, mar mhor thigh-stòir,
 na tuilte thaisg gu leir.
- 5 Thugadh an talamh, 's na bheil ann,
 urram do Dhia nan dùl,
 An saoghal, 's a luchd-aiteachaидh,
 thugadh gu brath dha cliu.
- 6 Labhair e 'm facal, 's rinneadh iad,
 sheas iad gu daingean buan.
 Co e mata 'na aghaidhsan
 gu dàن a sheasas suas? .
- 7 Cia aingidh amaideach an sluagh
 tha cur an aghaidh Dhia?
 Co 'n aghaidh 'n Uile-chumhachdaich
 a sheasas, no sheas riamh?
- 8 An ni is aill leis, thig gu crìch,
 a dh' aindeoin innleachd dhaoin';
 Gu neo-ni cuiridh e gu grad
 an comhairlean ro-fhaoin.
- 9 'S beannuicht an sluagh gam bheil mar Dhia
 Iehobhah Triath nam feart:
 'S beannuicht an sluagh a thagh dha fein
 an Dia tha treun an neart!
- 10 Na h uile dhaoin' air thalamh ta
 chi Dia o àros shuas;
 'S e rinn an crìdh, 's ann dà is léir
 gach uile bheud is smuain.
- 11 A shuilean tha, le faire gheur,
 a' faicinn seum a shluagh;

- 'S a' mheud 'sa bheir dha geill is gràdh
gheibh slainte chinteach uaith.
- 12 Cha tearnar sluagh le 'n cumhachd fein,
's faoin sin air meud am feachd;
'S e Dia amhàin, 'na ghràs, bheir dion
do'n dream a nì a reachd.
- 13 An anam bheir e saor o'n bhàs
an' làithibh gainne 's gort:
Ar n anmainne, O Dhia, ar sgia!
gach cian tha feitheamh ort.
- 14 Mar sin, ar crìdh ni' gairdeachas
'san t slainte dheonuich thù,
Is cuiridh sinn 'na t ainm ro-naomh
ar muinighin gu dlù.
- 15 O'n tha ar dochas ann a t ainm,
ar n anma bithidh ait;
Mar tha ar n earbsa ann ad ghràs,
O sàbhail sinn gu pait!

S A L M XXXIV.

- C**LIUDHAICHIDH mise Dia gach uair;
a luadh bidh ann am bheul;
Ardaichidh m'anam m'Athair caomh:
A naoimh, bibh ait gu leir!
- 2 O molaibh leamsa Dia nam feart,
molamaid e le cheil';
Dh' iarr mise Dia, chual e, is bhuin
mi as gach gàbha geur.
- 3 Do mheud 's a ghlaodh 'nan airc ri Dia,
dhoibh thug e tearna luath;

- Tra ghlaodh am bochd 'na àmhgharaibh,
 chuir Esan slainte nuas.
- 4 Tha aingil De ag cuartachadh
 a shluaign air gach aon taobh,
Gu 'n dion o aimhleas agus olc,
 's gu 'n toirt o dhosgaich saor.
- 5 O faicibh agus fiosraichibh
 gur maith do rìreadh Dia:
Is sona 'n tì d'an dochas e,
 's an cònuidh ni a riар
- 6 Fior eagal De biodh oirbh, a naoimh,
 oir uireasbhui' no dì
Cha bhi air neach d' an eagal e,
 's a ghluaiseas leis gu sior.
- 7 Bidh easbhuidh air na leomhnaibh òg,
 's an lòn air uairibh gann;
Ach ni air bith, bhios chum an leas,
 cha cheil Dia air a chlainn.
- 8 Thigibh, a chilann, 's do m' theagasc-sa
 nis thugaibh aire gheur,
Ma 's àill leibh eolas air ur leas,
 's gur miaun leibh eagal De.
- 9 O thusa leis an àill bhi beo
 an àgh is gloir gun chrioch,
Coimhid do bheul o labhairt uilc
 is gléidh o lochd do chlìdh..
- 10 Seachainn gach olc le faicill ghéir
 's bi deanamh maith gun támh;
Iafr siochaínt, is lean r'i gu dlù,
 is fiu i air do ghràdh.

- 11 Tha suile Dhe air naoimh gach uair,
 eisdidh a chluas ri 'n glaodh;
 Ach gearraidh e na h aingidh sios:
 so crioch an slighe bhaoth.
- 12 Bheir Dhia làn-shaora do na naoimh
 tra ni iad gearan ris;
 Oir tha a choghna dlù dhoibh sin
 gam bheil an spiorad brist.
- 13 O dhragh is inleachd dhroch-dhaoine
 · bheir Dia do 'n fhirein dion;
 Is anam gleidhidh esan slàn
 's na h uile càs am bi.
- 14 A chnàmhan coimhdear uile leis
 cha bhristear dhiubh a h aon;
 'S ge d' robh e 'n iomad gàbha mor,
 bhuir Dia fadheoidh e saor.
- 15 Sgriosaidh an aingeachd fein luchd-uilc,
 a thug do 'n fhirein fuath;
 Ach do na gheill 'sa dh'earb a Dia
 gach cian bidh shlainte buan.

S A L M XXXV.

- D**ION mi om' naimhbibh, O mo Dhia!
 do sgia sgaoil os mo chionn;
 Seas leam, 's ri m' anam abair fein,
 “ Is mi do thearmunn ann.”
- 2 'N sin fògrar m' uile naimhde uam,
 gu luath, mar mholl le gaoith;
 Oir aingeal De dian-ruaigidh iad
 le fuathas air gach taobh.

- 3 Ach m' anamsa bidh ait an Dia;
 's e Dia mo shlainte bhuan;
 Mo cheatfaidh uile risan their,
 "Co choimeas riut is dual!"
- 4 Do'n anam bhocht air bheagan treoir
 bheir esan coghna treun,
 'S an aghaidh naimhde miorunach
 bheir e dha dion 'na fheum.
- 5 Bhuin aingidh rium gu h eucorach,
 le olc an éiric maith;
 Ach mise, nuair a bha iad tinn,
 ri bròn mo bheatha chaith.
- 6 Mar neach a' caoi' a bhràthar chaoimh,
 bha m'anam claoidhte trom:
 Is tora m' urnaigh phill air ais,
 le beannacha, gu m' chom.
- 7 O aisinleachd mo naimhde, Dhe,
 do m' anam fein thoir dion;
 Is ann an cothional do shluaigh
 bheir mi dhuit luadh gu sior.
- 8 Do naoimh o thoil an naimhde gleidh,
 is thoir dhoibh tearniun treun;
 Gleidh mise, Dhia, an' ionracas,
 is dean mi naomh dhuit fein.
- 9 Gach peaca 's buaire ciosnaicheadh
 do chumhachd is do ghràs;
 Is ann an slighc t aitheantan
 O coimhid mi gu bràth!
- 10 Thugadh do naoimh, le 'n toigh do reachd,
 mor-mhola dhuit gach uair:

Mi fein bheir mola dhuit gu sior,
is nì mi t ainm a luadh.

S A L M XXXVI.

- T**HA easantas an droch-dhuine
toirt fios domh ann am chliabh,
Fior eagal De, ami beachd a shùl
nach 'eil, is nach robh riabh.
- 2 Tha ghiulan olc a' foillseacha'
nach 'eil a chuimhn' air Dia,
Tha chainnt 's a choluadaр gu leir
a' tabhairt beum do 'n Triath.
- 3 Cia dall na h aingidh do nach léir
fearg Dhe tha air an tóir,
'S ain breitheanas a thig amach
reir bagra teann a bheoil?
- 4 Do cheartas bidh gun chaochla, Dhe,
ge d' leagh na sleibhtean as;
Tha e do-sgrùdaidh mar an cuan,
's do 'n daoи cha dual dol as.
- 5 Is mor do threccair mar an ceudn';
tha 'n cruinne-cé dh'i làn;
Ruigidh i fad oscionn uan speur,
thar talamh 's neamh gu bràth.
- 6 Do fhreasdal do gachi dùil tha caomh;
oir tha do mhaitheas mòr:
Air duine 's ainmhidh ni thu, Dhe,
deagh choimhead agus fòir.
- 7 Tha t fhirinn bunaiteach gu bràth,
is tha do ghràs ro-phailt;

- Fan aobhar sin fo sgàil do sgé,
bidh sinne, Dhe, ro-ait.
- 8 Do lòn do theach, tha saibhir pait,
ar n aíuma gheibh an sàth;
Do shruthaibh slainte òlaidh sinn,
's ar sòlas bithidh làn.
- 9 Tobar na beatha, 's àgh nach traoigh,
tha teachd od' ghaolsa nuas;
Is solus ait a' teachd od' ghnùis,
a ni an t iul duinn suas.
- 10 Dhoibhsan tha eolach ort, a Dhe,
O deonuich fein do ghràs;
Is dhoibhsan tha na'n cridhe ceart
taisbein do chaoimhneas gràidh.
- 11 O m' pheacai', Dhia, dean mise dhion,
is cuir iad sios fo d' smachd;
Na leig do m' anam air aon dòigh
gu gabh do dhò-bheairt tlachd.

S A L M XXXVII.

- O M' ANAM na biodh farmad ort
ri soirbheacha nan daoí;
Oir sealan beag is theid doibh as,
's chan fhaic thu iad a choidh'.
- 2 Seargaidh an àilleachd is iad fein;
mar fheur a ghearrar sios;
Crionaidh a bhlàth le teas na grein'
is thig air aoibhneas crioch.
- 3 Cuirsa do dochas ann an Dia,
is biodh do mhiann air maith;

- Mar sin gach ni bhios chum do leas
 chan eagal duit nach faigh.
- 4** Gabh tlachd an Dia, is bheir e dhuit
 na 's aill leat flaoitainn uaith;
 Earb ris do shiighe 's treoruichidh
 a ghras gu gloir thu suas.
- 5** Foilsichidh e do neòchionta,
 's cuiridh do chòir an ceil,
 Amhluidh mar sholus dea[r]ach glan,
 's gun smal bhi air a' ghréin.
- 6** Feithsa ri Dia le faighid buan,
 a' gluasad maille ris;
 Gun fharmad ris an droch-dhuine
 tra theid a ghnothach leis.
- 7** Oir sgriosaidh Dia na droch-dhaoine,
 ge socair iad an tràs:
 Ach do na naoimh bheir e fadheoidh
 fois agus gloir gu bràth.
- 8** Oir feithsa fathasd tamul beag,
 's an droch-dhuin cha bhi ann;
 'S na àite, mu bheir thu fanear,
 cha bhi e fein no chlann.
- 9** Ach mealaidh daoine maith an tìr,
 le sìth is sonas buan,
 Tra dhiolas Dia ri daoine daoí
 grad luigheachd mar is dual.
- 10** 'S fearr beagan aig an duine chòir
 na saibhreas mòr nan daoí;
 Beannuichidh Dia na bheir e dhà,
 's a ghràs bidh aige choidh,'

- 11 Na h aingidh theid mar dheataich as,
is caithidh tein' am maoin;
Ach mairidh cuid an fhirein chòir
a ghradhaich trocair chaoin.
- 12 'S e beannachadh an Tighearna
ni saibhreas pailt is buan;
Ach 's diombuan cuid an duine sin
a mhallachdsan a fhuair.
- 13 Tha Dia ag stiura' ceumanna
an duine naomh gach uair,
'S a' gabhail tlachd do 'n t slighe sin
's an imich e gu buan.
- 14 Ge d' eirich dhà gu tuislich e,
chan fhàgar uil' e shios;
Oir ni an Tighearna le làimh
a chur an aird aris.
- 15 O làithibh m' òige gu ruig m' aois,
an naomh chan fhacas riabh,
No fòs a shliochd, an' gabha cruaidh,
gun fhuasgl a deas o Dhia.
- 16 Bheir Dhia do 'n duine throcaireach
dea'-chòghna ri uair fheum;
Is cumaidh e r'a ghineil bàigh,
le ghairdein neartmhòr treun.
- 17 Cuir cùl' ri olc is dean·am maith,
is gabh ri sonas buan;
Oir sgriosar aingidh; ach ri naoimh
tha Dia ro-chaomh gach uair.
- 18 An duine naomha coimhididh,
le chridhe is le bheul,

Uil' aitheantan an Tighearna;
 - 's a bheatha bidh d' an réir.

- 19 Fan aobhar sin an Tighearna
 cha tréig an naomh 'na chàs,
 'S cha dìt e ann am breitheanas
 aon neach a thug dha gràdh.
- 20 Ri Dia mata gu faighidneach
 feith thusa mar is còir;
 Is gheibh thu, ge d' theid aingidh sgrios,
 mor-bheannacha fadheoidh.
- 21 An duine malluicht chunnaic mi
 an' neart 's an' inbhe mhoit,
 Ga sgaoile' fein a'piach gach taobh,
 mar chraoibh gù dosrach ùr.
- 22 Ach shiubhail e, 's cha robh e ann,
 dh' iarr is cha d' shuaras e.
 Ach feuch! is sith do ghnà is crioch
 do'n duine dhìreach réidh.
- 23 Ge d' sgriosar droch-dhaoine gu bràth,
 gun aird doibh air dol as,
 Bheir Dia d'a mhuintir slainte bhuan
 is suagla 'n ám au airc.
- 24 Ni Dia an saoradh o gach olc,
 's cha letai i id le nàmh;
 O'n uile chunthart ní e 'n dion,
 nis is aris gu biàth.

N A sinachduich mi le feirg, a Dhe,
 de shaghde geur buin uam;

- 1 Oir chan eil fallaineachd am fheoil,
 's mi air mo leon gu truagh.
- 2 Mo chrìdh tha air a chràdh gu goilt
 arson mo lochda trom;
 'S mo choguis air a claoi' gu geur,
 làn éislein ann am chom.
- 3 Tog dhiom, a Dhe, do smachdachadh,
 is m' anam air a leòn;
 O m' pheacai', tha na'n uallach orm,
 thoir fuasgla dhomh is fòir.
- 4 Agads' tha fios air miaun mo chrìdh,
 do shùile chi mo dheoir;
 'S an acain theid o m' chridhe suas
 cluinnidh do chluas gu fòil.
- 5 Mo chairdean nile 's luchd mo ghaci'
 tha seasamh fada uam;
 Ach O! bi thusa maille rium,
 's cha bhi mi fada truagh.
- 6 Fo'n eucoir a rinn orm mo nàimh
 bha mise sàmhach ciuin;
 Oir as do ghràs tha m' earbsa, Dhe,
 's tu fein am bheil mo dhùil.
- 7 O gleidh mo chas o shleamhnachadh,
 is treoruich mi le d' làimh;
 Mu 'n dean na h aingidh tharum uaill,
 's mu 'm buailear mi le m' nàmh.
- 8 Sior-aidicheam mo pheacai' dhuit,
 le tuireadh is le bròn;
 Ge d' dhean mo naimhde tailceas orm,
 arson mo spéis do'n chòir..

- 9 O Dhia, mo Dhia! na treigsa mi;
 's tu fein mo shlainte bhuan:
 Bi dlù do m' anam, 's tearuinn mi;
 's am dh' fheuchainn cum mi suas.

S A L M X X X I X .

- T**HUBHAIRT mi fein gu coimhidinn,
 le curam maith, mo bheul;
 'S mo theanga, 'm fianuis dhroch-dhaoine,
 gu gleidhinn mar le stéin.
- 2 Cha b' aill leam oilbheum thoirt do neach,
 no peacacha' le m' bheul;
 'S na 'n labhrainn maith, cha deanadh iad
 ach sgeula faoin do m' eud.
- 3 Gidheadh, mar theine 'n taobh astigh,
 rinn m' eud gu goirt mo chràdh,
 M' inntin mu dheirè leig mi mach,
 is labhair mi, ag ràdh:
- 4 Cuidich, a Dhe, leam smuainteacha
 cia gearr mo chuairt 's mo ré,
 A chum gu tugainn aire mhaith
 mar claitheas mi mo réis.
- 5 Tombas mo làith is neon i e
 air fhad as gam bi m' aois;
 Tha bheatha so 'na diomhanas;
 chan 'eil ann ni co faoin.
- 6 Mar neul air sgia na doininn chruaidh,
 mar fhaileas luath air raon,
 Tha gineil dhaoine dol gu luath
 do 'n uaigh, 's chan fhan diu aon.

- 7 Nach amайдeach mata ar sao'ir
 mu'n t saoghal so, 's m'a mhaoin,
 Ga thional, is gun fhios c' arson,
 's ar gnethach ris co faoin?
- 8 Do nithibh suarrach, amhuil so,
 na toir, O m' anam, spéis:
 Oir m' ionnas is mo mhaoin gu bràth
 is tusa mhàin, a Dhe!
- 9 O Dhia mo bheathal seall anuas,
 is fuasgail orm gun dàil;
 O m' uile lochdaibh thoir mi saor,
 mu'n aom mi sios fo'n bhàs.
- 10 Tha àmhghar agus anshocair,
 a Dhe, ag teachid od' làimh,
 'S bidh mise balbh fo d'smachdachadh,
 air meud mo ghoith 's mo chràidh.
- 11 Gidheadh mo ghuidhe li mi riut;
 O! buin do bhuille uam:
 Ma chronuicheas tu lochd aon neach,
 grad-sheargaidh as a shnuadh.
- 12 Is coigreach air an talamh mi,
 mar m' aithriche gu léir:
 O! éisd, a Dhia, ri m' achuine,
 's bi fabharach ain fheum.
- 13 Thaobh mend do throcair coigil mi,
 ma's toileach leat, a Dhe!
 Is thoir dhomh neart mu'n siubhail mi,
 gu bithinn riutsa réidh.

- D**H' fheith mise ris an Tighearna
le faighid mar is còir:
Dh' eisd e mo ghuth gu tròcaireach
is dheonuich e dhéanmh fòir.
- 2** Shaor Esan mi o 'n airc 'san robh,
is thog e suas mo cheann;
An t slighe sheol e gu dol as,
is thug e neart do'n fhann.
- 3** Laoiadh mholaith chuir e ann am bheul,
a chur an ceil a chlin:
A naoimh ri annsan gairdcachas,
oir tha a shlainnte dlù.
- 4** Chi moran gu bheil Dia nan gràs
a' cumail bàigh r'a naoimh;
Is bheir iad urram dha is géill,
riu fein gu biodh e caomh.
- 5** O! 's beannuicht esan aig am bheil
a dhòchas ann an Dia;
'S a tha lc dicheall treibhdhireach
a' deanamh uile riari!
- 6** O Dhia, cia saibhir iongantach
do ghradh do'n chinne-daoin'
Air meud a ghraidh a thaisbein thu
cha ruig am feasd ar smaoin.
- 7** Na trocairean a nochd thu dhuinn,
co's urra chur an ceil?
An aireamh rachadh thar mo neart,
thaobh lionmhoireachd is meud.
- 8** An' iobairt no an' tabhartas,
cha robh do thlachd, a Dhe;

Do iobairt-lochd, no iobairt loisgt'
cha d' thug thu gnè do spéis.

- 9 Thuit uime sii an Slan' ear caomh,
“ Tha mise, Dhe, a' teachd,
Do thoil gu deanainn, mar tha sgriobht';
o iomadh linn, ad' reachd.
- 10 Dheasaich thu corp dhomh, 's dh' fhosgailtlu
mo chluas a dh' eisdeachd riut;
Le m' uile chridhe bheir mi, Dhe,
làn-gheill is umhlachd dhuit.
- 11 Do thoil a dheana' 's e mo mhiann,
O Dhia, ta d' Dhia dhomh fein;
Do reachd tha ann am chridhe 'stigh,
is t fhacal ann am bheul.
- 12 Cuiridh mi 'n céill do iomadh slòigh
do throcair is do ghràs;
Teagaisgidh mi dhoibh t fhireantachd,
's an t slighe fhior gu slàint.
- 13 T fhirinn ro-naomh 's do chaoimhneas gràidh
cuiridh mi ghna an ceil:
O nochd do chaoimhneas is do ghràdh,
a Dhia nan gras, dhomh fein!
- 14 Oir uile gun àireamh umam dh' iadh;
mo phianta thà ro-gheur;
Tha m' uallach trom gù:n' lùba sios;
is geilt mo chrìdh da réir.
- 15 O! saor mi, Dhia, ma's toileach leat,
's do chofhurtachd biodh dlù:
Air m' uile dhòrainn thoir dhoimh buaidh,
's mo luadh bidh air do chliu.

16 Iadsan a tha ri dimeas orm
 gu siorruith bithidh truagh;
 Is iadsan tha na 'n naimhde dhomh
 gheibh aimhleas mar an duais.

17 Ach iadsán leis an teigh do shlaint
 mealaidh do ghradh gu sior:
 Annad chuir mise m' uile dhòigh;
 O fòir is cuidich mi!"

S A L M X L I .

IS beannuicht esan a ni iochd
 air daoine bochd 'nam feum:
 'Na thrioblaid is 'na airc ni Dia
 trocair gu fial air fein.

2 Cumaidh lehobhah risan bàigh
 an' làithibh gainne 's gort;
 'S ge d' robh 'san t saoghal dragh is eug
 's eatrom a chuid do'n olc.

3 Air leabaiddh thinneis iarganaich
 bheir Dia dha fois is fòir;
 'S na dheigh sin bidh aig anam àgh
 le Dia gu h ard an' giòir.

4 O Athair chaoimh! dean ormsa iochd,
 ge tric a pheacaich mì:
 - Do m' anam truagh bì trocaireach,
 is deonuich slainnt is sìth.

5 Dean thus', o m' naimhdibh miorunach,
 m' anam a dhion gu luath;
 'S o charaid cealgach a ghabh fà
 gu shàil a thogail suas.

6 Dean trocair orm, a Dhia nan gràs,
 is tog an aird mi rìs;
 Nà faigheadh nàmhaid tharum buaidh,
 's na fàg 'san uaigh mi shios.
 O stiur mi 'n slìgh' na fireantachd
 gu crìch mo bheatha bhos;
 Is ann ad' lathair fein fadheoidh
 gu siorruith deonuich fois.
 An sin, feedh linn nan linn gu brath,
 molam do ghràs gu sior,
 Maille ri slòigh nan neamh gu leir:
 Amen! gu b' amhluidh bhios!

S A L M XLII.

MAR chiocras feidh, an teas na ruaig,
 air sruthan fuar do'n uisg,
 Tha m' anam ortsa 'n geall, a Dhe;
 m' iot agus m' fheum, O caisg!
 M' anam tha ploschartaich gu dian,
 ga d' iarruidh fein do ghnà;
 O c'uin a dhealras orm do ghnùis,
 's a thig mi dlù gu d' là'ir!
 Mo dheoir tha ruith asios gun tàmh,
 gach oïch is là gun fhois,
 'S mo nàmh gam bhuaire', rium ag ràdh,
 " Ca bheil do Dhia anis?"
 Tha m'anam uile làn do bhròn;
 chan ionan nòs domh 'n tràs
 'S an uair a chaidh mi aoibhneach suas
 le d' shluagh a chum do là'ir.

- 5 An sin, le cridhe fonnar ait,
 bu taitneach leam do chliu;
 Air laithibh naomh, 'sa chothional
 do mhola' b'e mo rùn.
- 6 O m'anam! com' am bheil ort bròn?
 do dhochas cuir an' Dia:
 Oir dhasan bheir mi fathasd gloir,
 ní air am mor mo mhiann.
- 7 Mar choigreach ann an duthaich chéin,
 tha mise, Dhe, fad' uait;
 Is trioblaidean, mar thuilte dian,
 ag iadhadh orm mu'n cuairt.
- 8 Ach Dia, tra eigheam ris gach là,
 nochdaidh a ghràs gu caomh;
 Is seinnidh mi dha ceol gun tàmh,
 a dh' eisd, na ghràs, mo ghlaodh.
- 9 O Dhia, mo charraig! dean mo dhion;
 's mi-mhisneash fògair uam;
 Fo m' uile dh'fleuchainn cum ini suas,
 is fuasgail m' anam truagh.
- 10 O m'anam! com' am bheil ort bròn?
 do dhochas cuir an' Dia:
 Oir dealraidh fathasd orm a ghnùis,
 's bheir mi dha cliu gach ial.

S A L M X L I I I .

O SEAS, a Thighearn', air mo chrann,
 's tagair gu teann mo chuis;
 O nàmh 's o bhuaire dean mo dhion:
 gu sior m' fhear-saoruidh 's tu.

- 2 Le d'sholus, O! dean domh an t iul;
 le t fhirinn stiur mo cheum,
 Gu m' threoracha gu riogh'chd na gloir,
 'sam bheil do chònui' fein.
- 3 An sin, air feadh gach uile linn,
 bheir mi gu binn duit ceol,
 Le aoibhneas agus aighear ard,
 a' mealtuin aigh is gloir.
- 4 O m' anam! com' an tuit thu sios,
 fo mhì-mhisnich 's fo bhròn;
 Is com' am bheil thu, ann am chom,
 fo iarguin throm 's fo leon?
- 5 Cuir dochas ann an Dia gu bràth,
 oir 's e mo shlainte bhuan;
 Is dligheach dhasan cliu is gràdh
 gu bràth o uile shluagh.

S A L M X L I V .

- O'R sinnsiribh fhuair sinne sgeul,
 a Dhe, air meud do ghràis,
 Is air na h oibribh miorbhuiteach
 a chuir thu 'n gniomh na'n là.
- 2 Chan ann le neart an gairdein fein
 a thearnadh iad o 'n namh,
 Ach 's tusa, Dhe, a rinn an dion;
 oir 's tu is Righ gu bràth.
- 3 Mar thearuinn thu ar sinnseara,
 dean sinne dhion anis;
 Oir tha ar dochas as do ghràs;
 's ar dùil gu brath bidh ris.

- 4 Na tilg ad' shealla sinn, a Dhe,
 na faluich t eudann uainn,
 S' na leig le 'r naimhdibh miorunach
 gu sior ar sgaradh uait.
- 5 Na leig mar threud gu fuadaichear:
 do shluagh tha 'g earbsa riut;
 Fo mhasla 's dioghaltas an nàimh
 na leig gu bràth gu tuit.
- 6 Na leig dhuinn fulang air do sgà,
 na leig le nàmh ar sgrios;
 Mar chaoirich arson casgaraidh
 na biodh mid air ar meas.
- 7 Mar sin, gach là ni sinn a' t ainm
 mor-aoibhneas agus uaill:
 'S do throcair fòs air feadh gach linn
 ard-mholaidh sinn gu buan.
- 8 Ach aon ni gan tig oirn, a Dhe,
 cha tréig sinn thusa choidh';
 Air dearmad cha leig t aitheanta,
 ge d' chaifhear sinn le daoí.
- 9 Ar crìdh cha socruich sinn gu bràth
 air ni ach gràsa Dhia;
 Oir dhuitsa 's léir gach ni 'sa chrìdh;
 's tu chì ar n uile mhiann.
- 10 O! faic ar n àmhghar 's gabh dhinn tru:
 na buail sinn mar a thoill,
 'S na leig gu claon sinn tuill' o d' reachd
 le seachran no le foill.
- 11 O! com am faluich thu do ghnùis,
 's ar n anma lùbta sios?

Eirich, is fuasgail oirn gun dàil,
oir's tu ar slainte shior.

S A L M X L V.

DRTSA, mo Shlàn'ear is mo Righ!
tha m' uile chìdh an geall;
Air t ainm is air do ghloir niom luadh,
ni's luaith' na sgriobhas peann.
Is maisich' thu na clann nan daoin',
tha t fhacal caomh gu brath;
Tha beannachd saibhir teachd o d' bheul;
co thuigeas meud do ghràidh!

O Thus' tha uile-chumhachdach!
do chlaide' deasuich ort,
Is dean thu fein a chòdacha'
le moralachd do neart.
Le firinn, còir, is macantachd,
marcuich an cinseal buaidh:
Do naimhde striochdai' sios ad là'ir,
ach sàbhailear do shluagh.

Seadh, caithidh tu le d' shaighdibh geur
an dream nach geill do d' reachd;
Ach iadsan a bheir geill is gràdh
bidh àghor' air gach achd.
Do rioghachd fein is rioghachd i
tha siorruith buan gu beachd,
Is mairidh t uachdranachd gu bràth,
air feadh gach àil ri teachd.

Is toigh leat ionracas is còir,
do throcair thug thu gradh;

Annad tha gràs is fearta Dhe
gu léir a' gabhail tàimh.

8 Mar bholtrach luibhean cùbhrai' tùis
ag lionadh lùchaint mhòir,
Bheir na mor-ghrasan a thig uait,
aoibhneas do d' shluagh is glòir.

9 Rogha nan slògh do t ionsuidh thig,
bidh t Eaglais mar òigh ghrinn,
Le culaidh ghloirmhor sgeadaichte
's le òr is glaine loinn.

10 Thoir eisdeachd, Oigh, do reachd do Thriath,
is dean a riar do ghnà;
Leig beusan olc an t saoghalil diot,
is lean ri d' Righ gu brath.

11 Thoir urram dhà is gràdh gach uair,
oir 's dual so do'n Ard-rìgh;
Mar sin bheir Esan duitsa spéis,
is gheibh thu aoibhneas sior.

12 Mar sin bheir slòigh an t saoghalil so
mor-urram 's gaol duit fein;
Is mealaidh iad leat àgh fadheoidh
an' àros gloirmhoir nèimh.

13 O! cuin a thig an aimsir àigh,
's am faigh sinn slainte shuas;
'S an àit am meal sinn Dia gu leir,
le aoibhneas ard is buan!

A R neart 's ar dìdein 's tusa, Dhe,
ri airc ar tearmun deas:

- Mar sin chan eagal leinn, ge d' theich,
le geilt, an talamh as.
- 2 Ge d' thilgte sleibhte bun oscionn,
am builsgein tuinn a' chuain,
Ge d' chriothnaicheadh gach beinn o bonn,
's an talamh trom ge d' luaisg.
- 3 Tha cathair ann nach gluais gu bràth,
fior àite-tàimh ar Dia,
Cathair 'sam bi a mhuintir leis,
gun easbhuidh feadh gach ial.
- 4 Tha amhann làn do shòlasaibh
a' teachd o chònuidh Dhe,
Is ni i ait na h uile naomh,
ge d' chaochail talamh 's neamh.
- 5 Boile ge d' ghabh na h uile shlòigh,
cha chuir iad oirne siamh;
Oir ni ar cridhe gairdeachas
am facial grasmhor Dhia.
- 6 Tha 'n Tighearna Iehobhal leinn,
's chan eagal duinn gu bràth;
Oir ni a ghuth ar n anam ait,
ge d' bheir e smachd air càch.
- 7 Faicibh na nithe iongantach
rinn Dia arson a shluaign,
Is mar a sgrios e 'n aitim sin
na 'n aghaidh dh' eirich suas.
- 8 An cogadh thiondaidh e gu sìth,
is thilg e sios gach nàmh;
Shaor e a shluagh o 'n inleachdaibh,
is mhill e 'n acuinn bhàis.

- 9 "Tuigibh (thuirt e) gur mise Dia,
 's gur e mo riar bhios deant',
 Gu cathuich mi as leth mo shluaign,
 a bhios o fhuathas seunt'."
- 10 Tha 'n Tighearna Iehobhah Leinn,
 's cha 'n eagal duinn gu bràth;
 Oir ni a ghuth ar n anam ait,
 ge d'bheir e smachd air càch.

S A L M X L V I I .

- S**EINNIBH do Dhia, gach uile shluagh,
 is togaibh suain gu h ard;
 Oir 's esan Righ an domhain mhoir,
 d' an dligheach gloir gu bràth.
- 2 Cinnich an domhain thugadh geill
 do Righ nan neamh gu luath;
 Oir s hearg ma thuiteas air aon neach,
 an neach sin bithidh truagh.
- 3 Feuch, thug e dhuinne oighreachd mhaith,
 air nach robh againn còir;
 Ar cuibhrionn thug e dhuinn le chlainn;
 da ainm gu robh a' ghloir.
- 4 Ar Triath, le greadhnachas is buaidh,
 chaidh suas gu ionad fein;
 O molaibh, molaibh e gu h ard,
 oir 's dual da gràdh is geill.
- 5 Riaghlaidh an domhain tha nad' làimh,
 a Righ is airde gloir!
 Do mhola cuiridh sinne 'n ceill,
 le cridhe aoibhinn 's ceol.

- 6 Righrean an doinhan striochdai' sios,
gu h iosaí ann ad' là'ir;
'S le gineil Abraham, gach slògh
do t ainnm bheir gloir gu bràth
- 7 Oir 's e do fhreasdalsa tha dion
gach rioghachd agus sluaigh;
'S leat fein iad uile; 's tha thu 'd Righ
air cathair shiorruith shuas.

S A L M X L V I I I .

- S**CUBHAIDH do Dhia, oir tha e mor,
urram is gloir da réir;
Da ainn is cubhaidh mola sheinn,
'na theampuil naomha fein.
- 2 'Na theampuil tha e gabhail tàimh,
's a' tabhairt gràis d'a shluagh:
Dhuinne cia aoibhinn bhi 'san àit'
's am faigh sinn slainte uaith'!
- 3 'S iad so na h àrois 'sam bheil Dia
a' toirt gu fial d' a chlainn
Còghnaidh is gràis, do reir a'm feum,
na 'n eigin is na 'n teinn.
- 4 An naimhde, tra bheir so fanear,
cha tig aon neach li dhiubh dlù;
Le amhlaoadh teichidh iad 's le nàir'
o làthair Dhia nan dùl.
- 5 Is tric a shaor thu sinn, a Dhe,
o'r naimhde dh' eirich ruinn;
Sinn fein 's ar sinnsir rinn thu dhion,
le d' dhilseachd, feadh gach linn.

- 6 Fan aobhar sin, le taingealachd,
 air t ainmsa bheir sinn luadh,
 Is ann ad theampul bheir sinn duit
 ard-urram mar is dual.
- 7 Do phobul fein ni gairdeachas
 'san t slainte dheonuich thù;
 T Eaglais, a dhion thu o gach olc,
 nochdaidh am feasd do chliu.
- 8 O Dhia, rinn chuige so ar dion,
 's nach diobair sinn gu-bràth,
 Do chaoimhneas cuiridh sinn an ceil,
 's bidh sgeul air, feadh gach àil.

S A L M X L I X .

- E**ISDEADH gach neach air thalamh ta,
 ma 's ard no iosal è;
 Mo theagascg buinidh do gach neach
 a thoirt fanear gu sèimh.
- 2 An laithibh docair agus truaigh
 gabhamaid cruadal treun;
 Chan fhada bhios luchd-uilc ri claoi';
 sgriosar na daoí gu léir.
- 3 An t aingidh uaibhreach ged' tha 'n tràs
 ri ràiteachas a' mhaoin,
 Cha ghleidh a stòras e o 'n bhàs,
 's a bhrathair fein cha saor.
- 4 (Cha saor e anam le chuid òir;
 cha clum so beo aon neach;
 'S chan fhuasgail idir è o 'n bhàs;
 chaidh là nan gràsa seach.)

- 5 Tha glic is gorrach uil' a' falbh,
 cha dean an sealbh dhoibh feum;
 Siubhlaidh iad as, gun bheag thoirt leo,
 's fàgaidh an stòr nan déigh.
- 6 Saoilear leo 'n tràs gu mair am maoin
 gun chaochla, fad na'n déigh;
 A' tabhairt air am fearann ainm
 do reir an ainme fein.
- 7 Ach 's gairid cuairt an droch-dhuine,
 ge d' robh e 'n onoir ard;
 Mar ainmhidh aig an robh a chuid
 's a bheatha so amhàin.
- 8 Air madainn dhlu na h aiseirigh,
 cia sona staid gach naoimh!
 Gu onoir dùisgear iad anios,
 tra dhìtear daoine daoí.
- 9 Farmad mata na bitheadh ort
 tra chi thu droch-dhuin ard;
 Oir 's gairid gus an tuit e sios
 co iosal ris an lèar.
- 10 An sin cha toir e aon-ni leis
 do 'n stòr a bh' aige bhos;
 Cha lean ris inbhe anns an uaigh,
 is uaisle cha toir fois.
- 11 'Na shuilibh fein ge d' bha e glic,
 's ge d' chual e tric o chàch
 Gur maith a rinn e, 's gu bu cheart
 bhi toirt do 'n t saoghal gràidh:
- 12 Anam gidheadh ma dhearmaid e,
 co ghabhas farmad ris?

Mar ainmhidh, fhuair an corp a shàth,
ach c' àit am bheil e nis?

S A L M . L.

- 1** 'N A chathair gloirmhor suidhidh Dia,
's o 'n ear gu 'n iar na slòigh
Cluinnidh a ghuth, is thig 'na là'ir
ma 's marbh ata 'd, no beo.
- 2** An là nach creideadh droch-dhaoine,
nis nochdai' Dia d' an sùil;
'S le teine milteach doinionnach
an domhan theid 'na smùr.
- 3** Air iartas bheir na h aingil naomh
deamhain is daoine cruinn,
A dh' fhaotainn breitheanais neo-chlaon,
gun chaochla feadh gach linn.
- 4** An sin chi slòigh an domhain mhoir
gu bheil Iehobhah ceart;
'S gu diol e ris gach neach do reir
a dhea'-bheus no dhroch-bheart.
- 5** " 'N so tiorailibh (their e) air tùs,
mo nacimh rinn cumhnant rium;
'S tra dh'earb iad as an iobairt mhoir,
a għluais an' cònuidh leam."
- 6** Ach meud 's a mheas gu b' iad a shluagh,
gidheadh a għluais gu h olc,
Cha dean aon iobairt doibhsan feum;
diolar riu réir an lochd.
- 7** 'S fuath leis an aidmheil is an gniomh,
mur bi an cìdh d'a réir:

- Do chràbha saoibh, gun ghiulan maith,
 cha ghabh e tlachd nò spéis.
- 8 An oibre cha dean dàsan feum,
 's cha dean iad feum dhoibh fein,
 Mur bi an cridhe treibhdhireach,
 's d'a reachd mur toir iad géill.
- 9 'Ur gealla coillionaibh do Dhia,
 's deanaibh a riar do ghnà;
 Bibh taingeil agus ùmlial da,
 's ur dùil biodh as a ghràs.
- 10 'N sin feudai' sibh, an là na h airc,
 glaodhach gun ag ri Dia;
 Saoruidh e sibh le chaoimhneas gràidh,
 o rinn sibh ghnà a riar.
- 11 Ach Dia their ris an droch-dhuine,
 "Carson a luaidh thu m' ainm?
 Do m' reachd an uair nach tug thu geill,
 an robh aon fheum ad chainnt?
- 12 Carson a rinn thu co-cheangal,
 's a thug thu dhomh do mhòid,
 Tra thug thu fuath do m' uile reachd,
 's a sheachainn thu mo ròd?
- 13 Slighe nan aingidh roghnaich thu,
 is chlaon thu leo na'n lochd;
 B' fhear-comuinn thu 'nam beusaibh baoth,
 is thug thu gaol do'n olc.
- 14 Mar so rinn thu, gu dàna, tàir
 air gràs is faighid Dhe,
 Ag saoilsinn misc bhi gun ghràin
 do'n olc, mar bha thu fein.

- 15 Ach gheibh thu nis làn-dioghlaitas
arson do ghniomha baoth :
Na h uilc a rinn thu, leanaidh riut,
le peanas siorruith daor."
- 16 O sibhs' a thug ur cùl ri Dia,
grad-iarruibh e 'na thrà,
Mu 'n tig an latha eagalach,
's gun teasairgin o làimh.
- 17 Is sona 'n dream bheir gloir is geill,
's a bhios ris réidh gun stad ;
Oir nochdai' Dia dhoibh slàint'san là
'san sgriosar càch air fad.

S A L M L I .

- D EAN trocair orm, a Dhia nan gràs!
cum bàigh ri m'anam truagh;
Réir meud do throcair agus t iochd,
glan m'uile pheacaidh uam.
- 2 Glan mi o m' chionta réir do ghràis;
deonuich do shlainte shaor:
Dhuit tha mi 'g aideacha mo lochd;
O nochd do throcair chaoin!
- 3 Agads' tha iochd, ge d' pheacaich mi,
a t aghaidh gu ro-throm:
Gabh truas dò m'anam iarguineach,
làn phiantan ann am chom.
- 4 Do shùilsa, Dhe, bha 'g amharc orm,
tra rinn mi olc co dàn;
Is bhiodh tu ceart ge d' fluadaicheadh
tu m'anam uait gu bràth.

- 5 Oir truailte tha mi air gach achd,
 le peaca gin is gniomh;
 O'n bhroinn chaidh mì air seacharan,
 's am peaca dh' fhàs mi nios.
- 6 Eòlas na firinn thug thu dhomh,
 's do reachd am choguis sgriobh;
 Ach mise dhiult do theagasgsa,
 's gun leisgeul tha mo chrìdh.
- 7 O! crath orm fuil na h iobairt sin
 a nì mo chiont thoirt uam;
 'S ge d' tha mi salach, bithidh mi
 mar shneachd is gile snuadh.
- 8 O cluinneadh m' anam guth do shìth!
 is bidh mo chrìdh ro-ait;
 'S a' choguis sin, a chlaoïdh do lámh
 ni gairdeachas gu pait.
- 9 Faluich do glìnùis o m' eaceartaibh,
 's leig m' eucoir as do bheachd;
 Thoir cridhe glan, is spiorad ùr,
 a bhitheas ùmh'l do d' reachd.
- 10 Na tilg a'd' shealla mi, 's na buin
 do Spiorad naonicha uam,
 Aoibhneas do shlainte aisig dhomh,
 's le d' Spiorad cum mi suas.
- 11 Mar sin gheibh peacaich eile fios,
 ma philleas iad 'na thirà,
 Gu faigh iad uaitsa maithleanas,
 a chionn gur pait do ghràs.
- 12 O Dhia mo shlainte! guidhealn oit,
 maith dhomh mo clionta inor;

Is cuiridh mi an' ceil gu h ard
do ghràsa saor 's do ghloir.

- 13 Oibre mo lamh cha tagair mi,
no tabhartas, 'nad là'ir;
Ach cridhe brist, is spiorad leont',
gu dian an' tòir air gràs.
- 14 Bi trocaireach do t uile shluagh;
t Eaglais tog suas gun dàil;
Is aora taitneach agus geill
gheibh thusa, Dhe, 's gach àit.

S A L M L I I .

- O** DHUINE, leis am miann an t olc,
's a ni a'd' dhroch-bheairt uaill,
Bi cinteach gu dean ceartas De
'na dhéigh so t fhàgail truagh.
- 2 Am beul sin a tha dealbh nam breug,
's an crìdh thug spéis do 'n olc,
Sios gearraidh Dia a' tìr nam beo,
le deamhnaibh anns an t slochd.
- 3 Le eagal, chi na fireana
crioch dheireannach an daoí;
“ Feuch (their iad) crioch an fhir a rinn
as olc 's a' shaibhreas maoidh.”
- 4 O biodh mo chònuidh agam fein
am phàrras Dhe gu bràth!
An sin, a Dhia, bheir mi dhuit cliu,
mar ùr-chrann ola fàs.
- 5 O Thus' thug dhomh an dochas so,
thaobh meud do throcair chaoimh,

Feithidh mi riut gu faighidneach.

O bitheadh m' anam naomh!

S A L M L I I I .

N A'N crìdh thuirt iadsan tha gun chiall,
“ Chan 'eil Dia idir ann.”

Tha uime sin an giulan olc,
’s an coluadar gach ám.

2 Dh' amhairec an Tighearn nuas o neamh,
chunnaic e 'n gnè 's am beus;
Chunnaic e nach robh neach 'nam measg
a thug do ghliocas speis.

3 Chaidh iad gu leir air seachran baoth,
chlaon iad o eagal De,
Ag claoidh nan naomh, gun toirt fanear
co neach ni diol da réir.

4 Suaimhneas chan 'eil aig aingidh 'n tràs,
is cràdh thig orra 'n sin,
Tra thionsgnas Dia air dioghaltas
'gam prouna' sios gu mion.

5 O! so mo ghuidhe 's m' achuine,
gu greasadhbh Dia an là
'San dean e cobhair air a shluagh,
'gan toirt asuas 'na là'ir!

6 'San là sin saoruidh tusa, Dhe,
do chlann thug spéis do d'reachd;
Bheir thu iad chum an dathigh shuas,
is ni iad luaghair leat.

RI m' urnaigh eisd, is sàbhail mi,
air sgà do ghràis, a Dhe;

O chunthart peacaidh agus bàis
gu gràsmhor m' anam gleidh.

2 Is treun an Ti ta air mo chrann,
ged' tha mi fann leam fein:

Dionaidh e m' anam o gach nàmh,
le làinidh tha uile threun.

3 Le cridhe taingeil togarach,
air t ainnisa togam fonn:

Oir dhomhsa tha do mhaitheas mor,
is bheir mi gloir da chionn.

4 Shaor thusa mi le d' ghràsa pailt
o airc is ànihghar geur:

O'n ghàbha 'san robh m'anam truagh
thug thu dhomh fuasgla treun.

S A L M L V .

DHIA éisd mo ghuidhe, 's thoir fanear
guth gearanach mo chaoidh;

Onaimhdibh m' anma sàbhail mi,
's o shàrucha nan daoí.

2 Oir lion iad mi le goith is cràdh;
O b' fhearr gu b' urra mi,

Mar chalmap, itealach' gu luath,
gu ionad suaimhneach sìth!

3 An sin 'san fhàsaich fad o làimh,
bhiodh agam tàmh is fois

Om' uile naimhdibh tha an tràs
'gam shàrucha' gun chlos.

- 4 Tha cuideachd olc, le 'm buaireannaibh,
gam chuartacha gach taobh;
A la's a dh' òi'ch tha foirneart 's cealg
a' falbh air feadh an t sao'il.
- 5 Eadhon am fear, a mheasadh leam
mar chompanach ro-ghlic,
'S a chaidh leam suas gu teampul De,
rinn eucoir orm gu tric.
- 6 Ach ge nach feudar earbs' a' daoin,
cha chaochail Dia gu bràth;
Gairmidh mi fein gun tèmh air ainm,
moch, anmoch, 's meadhon là.
- 7 Dh' fhuasgail e m' anam, 's thug e sìth
o'n strì rinn rium mo namah;
'S an airc an robh mi theagaig dhomh
eagal mo Dia, 's a ghràdh.
- 8 Daoine ge d' bhuin gu fealtach rium,
sior-earbai' mi a' Dia:
Oir meud 's a rinn a chairdeas bun,
cha d' thug e thairis riabh.
- 9 O m' anam! leig do thaic ri Dia,
's o t iarguin gheibh thu fois;
Ach sgriosar droch-dhaoine gu bràth,
's cha toir am bàs doibh clos.
- 10 Is gairid linn an droch-dhuine,
cha mhair e leth a làith;
Asads' a Thighearna ro-threun,
bidh m' earbsa fein gu bràth.

- O**RMSA dean iochd, a Dhia nan gràs,
 na leig le m' nàmh mo chlaoi':
 'S tu fein amhain is Breitheamh ann,
 's tu cheansuicheas an dao.
- 2** An laithibh m' eagail earbam riut,
 is t fhacal bheir dhomh fòir;
Co 'n sin a chuireas eagal orm,
 'tra sheasas tu mo chóir.
- 3** Ge d' agair naimhde mi arson
 nan lochd nach d' rinn mi riabh,
Le fòir ge d' dhean iad ainneart orm,
 mo thearmun is e Dia.
- 4** Is aithne dhuitsa m' f hulangas,
 is chunnaic thu mo dheoir;
 'Nad' chuimhne thaisg thu m' achuine,
 's air m' anam ni thu fòir
- 5** Mo nàmh, tra bhios tu air mo chrann,
 gabhai' gu teann an ruaig;
 Is molai' mise t fhacal fior,
 ag toirt gu sior ort luaidh.
- 6** Tha m' earbs' a Dia, 's chan eagal leam
 a' bheag a thig am dhàil.
 Do mhòid tha air mo cheann, a Dhe;
 bheir mi dhuit geill gu bràth.
- 7** O thus'! a thug mi saor o 'n bhàs,
 treoruich le d' làimh mo cheum;
 'S le faicill gluaisidh mi 'nad là'ir
 ré fad mo làith fo 'n ghréin.

- O** THUS' am bheil mo dhochas fein,
a Dhe nan uile ghras!
Bi trocaireach do m' anam bochd,
is nochd dha iochd is gradh.
- 2** O dcan mo dhion fo sgàil do sgéi'
o'n doininn dhéin so teachd:
Is tearuin an m' anam gus an d' theid
gu leir na h uilc so seach.
- 3** Eighidh mi ris an Dia is aird
ri Dia ta làidir treun;
Ri Dia a bheir gach ni gu crìch
mar chi e ormsa feum.
- 4** Cuiridh e coghna nuas o neamh,
's tearnaidh e m' anam bochd;
Is saoruidh e mi, trìd a ghràis,
o ghàbhadh is o lochd.
- 5** Is lionar uilc is buaireanna
'gam chuartach' air gach làimh;
Ach ni mo Dhia gu trocaireach
mo threorucha le ghràs.
- 6** Bi thus' air t ardudachadh, a Dhe,
le feachd nan neamha shuas,
Is thugadh slòigh an t saoghal sò
dhuit aora' mar is dual.
- 7** Le cridhe ait's le òran ard,
molams' an tràs thu, Dhe;
Mo theanga, glòir mo bhall, grad-dhùisg
is cuir a chliu an ceil.
- 8** Molams' thu, Dhe, am measg nam beo;
ri m' bheo sior-mholam thu;

'S an déigh mo bhàis, feadh linn nan linn,
bheir mi gu binn duit cliu.

- 9 Oir lion do throcair talamh 's neamh;
a meud cha tuig aon neach:
Is mairidh t fhirlinn ghràsmhor chaoin,
tra theid an saoghal seach.
- 10 Bi thus' air t arduchadh, a Dhe
le feachd nan neamha shuas;
Is thugadh slòigh an t saoghail s'o
dhuit aora mar is dual.

S A L M L V I I I .

- O**SIBHS' thu suidhe' 'm breitheanas,
ur breith biodh dìreach ceart;
Is cuimhnichibh gu seas sibh fein
aig cathair Dhe nam feart.
- 2 Na deanaibh an-cothrom air aon,
's na saoruibh arson duais;
O'r coguis fein na faighibh beum,
's na eisdibh feall le'r cluais.
- 3 Am breitheamh chlaonas leis an fhoill,
's nach cluinn a choguis fein,
Nach éisd a' chóir a' beul an fhann,
's nach rannsuich i gu geur:
- 4 Airsan bheir Dia ceart-bhreitheanas,
ge mor a neart is uaill;
'S le shaighdibh geura corranach
a lot ni e gu truagh.
- 5 Chi daoine 'n sin, gu bheil aig Dia
ciat' agus spéis do 'n chóir,

Is, thar na h uile, gur è mhàin
is aon Ard-bhreithe' mòr.

S A L M L I X .

- D**ION m' anam, O mo Dhia, gach uair
o bhuaireadh is o lochd;
O chomun dhroch-dhaoin' gleidh mi saor;
o'n dream thug gaol do 'n olc.
- 2 Na toir dhoibh so cion-fà air bith
gu mise thoirt'nan lion;
Is e mo mhiann bhi neo-chiontach,
dean thusa m' fhòir 's mo dhion.
- 3 Mo thruaigh an dream le 'n toigh an t olc!
is mor an cron doibh fein;
Añ aimhleas tuitidh air an ceann
tra ransuichear am beus.
- 4 'N sin tuigidh iad am mearachd mor,
tra thuirt iad "Co d' an leir?
An tabhair Dia ar cainnt fanear?
'na bheachd an e gu gléidh?"
- 5 O smaointibh baoth mar so, a Dhe,
m' anamsa gléidh gu bràth;
A ñ chum, nuair dh' fhògrar aingidh sios,
gu faigheam sith od' ghràs.
- 6 Na h aingidh fògrar uait gu beachd,
do d' reachd o thug iad fuath;
Aon ncach dhiu' sin cha d theid am feasd
asteach do d' chathair shuas.
- 7 Do lòn nan naomh chan fhaigh iad pàirt,
ge d' bhasuich iad le gort;

- Oir anns a' bheatha so an tràs
ghabh iad an sàth do 'n olc.
- 8 Ach mis' air là na h aiseiridh,
tra dhealras madainn nuadh,
An deigh gach àmhghair agus bàis,
gu bràth bheir dhuitsa luadh.
- 9 Dhuitsa mo Dhia, rinn domh an t uil,
's a stiur mi trid do ghràis,
A rinn le d' throcair chaoimh mo dhion,
gu siorruith bheir mi gràdh.
- S A L M L X.
- R INN thus' ar smachdachadh, a Dhe,
a chionn gu d' threig sinn thu;
Ach O dean trocair oirn a nis,
tra tha sinn teachd dhuit dlù!
- 2 Do làmh, a chuir ar neart air dì,
tog dhinn gu grad, a Dhe;
Leighis gach bristeadh tha 'nar measg,
is bi anis ruinn réidh.
- 3 Amhairc, a Dhia, oirn ann ad ghràdh;
ar càil gu buileach threig,
Mar dhaoine, le dibh bhuaireasaich,
a' luasgadh air gach ceum.
- 4 Nach tusa, Dhe, bheir neart do d' shluagh,
is fuasgladh anns gach càs?
Oirne dean fòir an là ar teinn.
is cuidich leinn le d' làimh.
- 5 A'ò' ghealla naomha ni sin bun;
oir thubhairt thu o chéin,

- Namhaid am feasd nach faigheadh buaidh,
air sluagh bheir dhuitsa geill.
- 6 Mar so, do d' phobul naomh o shean
thug thusa neart 'nam feum,
Is thar na naimhde bha mu 'n cuairt,
thug thu dhoibh buaidh gu leir.
- 7 Co e mata bheir dhuinne dion,
ach Righ nam feachd amhàin?
A stiuras sinn le chomhairle
's a choimhideas le làimh.
- 8 O tearuinn sinn anis, a Righ,
's na diobair sinn 'nar teinn;
Gu 'r coghna sìn do làmh amach,
is anns gach cath bi leinn.
- 9 Dean thus' an là ar trioblaid fòir,
oir 's diornhain còghna dhaoin':
Mar sin ni sinne treubhantas,
is tusa, Dhe, r'ar taobh.

S A L M L X I .

- EISD m' urnaigh, Dhia, is aom do chluas
gu grad anuas ri m' ghlaodh;
Oir, fad o chobhair, éigheam riut;
o m' chunthart thoir mi saor.
- 2 Tra bhios mi ann an imcheist mhoir,
's mo chridhe leont' am chom,
Gu carraig threun mo neart, a Dhia,
stiur m' anam tiamhaidh trom.
- 3 Oir anns gach gàbhadh san robh mi
rinn thu mo dhion gu treun;

- Is ann ad phubul ni mi tàmh
gu bràth fo sgail do sgéi'.
- 4 Chual thu mo mhòid, 's thug thu dhomh còir
air cuid do ghlòir nan naomh,
Is beatha shiorruith ann ad là'ir
gheibh mi od ghràsa caomh.
- 5 Le d' throcair is le d' fhirinn réidh,
O stiur mo cheum gach là;
Mar sin mo mhoide coilionam,
's do t ainm bidh glòir gu bràth.

S A L M LXII.

- T**HAM' anamsa le faighid bhuan
ag amharc suas ri Dia,
'S ann uaith a thig mo neart 's mo shlàint,
's ann air tha mhàin mo mhiann.
- 2 'S e Dia mo chobhair dhlù am airc,
mo charraig ni mo dhion,
Mo chòghna anns gach cùis tha cruidh;
mar sin cha għluaisear mì.
- 3 Cha'n urradh inleachdan mo nàmh
mo dhochann làimh ri Dia;
An aimhleas tuitidh orra fein,
's gach eucoir rinn iad riabh.
- 4 Peaca no buaire cha'n fhaigh fà
air neach fo sgàile Dhe;
Ge d' thig an t olc an samhla maith,
chan fhaigh e airsan teum.
- 5 Tha m' anamsa le faighid bhuan
ag amharc suas ri Dia;

- 'S ann uaith a thig mo ueart 's mo shlaint',
is e amhain mo sgia.
- 6 'S e Dia mo chobhair dhlù am airc,
mo charraig ni mo dhion,
Mo choghna anns gach cùis tha cruidh;
mar sin cha ghluaisear mi.
- 7 'S e Dia mo shlainte is mo ghloir,
o 'm faigh mi treoir is dion;
Am airc 's am eagal ni mi bun
a' chuideacha gu sior.
- 8 Cuiribh ur dochas, uile shlòigh,
an Dia na glòir gu bràth;
'S e Dia ar tearmunn, doirtibh maeh
ur cridheachan 'na là'ir.
- 9 Is diomhain daoine, beag is mor,
na'n coghna cha'n eil feum;
Is lugha chothrom air a' mheigh
na'n ceathach anns an speur.
- 10 Le feall air bith, no sàruchadh,
gu bràth na h iarruibh maoin;
'S ge d' fhàs ur stòras air mhodh ceart,
na deanaibh as gnè mhaoidh.
- 11 Oir labhair Dia, is chuala sinn
an ni so uair no dhà,
Gur ann o bheannuchadh ar Dia
(do 'n dream ni riar) thig àgh.
- 12 Sior-earbamaid mata gu leir
a cumhachd Dhe, 's a ghràs;
Le giulan naomh, gu ruig an uair
's am faigh sinn duais o laimh.

- G**U moch gach là, O Dhia, mo Dhia!
 gu dian tha m' anam truagh
 An geall ort fein, 's ag éigheach riut,
 a' guidhe' furtachd uait.
- 2** Tha m' anam ploschartaich gu dian,
 ciocras is miann air m' fheoil,
 Mar aon ga chlaoi' le tart is teas,
 's gun aige deoch r'a h òl.
- 3** Leig ris domh cumhachd mor do gliràis,
 mar b' àbhaist ann ad theach,
 Scadh gus am faic mi gloir ni 's aird'
 a' t àros tha ri teachd.
- 4** Sòlas cha'n éil 'sa bheatha so,
 's cha 'n fhiu seadh beatha fcin,
 Bhi air a coimeas ris an àgh
 a thig o d' ghràdhса, Dhe.
- 5** Moladh is cliu arson do ghràidh
 gu bràth bheir mise dhuit,
 Is ann ad naomh-ainm togam suas,
 le luadh, mo làmhan riut.
- 6** Do chaoimhneas-graiddh is taitniche
 le m' anamsa na féisd;
 'S is blasda leam na'm biadh is fearr
 bhi cur' do ghràidh an céill.
- 7** Tra luidheas mi am leabai' sios
 mo chrìdh bidh annad ait;
 'S an ám dhomh dusga' feadh na h oïch'
 bidh m' anam aoibhneach leat.
- 8** Aoibhneach bidh mì fo sgàil do sgèi'
 O Dhe, mo dhìdein bhuan!

Gu dian tha in' anam ort an toir,
le d' chòghna cum mi suas.

- 9 Bi thusa leam, 's cha ghabh mi fiamh,
ge d' iadh gach nàmh mu 'n cuairt;
Peaca no buaire (trid do ghràis)
cha'n fhaigh gu bràth orm buaidh.
- 10 Na nàmh so tilgidh tusa sios,
is sith bidh aig do shluagh:
O deonuich dhomhsa sith is àgh
leat fein a t àros shuas!

S A L M L X I V .

- EISD thusa, Dhia, ri m' achuine,
's na seas co fada uam:
Saor mi o'n olc is eagal leam,
is freagair mi gu luath.
- 2 O chomun uilc 's o chunthart bàis
gleidh m' anam slàn, a Dhe;
'S na leig le inleachd dhaoine daoí
mo sgara' choidh' uait fein.
- 3 Air aingidh tha cur uilc an gniomh,
's ag ràdh, "Co 'n tì do'n léir?"
Bheir thusa dioghaltas gu luath,
's bidh 'n duais do réir am beus.
- 4 Daoin' eile chi am breitheanas,
is gabhaidh eagal mor;
Is gluaisidh iad le tuille ceil,
a' toirt duit geill is gloir.
- 5 Na naoimh bidh ait an Dia na gloir,
's an earbsa mhor 'na ncarr;

Seadh aoibhneas bith-bhuan gheibh iad sin
a tha 'nan cridhe ceart.

S A L M L X V .

- O** CHOTHIONAL do shluagh, a Dhe,
gheibh thusa geill is gloir;
Is diolaidh iad am móidean duit,
le h urram mar is còir.
- 2 **O** Thusa! bheir fanear gu caomh
urnaigh do naomh 'nam feum;
Annadsa slòigh an domhain mhòir
cuiridh an doigh gu leir.
- 3 Ar peacanna tha lionimhor trom,
ar n anma chrom iad sics;
O Dhia thoir dhinn an t uallach eò,
is tog sinn suas a rìs.
- 4 'S beannuicht am fear thig dhuitsa dlù,
's a bhitheas umh'l do d' reachd;
Cuibhrionn do d'chaoinhneas gheibh e'n tràs,
is cònuidh ard ad theach.
- 5 **O** sàsuich fein ar n anma, Dhe,
le aoibhneas pait do ghràis;
'Sfadheoidh gabh sinn gu tròcaireach
gu ionad glòir is àigh.
- 6 **O** Dhia ar slainte! eisd ar guth,
is cuidich sinn gach uair;
Le oibre mor is eagalach,
's tu theagaisgeas do shluagh.
- 7 So chì na bheil 'san domhan mhor,
's na bheil a' scola' cuain;

- Is ni iad earbsadh as do ghràs,
ag iarruidh slàinte uait.
- 8 Is ann le d' nearts' a shocruicheadh
na sleibhteán air am bonn;
'S tu chaisgeas luasga mor nan sluagh,
is fuaimneach fairg is thonn.
- 9 Tha oibre iongantach do làmh
toirt anns gach àit ort sgéil;
Tha madainn 's feasgar gach aon là
a' cur do ghràidh an ceil.
- 10 An talamh tha thu taiseacha'
le frasaibh ciuin nan speur,
'S a' toirt air arbhar 's luibhean fàs
a dh' àracù dhaoiu' is spréidh.
- 11 Tha mhachair làn do thora trom,
's an fhàsach lom fo bhlà;
Gàir aoibhneis anns gach uile ghleann,
's na beauntai freagairt dà.
- 12 Na h ainmhidh ait bheir dhuitsa cliu;
oir 's tù tha toirt doibh bìdh:
Aimsir na bliadhnaí' stiuraidh tu,
o tùs gu ruig a crioch.

S A L M L X V I .

- O** UILE shlòigh, a chruinneché!
molaibh gu h aoibhinn Dia:
Cuiribh gu h ait a chliu ar ceil,
is deanaibh uile riár.
- 2 Abraibh ri Dia, "Cia miorbh uile agh
gach gniomh a nithear leat!"

Do naimhde striochdai sios fo d' ghràs,
no bàsaichidh fo d' neart."

- 3 O uile shloigh an domhain mhoir
dha 's dligheach gloir is geill:
Aoradh iad dha le gairdeachas,
a' cur a ghràis an ceil.
- 4 Thigibh is beachdaichibh gu geur
air oibre Dhe na gloir;
Is faicibh gur ann dà is dual
geill urram 's luadh nan slògh.
- 5 Feuchainbh mar sgaoil e a' mhuiir Ruadh,
's mar thug e shluagh d'a trìd,
Mar charn e 'n doimhne mhor asuas,
seadh gus an d' fhuair iad tìr.
- 6 Is amhuil sin a neart an tràs,
a shàbhaladh a shluaign;
Gidheadli ma dhiultas neach a ghràs,
gu bràth bidh neach sin truagh.
- 7 O sibhs' tha toirt do shlainte spéis!
dhà thugaibh géill is cliu;
'S e fhreasdal maith a chum sinn beo,
's i throcair chaomh a stiur.
- 8 Mar airgiod ann an teine dian,
dhearbh thusa, Ðhia, do shluagh,
A chum gu biodh iad dealrach glan,
's gach sal gu buinte uath'.
- 9 Ar leas 's ann duits' amhàin is léir;
O dean ruinn mar is àill:
Trìd teine 's uisge treoruich sinn,
tra 's ann chum glòir gu bràth.

- 10 Iocamsa, Dhe, le buidheachas,
a mhòid a thug mi 'd là'ir;
'S an gealla thug mi dhuit am theinn,
coifionam e le gràdh.
- 11 Maille ri m' mhola, bheir mi geill
do d' reachdsa, Dhe, gu bràth;
Is bheir mi tabhartas do 'n mhaoín
thug dhomh gu saor do làmh.
- 12 Thigibhse ta fo eagal De,
dhuibh ni mi sgeul gu h ait,
Mar shiaoradh leis, o ghàbha bàis,
m' anam le ghràsaibh pait.
- 13 Do lochd nam biodh am chridhe speis
m' urnaigh cha'n eisdeadh Dia:
Ach dh' eisd e, chionn gu robh mo thlachd
na lagh 's na fhacal riabh.
- 14 Beannuichte gu robh Dia nan gràs
a shàbhail m' anam truagh;
A dh' eisd rim' ghuth gu trocaireach,
is còghnà chuir anuas.

S A L M L X V I I .

- D EALRADH do thirocair oirn a Dhe,
's bi réidh r'ar nanma truagh;
Do bheannacha thoir dhuinn gu pait,
is gabh, 'nar n airc, dhinn truas.
- 2 Do shìlòigh an domhain cuir an ceil
do shlighe, Dhe, 's do shlaint';
'S o eiridlì gu ruig luidlie grein'
dean aoibhneach iad led' ghràs.

- 3 Moladh gach sluagh thu, Dhe nan gràs,
 o 'n airde 'near gu 'niar;
 Thugadh iad aora' dhuit gu h ait
 is biodh an tlachd ad riart.
- 4 Is tu tha riaghila 'n domhain mhoir,
 's a bheir fadheoidh air breith;
 Gloir thugadh beag is mor do t ainm,
 le eagal 's taing fa leth.
- 5 An sin bheir Dia a bheannacha,
 's an talamh tora pait;
 Ni Dia ar beannacha le ghràs,
 's bidh 'n domhan àghor ait.

S A L M L X V I I I .

- T**RA dh' éireas Dia gu breitheanas,
 a naimhde teichidh uaith;
 A ghnuis bidh dhoibh mar dhealanach,
 's grad-ghabhaidh iad an ruraig.
- 2 Mar dheatach roi' an doininn ghairbh,
 mar chéir roi' theine dian,
 Sgapar is leaghar iad gu leir
 ro' chorruich ghéir an Triath.
- 3 Ach air na naoimh bidh gairdeachas
 ri teachd an là'ir an Dia;
 Is ait leo nis an là blí dlù
 ri 'n robh an dùil o chian.
- 4 Biodh aiteas oirbh, a naoimh, an Dia
 a bheir ur miann duibh nis;
 Oir theid sibh 's teach gu neamh nan neamh
 gu tearuint maille ris.

- 5 Nochd Dia gu bheil e naomh is ceart,
 le bheartaibh dhuinn ro' laimh:
 Do dhilleachdain 's e's Athair ann,
 's ri bantraich cumaidh dàimh.
- 6 Teaghlaich bhéir e do 'n aonaran,
 is saorsa bheir do 'n tràill;
 Ach droch-dhaoine chuir cùl r'a reachd,
 'nain peaca gheibh iad bàs.
- 7 Dhearbh thusa, Dhia, do d' shluagh o shean
 gu robh do lath'reachd leo;
 Is anns an fhàsaich chunnaic iad
 do chumhachd is do ghloir.
- 8 Tra bha iad air an claoí' le tart,
 pailteas do uisge fhuair;
 Is lòn le d' mhaitheas dheasúch thu
 'nan easbhuidh is 'nan truaigh.
- 9 Air t iartas chaidh am feachd amach,
 's do 'n lag thug thus' a' bhuaidh;
 Bha chreach ga roinn le laimh nam ban,
 tra ghabh mor-righre 'n ruaig.
- 10 Duaichni ge d' bha iad, dh' fhàs am fiadh
 mar sgiath a' chalmain ghrinn;
 Tra sgap thu righre mor 's am feachd,
 mar chatha sneachd air beinn.
- 11 C' arson, a righre, ghabh sibh 'n ruaig,
 's a theich ur sluagh co teann?
 Chionn gu robh aingle lionmhòr Dhe,
 's e fein le shluagh, mar cheann.
- 12 Mar so chaidh 'n Triath le buaidh an aird,
 o 'n bhàs tra shaor e shluagh,

- ‘S a rinn e braighde do gach nàmh
a rinn diu tràille truagh.
- 13 Fhuair thu do dhaoine ceannairceach
tiolaca pait, a Thriath;
Do Spiorad naomh gu bitheadh leo
’na chònuidh feadh gach ial.
- 14 Beannuicht gu robh an Tighearn Dia,
an Dia thug slàinte dhuinn,
‘S a tha gach là le thiolacaibh
gun dì ri freasdal duinn.
- 15 An Dia sin a thug slàinte dhuinn,
's e 'n Dia ta làidir treun;
Is saors' o ghàbha 's cunthart bàis,
tha sin 'na làmha fein.
- 16 A naimhde lotaidh e gu leir,
ach tearnaidh e a shluagh;
O 'n airc, mar gheall e, bheir iad saor
gu àros aobhach shuas.
- 17 Chunnaic ar sùil do cheum, a Dhe,
a' deana' 'n iuil gu neamh;
‘S le t eisampleir, tha t fhacal fòs,
gar seoladh air do dhéigh.
- 18 Cia ait bhi 'n cothional do shluagh,
toirt luadh is moladh àrd
Do t ainm ata ro-urramach!
Thugaibhs', a naoirnh, dha gràdh.
- 19 Gach treabh is inbhe bhuineas dà,
's gach neach ata nar measg,
Molaibh 'na theampul Dia na gloir,
a choghnas siuin le neart.

- 20 'S e Dia bheir dion duinn air gach làimh
 o 'r n uile nàimh mu 'n cuairt;
 Le chumhachd ni e 'n ciosnacha',
 's ar Righ bheir dhuinne buaidh.
- 21 'N sin chi gach sluagh cia mor a bhàigh
 do 'n dream thug gràdh da reachd,
 Is striochdai iad asios na là'ir,
 ri aora' dhà 'na theach.
- 22 'S e Dia aon Righ an domhain mhoir,
 d' an dligheach gloir is cliu:
 Thugaibh dha geill, gach uile shluagh,
 's le luaghair thigibh dlù.
- 23 'S esan tha riaghla neamh nan neamh,
 's a' deana' mar is àill:
 Is sona 'n sluagh ni Dia nam feart
 a dhion le neart gu bràth.
- 24 Cia uabhasach, a Dhia, do neart!
 ach O cia caomh do ghràs!
 Cia sona 'n ti bhios riutsa rèidh!
 Molams' thu, Dhe, gu bràth.

S A L M L X I X .

- S ABHAIL mi, Dhia! 's na tuilte dian
 ag iadhadh orm mu 'n cuairt.
 Feuch! uilc is amhghair air gach taobh,
 dh' aom sin mu m' anam truagh.
- 2 G un tamh a' glaodhaich, tha mi sgìth;
 mo sgornan thiormaich suas:
 Mo shùil tha feithe' riutsa, Dhe;
 ri m' ghearan eisd gu luath.

- 3 Is lionmhoir iad na falt mo chinn
 thug fuath dhomh gun chion-fà;
 Le nimh is ainneart toirt domh beum,
 's ri eucoir orm gun tàmh.
- 4 Gach olc is aimhleas rinn iad orm,
 sin duitsa, Dhia, is léir:
 Masla na faigheadh air mo sgà
 aon neach thug gràdh dhuit fein.
- 5 Oir dh' fhuiling mise air do sgàs'
 tair masladh agus spìd;
 Le m' bhraithribh is le m' choimhearsnaich
 am choigreach mheasadh mì.
- 6 Arson a mhaslai' fhuair do theach
 bha m' anam lan do eud;
 Oir ormsa thuit am masla sin
 a mhasluich thusa, Dhe.
- 7 Ri m' dheoir, ri m' thrasg, 's ri m' anshocair
 mo nàimh rinn fanaid gheur;
 Na h uachdrain chàin mi, 's do luchd-pòit
 a'm òran bha 'nam beul.
- 8 Anis, 'san ám tha taitneach, eisd
 ri m' urnaigh, Dhe ro-naomh!
 Oir, do gach neach ni bun ad ghràs,
 tha thusa càirdeil caomh.
- 9 Saor mi o'n airc am bheil mi 'n sàs,
 o lamha' aingidh olc:
 Na bàthar m' anam leis an tuil,
 's na cumar mi san t slochd.
- 10 Eisd rium, a Dhia, reir meud do ghràiidh,
 's a reir do ghràsa pailt;

- Na ceil do ghuais, m' anam na fàg
fo chumhachd nàmh 's an airc.
- 11 'S léir dhuit gach masladh agus cràdh
a tha mo nàimh toirt domh;
Aon neach a ni orm iochd cha d' fhuair,
no ghabhas truas dom' ghoith.
- 12 Thug iad dhomh domblas-sà mar bhiadh,
fion-geur thug iad mar dheoch;
A' deana' fanoid air mo chaoi',
's gam' chlaoi' le iomadh olc.
- 13 Mo thruaighe cor na muintir so
a dhiult do ghràs, a Dhe;
Gach àgh air bith a thugadh dhoibh
bheirear air falbh gu léir.
- 14 D'an sùilibh dall cha léir an leas,
le geilt bidh iad air chrith,
Is fearg an Tighearn air an tòir
's gach ròd an dean iad ruith.
- 15 Am fearann bidh gun àiteacha',
's an cònuidh fàs gu léir;
A chionn gu d' bhuin iad le ain-iochd
risan a bhrùth thu, Dhe.
- 16 An cionta bidh a' fàs ni's mó,
's air còir cha bhi an sùil;
'Nan cobhartach bidh iad do 'n bhàs;
ri slàinte chuir iad cùl.
- 17 Ach mise, truagh ge d' tha mi nis,
le d' shlainte togar suas;
Is bheir mi gloir is moladh ard
gu bràth do Dhia nan sluagh.

- 18 'S taitniche m' iobairt leat, a Dhe,
 na 'n spréidh a thairgeadh dhuit;
 Anma nan naomh bidh beo dà trìd,
 's an sìth bidh deanta riut.
- 19 Nis eisdidh Dia ri anmaibh truagh,
 's bheir fuasgla dhoibh o 'n bhàs:
 O! moladh neamh is muir is tìr
 gu siorruith Dia nan grás.
- 20 Seadh, thig an là 'san tog-e rìs
 Iudah is Sion caomh;
 'S an sluagh a bha gan àiteacha
 gheibh páirt d'a oighrcachd naomh.
- 21 'N sin sealbhaichidh an ginealach
 a bheannacha gun dì;
 Molaidh iad ainm tha beannuichte,
 is mealaidh iad an tìr.

S A L M LXX.

- D**EIRICH, a Dhia, gum chuideacha',
 's o chionta gleidh mi saor;
 Na sgaradh peaca mi o d' ghradh,
 's na tigeadh nàir am thaobl.
- 2 Mo mhianna olc cum fein fo chois,
 mu 'n sgrios iad m' anam truagh;
 Na naimhde so tha toirt domh beum,
 caisg fein, a Dhia, gu luath.
- 3 Annadsa biodh na h uile ait
 a shocruich ort am miann;
 Abradh gach neach le 'n toigh do shlàint,
 Moladh gu bràth do Dhia!

- 4 Ormsa ta ainnis agus truagh
cobhair gu luath, mo Dhia!
M' Fhear-s: orui' 's tu, 's mo choghma treun;
maille na dean, a Thriath.

S A L M LXXI.

ANNADSA mhain, a Dhia na gloir,
chuir mi mo dhòigh gu teann;
Na leig fo naire mi gu bràth,
's na biodh do ghràs domh gann.

2 O saor mi, trìd do throcair chaoimh,
o gach aon lochd is beud;
Gleidh mji o bhuaire, 's crom anuas
chugam do chluas am fheum.

3 Bi thus' ad charraig dhìdein domh
do m' thearnadh o gach truaigh;
Shàbhail thu mi gu ruige so,
's tu m' earbsadh as so suas.

4 O inleachd dheimhan agus dhaoin'
m' anamsa saor, a Thriath:
Mo dhochas 's tu o m' òige nios;
's gu siorruith 's tu mo Dhia.

5 Do lamh 'si rinn mo dhealbh air tùs
's càram ghabh dhiom gu maoth;
Do fhreasdal iognadh ghleidh mi beo,
. gloir biodh do t ainm ro-naomh.

6 An uair thig anshocair is aois,
(mo shaogh'l ma shìnear leat)
An sin, mo Dhia, na tilg mi dhiot,
am dhiobrachan gun neart.

- 7 An sin na biom am aobhar truais
 do'n t seirc tha fuar gu tric:
 O lochd 's o bhuaire m' anan: gleidh,
 is dean mi naomha glic.
- 8 Annadsa bidh mo dhòigh gu bràth,
 arduicheam thu do shior,
 Le moladh is le cliu gun tàmh,
 eadhon gu là mo chrìch.
- 9 Do throcair chaomh 's do shlainte bhuan
 cuiream gach uair an ceil.
 Co thaisbeanas, a Dhia, do ghràs',
 thaobh àireamh agus meud!
- 10 Ach mise bidh gu h ait 's gun tamh
 toirt air do chairdeas sgeul;
 'S a' t fhireantachd a' deana' bun:
 's e m'uile dhòchas fein.
- 11 M' fhear-iuil bu tu o m' òige nios,
 's chuir mi do ghloir an céill;
 Asad bidh m' earbsadh ann am aois,
 O bi rium caomh, 's na tréig!
- 12 Mar sin do'n àl at' ann, 's a thig,
 bheir mise sgeul do shlàint';
 Co 's cosail no is coimeas duit
 an cumhachd is an gràs?
- 13 An gàbhadh is an cunthart geur
 bha thusa, Dhe, dhomh dlù;
 Is togaidh tu mi suas fadheoidh
 o m' chònuidh shios san ùir.
- 14 An sin bidh onoir agus glòir
 gam chòdach' air gach taobl;

Air peaca 's bròn gu bràth theid crioch,
 's bidh Dia gu sior rium caomh.

- 15 Cuiridh mi 'n sin an ceil do chliu
 le ceatfaidh ùr gu h ait;
 Is m' anam, riññ thu saor le d' ghràs,
 gu bràth bidh aoibhin leat.
- 16 An sin niom air do shláinte sgeul,
 tra theid gach cunthart seach,
 A' moladh t fhirinn is do ghràis
 le d' naoimh gu bràth ad theach.

S A L M LXXXII.

O THUSA! bha, 's ata, 's a bhios!
 Righ gach aon riogh'chd a t ann;
 Thoir riogh'chd na fireantachd do d' Mhac,
 's am bheil do thlachd gach àm.

2 Riaghluidh e gu ceart iua slòigh,
 is bheir e chòir do 'n bhochd:
 An t ard s an t iosal bheir dha geill,
 is eisdidh iad r'a reachd.

3 Do 'n dream tha ainnis agus truagh
 bheir esan fuasgla deas;
 'S an dream a rinn an sàruchadh
 a làmh san gearraidh as.

4 Mar sin bidh t eagal air gach sluagh
 feadh linnte buan gu bràth;
 Am feadh bhios gealach ann, is grian,
 bheir iad, a Dhia, dhuit gràdh.

5 Mar fhrasaibh air a' mhachair bhuant,
 mar dhrùchd anuas air feur,



- A għiràs gu saibhir thig anuas
air daoine truagh 'nam feum.
- 6 Fireana soirbhichidh na linn;
bidh fħirini cinnteach buan:
A rioghachd sgaoilidh thar gach tħi
gu iomall crīch a' chuain.
- 7 Na cinnich aineolach fad as
da reachidsan bheir làn-gheill;
Na bheil san fhàsaich fada uainn,
's an innsibh cuain an céin.
- 8 'Na lathair san, seadh striochdai sios
gach righ air thalamh ta;
Cinnich an domhain bidh gu leir
ro-aoibhinn trid a għrāis.
- 9 Eisdidh e 'm bochd a ghilaodhas ris,
is saoruidh e 'na fheum
An neach sin tha gun chuideachadh
o dhuin air bith fo 'n għréin.
- 10 Ri anmaibh umhal iriosal
bidh esan tairis caomh;
Làn-tearna' bheir e dhoibh o 'n bhàs,
's o 'n uile shàs bheir saor.
- 11 A riogh'chd bidh gloirmhor feadh gach linn;
ard-urram bheirear dhà;
Is cuirear urnaigh ris aṣuas:
bidh ainxm ga luadh gach là.
- 12 Fasaidh a riogh'chd gu h iongantach
an aghaidli barail dhaoin';
Mar shiol air mullach sleibh a dh' flàs,
gu dosrach ard gun sao' ir.

- 13 A riogh'chd bidh àghor, 's bidh a shluagh
ro-luaghaireach gu leir;
Theid iad am meud 's na h uile àit,
's bidh 'n àireamh mar am feur.
- 14 Ainmsan bidh beannuicte gu bràth,
ge d' fhàilnich grian nan speur;
Beannuichear leis na h uile shlòigh;
's beannaehd nan slògh gheibh é.
- 15 Beannuicht gu robh an Tighearn Dia,
an Triath thug dhuinne slàint!
'S e fein amhàin ni miorbhuite,
's gu siorruith mairidh ghràs.
- 16 Da ainm ro-naomha gu robh gloir,
o'n domhan mhor gu sior;
Lionadh a ghloir an cruinne cé;
Amen! gu b' amhluidh bhios!

S A L M LXXXIII.

- N**IS tha mi dearbhta gu bheil Dia
ro-ehaomh da mhuintir fein,
Aon uair ge d' chuir mi so an ag,
l'an amharuis is péin.
- 2 Oir gliabh mi farmad ris na daoí
bha soirbheacha' mu'n cuairt;
Tha 'm beatha (shaoileam) l'an do àgli,
gu'm bàs gun ghoith no truaigh.
- 3 Cha'n 'eil iad saothreacha' gu goirt
fo dhoeair mar tha càch;
Le ainneart tha iad eòdaichte,
's le sògh tha 'n colann l'an.

- 4 'Nan còra tha iad ceannairceach,
 a' labhairt 'n aghaidh nèimh;
 Is Dia no duine cha d' theid as
 o'm masladh is o'in beum.
- 5 F an aobhar sin tha pobul De
 ag radh 'nan eigin mhoir,
 " Nach toir an Ti is aird fanear,
 's naeh dean air thalamh coir?"
- 6 Tra tha iad so an soirbheas paitl
 's gun airceas air an stòr,
 Nach diomhain domhsa bhi co naomh,
 's gidheadh gam chlaoi' gu mòr?
- 7 Le smaointibh amaideach mar so
 bha m' anain air a chlaoi';
 Gidheadh, nan labhrainn iad amach,
 bhiodh doilghios air do naoimh.
- 8 Ach bha a' chùis 'na h imcheist orm,
 riabh gus an d' fhuair mi fiòs,
 Am facal 's ann an teampul De,
 mar theid 'na dheigh so 'n sgrios.
- 9 Air àite sleamhuin chuir thu 'n cas,
 's grad-thuitidh iad asios
 Gu slochd is uamhainne na 'n uaigh,
 'sam bi iad truagh gu sior.
- 10 Mar aisling, nuair a dhùisgeas neach,
 an àgh theid seach gu bràth;
 Oir thusa, Dhia, tra dhuisgeas t fhearg,
 sgriosaidh gu garg do nàimh.
- 11 Cia baoth mata mo bharailsa,
 tra ghabh mi farmad riu?

- Cha b' fhearr mo thugse is mo chiall,
an lathaир Dхia, na brùid.
- 12 O so amach bidh mi gu bràth
earbsach ad' ghràs, a Dhe;
Qir 's tua chum mi suas do ghnà
le d' ghairdein neartmhòr treun.
- 13 Stiuraidh tu mi le d' chomhairle,
ré fad mo bheatha bhos;
'S na dhéigh sin bheir thu dhomh, an gloir,
cònuidh gu bràth is fois.
- 14 Co agam anns na neamha shuas,
a Dхia nan sluagh, ach thu?
Is ni bheil neach air thalamh bhos,
ach thusa 'm bheil mo dhùil.
- 15 Mo chrìdh ge d' fhàilnich agus m' fheoil,
gheibh m anam treoir uait fein;
Is tu mo neart, 's mo chuibhrionn buan,
a bhos is shuas, gach ré.
- 16 Ach leirsgrios thig air dacine daoí,
a choidh' bidh iadsan truagh:
Oir sgriosaidh Dia na h uile neach
a theid air seachran uaith.
- 17 Ach dhomhsa 's maith teachd dlù do Dхia,
's e Dia mo thearmun treun;
'S a nis agus a rìs gu bràth,
cuiridh mi ghràs an ceil.

O DХIA! am feirg na fògair uait
an sluagh a bhuineas duit;

Na lasadh ruinn do chorruich gheur,
is sinn ag eigheach riut.

- 2 O cuimhnich air a chothional
a cheannuich thu co daor;
'S do'n t sluagh san robh do thlachd o chian,
a nis, a Dhia, bi caómh.
- 3 O faic ar leir-chreach agus thig
d' ar fiosracha' gu luath;
Oir tha do theach is t aora naomh
do d' naimhdibh 'nan cuis-fhuath.
- 4 Mhill iad t oighreachd, 's thog iad suas,
mar chòmhar buaidh, an gàir;
Mheas iad am fear sin urramach
is mò rinn oirn do thàir.
- 5 Le 'n inneil mhillteach bhual iad sios
gach ni d' an d' thug sinn gràdh,
'S na h ionaid naoniha leag iad sios
co iosal ris an lär.
- 6 'Nan cridhe aingidh thubhairt iad,
“ Nis sgriosamaid o 'n tìr
Aoradh is iomra' Dhia, 's iad sin
e theagaits e gu fior.”
- 7 Againne nis cha 'n eil, a Dhia,
an ni bu mhiannach leinn;
No fios, ad' throcair, cuin a bheir
thn freagra dhnninn 'nar teinn.
- 8 Cia fhad a ni mar so ar nàimh
tàir oirne, is ort fein?
O sìn do lanh d' ar cuideachadh,
is furtach oirn 'nar scum.

- 9 Oir 's tusa, Ìhia, ar Righ gu dearbh,
 o 'n aimsir fad o chéin;
 Is nochd thu tric do shláinte dhuiinn,
 an là'ir nan sluagh gu leir.
- 10 Oir ortsa cha'n éil aon ni cruaidh;
 an Fhairge Ruadh 's tu sgaoil;
 Is sgap thu righre cumhachdach,
 mar dhuslach leis a' ghaoith.
- 11 Sgoilt thu charraig, 's bhrùchd amach
 sruth pailt arson do shluagh;
 Is uisge Iordan thiomraich thu,
 's d' an oighreachd chaidh iad suas.
- 12 Is tusa tha riaghladh nan trà;
 is leat an là 's an òi'ch:
 'S tu dhealbh a ghrian 's na reultan iuil,
 's tha cumail riu an soills'.
- 13 Criocha na talmhainn shocruich thu,
 gu daingean air gach làimh;
 An samhra teith 's an geamhra fuar
 bheir geill gach uair do t àithn'.
- 14 Geilleadh do naimhde mar an ceudn',
 is eisdeadh iad ri d' reachd,
 'S na biodh do shluagh gan sàruchadh;
 do nàmh-na toir iad seach.
- 15 Cuimhnich do chumhnant, 's greas an là
 'san dealruich solus iuil
 Air cearnaibh dorcha iomallach
 ag nach 'eil fios có Thu.
- 16 Riusan a tha gan sàrucha'
 cum thusa bàigh gu luath;

Mar sin bheir bochd is ainniseach
le tlachd air t ainmsa luadh.

- 17 Eirich, a Dhia, is cuidich leinn,
oir cùis do shluaign's leat fein;
Na leig le nàmh ar masluchadh
is againn Dia co treun.

S A L M LXXXV.

- D HUITSA, ar Dia, bheir sinne cliu,
oir tha thu dlù do ghnà,
Mar chi sinn soilleir o gach ni
a chuir thu 'n gniomh le d' kimh.
- 2 Oir steidh na rioghachd shuidhich thu
air cothrom is air còir;
'S a pruip a bha aon uair air chrith,
dhaighnich thu nis gu mòr.

- 3 Ri sluagh bha aon uair amaideach
thuirt thusa "Bithibh glic."
'S ri sluagh bha borb is ain-iochdnihor
thubhairt thu "Deanaibh iochd."
- 4 Is fios duinn nach i gaoth nan speur
tha séideadh chugainn aigh,
Ach Ard-righ 'n t saoghal mhoir gu leir
tha feuchainn duinn a ghrais.
- 5 'S e thogas, no a thilgeas sios,
gach riogh'clid mar chi e ceart;
Solas no uabhas gheibh iad uaith,
mar bheir e chuach mu seach.
- 6 O Dhia, biodh againne, gu brath,
aoibhar do ghras a luadh;

Deonuich dhuinn uachdrain ghlic is naomh,
is cum droch dhaoine uainii.

S A L M LXXXVI.

ANN Iudah bha a thámh aig Dia,
ann Sion bha a theach;

An aghaidh naimhde shluagh, as sin
a chorruich chaidh amach.

2 Bhrist e gach inneal bàis 'nam measg,
is chaisg e 'n coga' cruaidh;

Seadh, mhill e luchd na creich gu leir,
thaobh meud a speis d'a shluagh.

3 Fhacal chuir Dia d'an cronuchadh,
's na gaisgeich cliaill aï clí;

Chaidil iad fein 's am feachd gu leir,
's cha d' eirich iad arís.

4 'S cùis eaguil thus', thu fein amhain,
O Thighearna nam feart!

Cia baoth an tì a chathuicheas
ri Dia ta treun an neart?

5 Tra dh' cireas tu gu breitheanas,
a theasairgin do shluagh,

Criothnaichidh 'n talamh, 's cha'n 'eil feachd
a t aghaidh sheasas suas.

6 Seadh corruiich dhaoine tiondaidh tu
a chum do ghloire fein;

'S fuigheall an corruiich caisgidh tu
le t achasan ro-gleur.

7 O sibhs' thiù deana' bun a Dia,
diolaibh ur mòid da chionn;

Thugaibh dha tabhartas is cliu;
 's e fein 's cùis-eagail ann.

- 2 'S esan, le ghuth, a ghearras sios
 spiorad nan righre treun;
 Is do gach righ air thalamh tà
 gu bràth 's cùis-eagail e.

S A L M LXXVII.

DH' eigh mi ri Dia, mo Dhia ta shuas,
 o 'n tric a fhuair mi fòir;
 Scadh dh' eigh mi ris am anshocair
 is. m' anam air a leon.

- 2 Mo dheoir gun tàmh ruith anns an òi'ch,
 's ge d' chuimhnich mi air Dia,
 Lean trioblaid rium, 's bha m' anam làn
 do ghoith, do chràdh, 's do phian.

- 3 Mo chadal threig mi agus m' fhois,
 is b' osnaigh m' uile chainnt;
 Chuimhnich mi 'n sin na lài' o chéin,
 is maitheas De dhomh annt'.

- 4 Chuimhnich mi m' òrain anns an òi'ch,
 's gach aoibhneas a bha 'm chrìdh;
 Is dh' iarr mo spiorad gu ro-gheur,
 bhi riutsa, Dhe, an sìth.

- 5 An tilg an Tighearn uaithi gu bràth?
 nach pill a ghràs ni's mo?
 An d' shalbh a throcair uam a choidh'?
 's nach cuimhnich e mo leon?

- 6 An di-chuimhnich an Tighearna
 bhi grasmhor mar bu nòs?

Na fheirg an druid e suas gu bràth
a ghràdh 's a chaoimhneas mòr?

7 O m' eagal shruth na smaointe so,
ach chuimhnich mi a rìs
Do throcair dhomh sain aimsir chéin,
's mo mhiann ort fein gu sior.

8 Seadh chuimhnich mi do mhiorbhulean,
is ni mi orra sgeul;
Is air do ghniomha trocaireach
mo chòra bidh le speis.

9 Do shlighe, Dhia, tha naomh is ceart,
mar theagaisg t fhacal duinn;
Thaobh meud do chumhachd agus t iochd,
cha'n 'eil do choimeas ann.

10 Tha t oibre, Dhe, ro-iongantach,
is tha do lamh ro-threun;
Am measg nam fineach, t oibre mor
chuir thu le gloir an ceil.

11 Shaor thu le d' ghairdean cumhachdach
do phobul ionmhuin fein;
Do ghineil Iacoib dh' fhoilsich thu
do chaoimhneas mor 'nam feum.

12 Chuala na tuilte mor do ghuth,
is chunnaic iad thu, Dhe;
Theich iad, as t fhianuis, agus fhuair
do shluagh an rathad réidh.

13 An doinionn dhoirt na neoil anuas,
le clacha meallain cruaidh;
'S na speura las le dealanaich
a sgathadhù nàmh do shluagh.

- 14 Chaidh guth do thairneanaich amach
is chlisg an talamh trom;
Bha uamhainn's geilt roi' d' chorruich ghéir
air neamh is cuan is fonn.
- 15 Do shlighe tha mar dhoimhne mhoir;
co, Dhia, d'an léir do cheum?
Ach stiuraidh tu do shluagh gu 'n leas,
air sheol nach fios doibh fein.
- 16 Mar so, trid fàsaich's Fairge ruaidh,
stiur thu do shluagh mar threud;
Gan treorucha gu ionad taimh
tre ionadh gàbha geur.

S A L M LXXVIII.

- T**HIGIBH is thugaibh aire gheur
do 'n sgeul a bheir mi dhaibh;
An sgeul a thug ar sinnsir dhuinn,
sin innsidh sinn d'ar cloinn.
- 2 Seadh innsidh siun do 'n àl a thig
na nithe rinn ar Dia,
A chum gu cuirear leo an ceil
cliu Dhe air feadh gach ial.
- 3 Thug esan fhacal is a reachd
o shean da phobul fcin;
Is dh' àithn c' n t colas so thoirt seach
do 'n àl ri teachid na'n deigh.
- 4 Mar so gheibh àl an diaigh àil,
colas a shlàinte chaoimh;
Foghlumaidh chlann a tha gun bhreth
slighe na beatha naoimh.

- 5 Foghlumaidh iad fior-eagal Dia;
 is ciata mhaith d'a reachd,
 Is bidh a mhiorbhuilean 's a ghràs
 aca gu bràth 'nam beachd.
- 6 A chum, mar bha an aithrichean,
 eas-umhal nach bi iad;
 'S o Dhia, le cridhe ceannairceach,
 air seacharan nach d' theid.
- 7 Cothrom thug Dia d'an aithrichibh
 gu cathachadh ri h olc,
 Ach dh' aointuich iad le buaireannaibh,
 is chaidh iad uaith gu lochd.
- 8 Bhrist iad a chumhnant agus dhiult
 an t umhlachd dha bu dual;
 A chumhachd dhearmaid iad 's a ghràs,
 's a chairdeas chuir iad uath'.
- 9 Seadh dhearmaid iad a mhiorbhuilean
 a chuir e 'n gniomh san Eipht;
 O 'n naimhdibh mar a shaor e iad,
 's mar sgaoil c Mhuir o cheil'.
- 10 Stiur e le neul iad anns an là,
 's le solus anns an òi'ch;
 Sgoilt e chreag, 's an iota chaisg,
 - tra rinn an tart an claoi'.
- 11 Ach pheacaich iad 'na aghaidh rìs,
 ag iarruidh bìdh d'am miann;
 Chuir iad a chumhachd mor an ag,
 is mhasluich iad an Dia.
- 12 " Ge d' bhual e chreag, 's ge d' thug e aisd'
 sruth uisge pailt gu leor,

- 12 Cia mar a bheir e aran duinn?
is cia mar bheir e feoil?"
- 13 Seadh earbsa cha robh ac' a Dia
ge d' dh' iarr e air na neoil
Mana chur chuca nuas gu paitl;
biadh aingeal arson lòin.
- 14 Is amhluidh thug e air a ghaoith
séideadh o'n ear 's o dheas;
Is eunlaith, lionmhor mar an dus,
sin thuit 'sa champ 'nam measg.
- 15 Fhuair, is dh' ith iad dhiu an sàth;
(ach làn cha robh am miann;)
'S iadsan bu déine anns an olc
ghrad-thuit fo chorruich Dhia.
- 16 Ach pheacaich iad ni's mò 's ni's mò,
's cha d' earb a trocail Dhia:
Fan aobhar sin chaith iad an lài'
fo amhgar is fo phian.
- 17 Mar sin tra bha iad air an claoi,'
dh' iarr, 's phill iad ionsuidh Dhe;
Gu b' e 'm Fear-saorui' chuimhnich iad,
's an aon Dia maith is treun.
- 18 Gidheadh cha robh an cridhe ceart,
reir aidmheil mhaith am bèil:
Treibh-dhireach daingean cha do mhair,
's n'an gealla rinn iad breug.
- 19 Ach mhaith e dhoibh gu trocaireach
a chuid bu mhò d' an lochd;
A chorruich uile cha do dhùisg
thoirt luigheachd dhoibh n'an olc.

- 20 Oir chuimhnich e gu robh am feoil
 mar dheo na gaoith theid seach;
 Gu robh an làithe diombuan faoin,
 'S nach b' fhada saoghal neach.
- 21 Cia tric a bhuaír iad e le 'n lochd,
 'S a rinn iad olc na la'ir,
 A' diulta geill a thoirt dá reachd,
 'S a' cur an ág a ghráis?
- 22 A chumhachd cha do chuimhnich iad,
 le 'n d' rinn e 'n tabhairt saor
 O laimh an naimhde fuileachdach,
 o 'n d' fhuiling iad gu daor:
- 23 Gu fuil mar thiondaidh e gach sruth,
 le cuileagaibh e mar chlaoi',
 'S le losgainn ghraineil mar an ceudn'
 mor-shluagh na h Eipht' 's an righ.
- 24 Mar chreich do 'n locust is do 'n chnuimh
 thug fàs am fuinn r'a bhuaín;
 'S an craobha meas, 's an uile spréidh,
 le doininn éiti' bhuail.
- 25 Loisg e le chorruich iad is chlaoidh,
 's droch aingle chuir 'nam measg,
 An anma thug e suas do 'n bhàs,
 le plàigh nach d' riñn e chasg'.
- 26 Gach ceud-ghin sgrics e anns an Eipht,
 is thearuinn e a shluagh,
 Gan stiura' trid na fàsaiche,
 mar threud 'gan àrach suas.
- 27 An fhairg a bhàth na h Eiphitich
 bu rathad reidh dá shluagh,

Gu dolasuas d'an ionad fois,
a choisiún e le buaidh.

28 Cinnich Chanaain dh' fhuadaich e
thaobh uamharachd am beus,
'S am fearann thug mar chònuidh bhuan
do 'n t sluagh a thagh e fein.

29 Na dheigh sin uile dhiult iad geill
do reachd an De ro-chaomh,
'S air seachran, mar an aithricie,
o aitheantaibhsan chlaon.

30 Bhrosnuicheadh leo gu corrúich e,
le iomhaigh 's dealbha bréig;
Air chor 's gu d' ghabh e gràin da shluagh,
's a theampul uasal thréig.

31 A shluagh thug e gu bruid, 's a theach
gu chreachadh leis an nàmh;
Le teine 's claidhe' sgriosadh leis
an tìr san robh a thàmh.

32 An oigridh ghearradh as gu leir,
na sagairt fein cha bheo;
'S cha d' fhag iad bantrach air an deigh
a dheanamh tuire' 's bròin.

33 Ach dh' eirich Dia an sin asuas,
mar neach a suain a dhùisg;
'S an aghaidh naimhde miorunach
a chlaidhe milteach rùisg.

34 Ri Israel ge d chuir e cùl,
do Iudah ghabh e speis,
Is roghnuich e mar chònui' bhuan
a theampul uasal fein.

35 Daibhidh chuir easuas mar righ,
ge b' iosal roimh' a staid;
Is esan rinn 'na uachdaran
oscionn a shluaign air fad.

36 Air ionracas is cothrom ceart
leag esan steidh a riogh'chd;
Is riaghail e gu caomh 's gu glic
iad sin a bha dha striochdt'.

S A L M LXXXIX.

DO chinnich aingidh, Dhia, na leigt
Eaglais a thilge' sios;
Na leig dhoibh do luchd-acrai' fein
a chur fo phein no cìs.

2 Na leig le daoine daoí am fuli
a dhòrtadh air an lèr;
Gleidh sinn o mhasladh air gach taobh,
's na deanadh aon oirn tàir.

3 A Dhia na leig do d' chorruich ghéir
'nar n aghaidh eiridh suas;
Na leig do t fheirg gu tuit i oirn,
mar thuiteas air luchd t fhuath.

4 Ri gineil Iacob mar a bhuin,
na buineadh ruinne nàmh:
Ar n ionaid naomh na tilgear sios,
s' ar tir na bitheadh fàs.

5 Na cuimhnich dhuinn na peacanna
a chuir sinn cheana 'n gniomh;
Ach taisbein duinn do throcair chaomhlí,
is sinn air aomla' sios.

- 6 O cuidich leinn air sgà do ghrais,
 oir's tu ar slan'ear treun;
 O'r peacai iomuil, 's deonuich slaint,
 air sgà tainm naomha fein.
- 7 O com an abair ruinn ar nàmh
 “ Ca nis am bheil ur Dia?”
 O nochd gu bheil thu leinn, mar bhà
 leosan thug gradh dhuit riabh.
- 8 O eisd ri osnaigh phriosanaich,
 thoir dion, a Dhia nam feart,
 Dhoibh sin tha 'n gàbha 's cunthart bàis,
 is sàbhail iad le d' neart.
- 9 Thabhair d' ar naimhdibh aithreachas,
 a chum 's gu maith thu 'n lochd,
 Mu 'n tuit an aingeachd orra fein,
 's mu 'n léir i 'n anma bochd.
- 10 Ruinne do threud, a Dhia, bi caomh,
 's do d' naomh-ainm bidh an cliu:
 Feadh linn nan linn as soasuas
 molar gu buan leinn thu.

- O Thus' is buachaille do d' shluagh,
 's tha shuas air neamh ad thàmh!
 Dealra do ghnuis anis tog oirn,
 is deonuich dhuinn do shlàint'.
- 2 Pill sinn arìs, a Dhia nan gràs,
 is dealradh oirn do ghnùis;
 Mar sin bidh sinne sàbhailte,
 's bheir sinn gu bràth dhuit cliu.

- 3 Cia fhad, a Dhia, bhios corruiich ort,
 a' folach' uainn do ghnuis?
 Cia fhad a dhearmaidear sinn leat,
 a' cur r' ar gearan cùl?
- 4 Thug thu dhuinn bròn mar bhiadh 's mar
 ar cor tha docair cruaidh: [dheoch,
 Dlùthaich, a Dhia, ruinn agus saor,
 is sinn 'nar n aobhar truais.
- 5 Pill sinn a rìs, a Dhia nan gràs,
 is dealradh oirn do ghnùis:
 Mar sin bidh sinne sàbhailte,
 's bheir sinn gu bràth dhuit cliu.
- 6 Do shoisgeul shuidhich thu mur chraoibh
 measg dhaoine aingidh truagh:
 A chraobh so ghabh gu domhain freumh,
 's a geuga sgaoil mu 'n cuairt.
- 7 Sgaoil i amach o chuan gu cuan:
 bha iomad sluagh f'a sgàil;
 Thug so dhoibh furtachd, 's thug a meas
 do iomad cinnach slàint.
- 8 Ach, feuch! tha chraobh so nis ri bron,
 na slòigh rinn orra tàir;
 Luchd-siubhail bhrist a callaid sios,
 tha ì 'na creich aig nàimh.
- 9 Na h ainmhidh allt' a thig o'n choill,
 lc foill a geuga bhris,
 Air chor 's nach 'eil i mar a b' à'ist
 a' tabhairt slàint is meas.
- 10 O Dhia nan sluagh! seall fein is faic
 an staid am bheil do chraobh :

Seall, guidhimid, anuas le h iochd,
is fiosruich i gu caomh.

- 11 A chraobh so, shuidhich thu 'n ar measg,
's a rinn le meas sinn ait,
Feuch! tha a geugan loisgte sios,
is air an claoi' gach achd.
- 12 O gabh dhi truas, air sgà an Fhir
tha aig do dheaslainmh fein,
Air sgà do Mhic, a dh' orduich thu
a chur do ghloir an céill.
- 13 Ath-bheothaich sinn, a Dhia, le d' ghràs,
is bi do ghnà dhuinn dlù;
Mar sin cha chlaon sinn tuille uait,
's bheir sinn gach uair dhuit cliu.
- 14 Pill sinn a rìs, a Dhia nan gràs,
is dealradh oirn do ghnùis;
Mar sin bidh sinne sàbhailte,
's bheir sinn gu bràth dhuit cliu.

S A L M LXXXI.

- S**EINNIBH gu h ard do Dhia nam feart;
seinnibh gu h ait do 'n Triath:
Thigibh 'na la'ir le gairdeachas
san là a dh' orduich Dia.
- 2 Oir dh' orduich Dia da' shluagh o shean,
mar reachd tha daingean buan,
A shàbaidean a thoirt fanear,
's an gleidhie' naomh gach uair.
- 3 'S mis', arsa Dia, a thug sibh saor
o'n daorsa rinn ur cràdlı;

- 'S a dheonuich cothrom dhuibh is fois
a choimhead naomh mo là.
- 4 Eisd, o mo shluagh, rim' ghuth an tràs,
ma's àill leat a bhi beo:
Do ni, no neach, na striochd do chìdh,
ach dhomhsa, Righ na gloir.
- 5 Oir shaor mi thu o thraighealachd
a' pheacai' is a' bhàis;
'S na 's urra t anam iarruidh orm
gach cian bheir mise dhà.
- 6 Gidheadh mur toir sibh geill do m' reachd
's mur gabh sibh beatha uam;
Bheir mi sibh suas gu'r miannaibh olc,
is bidh ur cor gu truagli.
- 7 O 's truagh nach eisdeadh rium mo shluagh!
's chuirinn gu luath fo chois
Am mianna olc, tha bagairt bàis,
's gu bràth bhiodh aca fois.
- 8 An anam bheathaichinn le lòn
a chumas beo gu sior;
'S an cuibhrionn gheibheadh iad sadheoidh
do ghloir gun cheann gun chrioch.

S A L M LXXXII.

- A**N cùirt nam breitheachan tha Dia
'na Bhreitheamh os an cionn;
'S an cum iad bàigh ri daoine mòr,
's nach toir iad còir do 'n fhann?
- 2 Seasuibh a chùis do 'n dilleachdan;
is thugaibh dion do 'n bheachd;

Saoruibh iad so o shàrucha
na dream tha làidir olc.

- 3 Do 'n bhreitheamh nach gabh suim dheth so,
bidh 'n rathad sleambain dorch';
Is bunaite cha bhi san tìr
'sam bi an eucoir soirbh.
- 4 Is dé air thalamh breitheachan,
gidheadh is dual doibh bàs;
'S an deigh a' bhàis, am breitheanas
a bheir am Breitheamh ard.
- 5 Air thalamh, Dhia, bi fein ad' Righ,
is t fhirinn thugadh buaidh;
Sgaoileadh do rioghachd feadh gach àit,
's gu bràth biodh i sìor-bhuan.

S A L M LXXXIII.

A DHIA nan gràs! bi thusa dlù
tra dhùraichdeas an naimh
Do shluagh a sgrios le'n inleachdaibh,
's an tilge' sios gu lär.

- 2 "Sgriosamaid (deir iad) pobul De,
iad fein 's an ainm gu brath."
- Do 'n iomlan diu' 's e so is rùn
's an dùrachd anns gach àit.

- 3 Ach thusa, Dhe, tha air ar crann,
's do chlann cha diobair thu;
An dream thug dhuinne 's dhuitsa fuath
cha bhuadhaich, 's thusa dlù.
- 4 Gach namhaid riabh bha aig do shluagh
chuir thu gu luath fo chois;

S A L M LXXXIV.

Is mar a rinn thu, 's amhlui' ni,
 's gheibh sinne sìth is fois.

5 An sin bidh aig an domhan fios
 gur tusa 'mhàin is Righ,
 Tra bheir thu diola' do gach neach,
 a reir mar bha a ghnìomh.

6 Pilleadh na h aingidh air an aís,
 is iarradh iad do ghnùis!
 Mun d'theid an sgrios gu siorruith as
 gun teachd am feasd duit dlù.

S A L M LXXXIV.

CIA taitneach dhomhsa, Dhia nan gras,
 an t àit am bheil do shluagh
 Toirt molai' 's aorai' dhuit le cheil',
 làn aoibhneis mar is dual!

2 Tha m' anaín ploschartaich gu dian,
 an geall, a Dhia, ort fein;
 'S mo chridhe 's m' fheoil ag iarrui' teachd
 do d' theach d' am bheil mo spéis.

3 Feuch, mar ni euna beag nan speur
 an nid fein far an àill:
 'S do d' chloinn nach tabhair thus' am miann,
 O Dhia, d'an d' thug sinn gradh?

4 Ar miann tha, Dhia, air t ionad naomh;
 is ait le d' naoimh bhi ann:
 Is sona 'n dream thig dhuitsa dlù,
 thoirt cliu is geill gach ám!

; Ge d' theid iàd so ro' ghleann nan deur,
 thig aoibhneas doibh o d' ghnùis;

- Fràsaidh tu furtachd orra nuas,
 's ni thu gach uair an t iul.
- 6 Imichidh iad mar siu, gun sgios,
 gu d' rioghachd, uigh air uigh;
 Is ruigidh iad do là'ir fadhicoidh,
 làn sòlais ann ád thigh.
- 7 O eiśd ar n urnaigh, Dhia nan gras!
 gu cairdeil buin ri d' chlainir:
 Ar Dia 's ar sgia, 's tu fein amhàin,
 gu bràth bi thusa leinn.
- 8 Is fearr aon là do t' aora fein
 na mìle 'n aoibhneas baoth;
 B' fhearr leam an t àit is ìsle d' theach
 na àgh is neart an t sao'il.
- 9 An domhan uile ge bu leam,
 le chuan 's le fhonn gu léir;
 An t iomlan bheirinn seach gu luath,
 air ghaol bhi shuas leat fein.
- 10 Is grian 's is sgia Iehobhal Dia,
 is e bheir gràs is gloir;
 'S ni maith air bith cha chum o aon
 a bhitheas naomha còir.
- 11 O Dhia nan sluagh, cia sona 'n ti
 tha sior-thoirt duitsa gcill;
 'S a' deanamh earbsa bhunaiteach
 ad chuideachà ro-threun!

DOd' shluagh, chaillh uait air seacharan
 o shean, nochd̄ thusa gràs;

- Bruid Iacoib thug thu air a h ais,
a Dhia, le feart do làimh.
- 2 Mhaith thu an easantas 's an lochd;
uaith dh' fholaich thu do shùil;
Do chorruich chuir thu uile dhiot,
's thug thu dhoibh sìth'as ùr.
- 3 Mar sin a Dhia pill ruinne nis,
is taisbein duinn do ghràs;
Leig corruiich dhiot, is deonuich sìth,
's gu biodh mid ait ad shlaint.
- 4 Eisdidh mi fein ri guth mo Dhia,
tha bhriathra làn do shìth.
Ach, O na pillcadh neach air ais
gu amайдeachd aris!
- 5 Dhoibhsan d'an eagal Dia gu fior
làn-chinnteach bidh a shlàint';
Stiuraidh a ghràs iad suas gu gloir
an ionad cònuí' 'n àigh.
- 6 Feuch! ceartas naomh is trocair Dhe
chòlaich a cheile nis;
Oir thainig fireantachd o ncamh
a réitich sinne ris.
- 7 A nis bheir Dia dhuinn gach ni maith,
's ni's pailte bidh a ghràs;
Stiuraidh e sinn 'na cheumaibh fein,
gu aoibhneas buan 'na là'ir.

E ISD rium, a Dhia, gu trocaireach,
is mi an dòrainn mhòir:

- Eisd riunn; a chionn gu buin mi dhuit;
grad-ghuidich leam is fòir.
- 2 M' urnaigh 's mo shuil tha riut gach là;
dean gràs orm, o mo Dhia!
Denn m' anam aoibhinn; oir ort fein
tha m' uile speis is mhiann.
- 3 Tha thusa grasmhor tròcaireach;
's tu dheonuicheas gu saor
Maitheanas agus iochd̄ dhoibh sin
tha 'g iarruidh t aghaidh chaoin.
- 4 Eisd m' urnaigh, Dhia, is thoir fanear
guth gearanach mo chaoi';
An là mo thrioblaid eigheam riut,
oir freagraidh tusa mi.
- 5 Co e am measg nan cumhachdach
is cosail riut, a Dhe?
No ciod na h oibre 's cosail ris
na h oibre rinne do mheur?
- 6 Thig gach aon fhine' rinneadh leat,
is sleuchdaidh iad ad' là'ir;
Is bheir iad, mar is cubhai' dhoibh,
do t ainmsa moladh aid.
- 7 Oir tha thu ard thar smaointe, Dhe;
tha t oibre 'g eigheach cliu;
'S a' teagasc feadh gach àit is cian
nach 'eil aum Dia ach thu.
- 8 O seol do shlighe dhomhsa, Dhe!
mo cheuman innte stiur;
Chum eagal t ainmsa gu biodh orm,
mo chridhe thoir dhuit dlù.

- 9 Le m' uile chridhe bheir mi dhuit
 ard-mhola binn, a Dhia;
 Do t ainm ro-uasal bheir mi fòs
 ard-ghloir air feadh gach ial.
- 10 Oir nochd thu dhomh do throcair chaomh,
 o ifrinn shaor thu mi;
 Is tu a thearuinn m' anam bochd
 o dhol do'n t slochd asios.
- 11 Is lionmhor nàmh aig m' anam truagh;
 buaireanna mach 's asteach;
 Ach bheir do ghras mi uatha saor,
 is bidh mi aobhach leat.
- 12 Tha thusa lan do thruacantachd,
 chum trocair luath do ghnà;
 Ach mall gu feirg, is saibhir pait
 an acarthachd 's an gràs.
- 13 Dealra do ghnuis tog orm gu caomh,
 saor mi, 's mi t òglach fein:
 Dean thusa fòir is furtachd orm,
 a Dhe, 'nain uile fheum.

S A L M LXXXVII.

- A**N Sion shuidhich Dia o shean
 a theampul naomha fein,
 'S do'n àite sin, thar gach aon àit,
 thug esan gradh is spéis.
- 2 Bha tilrocair anfis na tcaghlaichibh
 'san d' fhuair e aora' 's geill;
 Ach bha a lath'reachd shònruichte
 'na theampul gloirmhor fein.

- 3 Mu d' thiomchiolsa, a Shioin naoimh!
 chuala sinn ioghna mor;
 Ach tcampul tha ni's ioghna nis
 aig Tighearna na gloir.
- 4 Anis tha Eaglais naomhasan
 ri fhaotainn anns gach àit;
 'S cead aig gach fine' tha fo 'n ghrein,
 gu haoibhinn teachd na là'ir.
- 5 Thig Iudhaich 's cinnich cile leo
 thoirt gloir do Dhia le cheil';
 'S feadh uile chrioche 'n domhain mhòir,
 bidh slòigh aig Dia dha fein.
- 6 An leabhar beatha sgriobhar sios
 mic Shioin o gach àit.
 Na naoimh fan aobhar sin bheir cliu;
 is mise leo gu bràth.

S A L M LXXXVIII.

- O** DHIA, mo Shlan'ear, eigheam riut,
 gach là is òi'ch gun tàmh;
 O deonuich gu bi m' achuine
 nis taitneach ann ad là'ir.
- 2 Do anshocair tha m' anam làn,
 's do 'n bhàs mo bheatha dlù;
 Is beag nach 'eil mi mar iad sin
 chaidh chcana sios do 'n ùir.
- 3 An dearmaid thusa mi, mo Dhia,
 is mi an iarguin mhòir;
 Trioblaid mar thuil gam chuartacha,
 gun fhuasgla bhi 'gam chòir?

- 4 O m' chairdibh cha 'n 'eil furtachd dhomh,
 's mo shùil a' silc' dheur;
 Ach ruitsa togam suas mo ghuth:
 thoir furtachd dhomh am fheum.
- 5 Do mhiorbhuiilcan an cuir mi 'n ceil,
 ma theid mi sios do 'n uaigh?
 Is air do dhilseachd ainn an sin
 an tabhair misc luadh?
- 6 An tìr an dorchadais co chì
 do mhiorabhuilean, a Dhe?
 'S an tìr na diochuimhn co a ni
 air t fhircantachdsa sgeul?
- 7 Anis tha m' urnaigh riutsa, Dhia,
 gu dian a' dolasuas;
 Na ceil do ghnùis, na ceil do glàras,
 is mi gam chràdh co truagh.
- 8 Trioblaid om' òige dh' fhuiling mi;
 rinn t uabhasan mo chràdh;
 Chuartaich iad m' anam truagh mar thuil,
 gun fhurtachd air aon làimh.
- 9 Caraíd ro caomh ach thusa, Dhc,
 air m' cigin cha deàn foir;
 'S fear-dàimh no eolais mi ino dhion
 cha 'n 'eil an tìr nam beo.
- 10 O Dhia, mo Shlan' ear, cigheam rìut,
 gach là is òich gun tàmh;
 O deonuìch gu bi m' achnuine
 nis taitneach ann ad là'ir.

- A**IR trocair agus firinn De
ni mise sgeul do ghnà;
Tha throcair 's fhirinn daingean buan,
mar neamh, nach gluais gu bràth.
- 2** Thuirt Dia, is mhionnuich e da reir,
“ Feuch rinn mi Cumhnant gràis
Riutsa, an Aon a thaghadh leam,
an Aon d' an d' thug mi gràdh.
- 3** A bheatha mhaireannach do d' shiol
gu toir mi, trìd mo ghràis,
'S gu suidh thu 'm feasd air cathair-rìgh,
a thoirt doibh sìth is slàint.”
- 4** Arson na trocair mhoir so, Dhe,
bheir talamh 's neamh dhuit cliu:
Le t ainglibh shuas, 's led' naoimh a bhos,
gu siorruith molar thu.
- 5** Oir co 's na neamha' choimeasar
ri Tighearna na glóir;
'S am measg nan cumhachdach a bhos
co choimeas ris is còir?
- 6** An cothional nan uile naomh
is aobhar eagail Dia;
Ard-urram o gach neach mu 'n cuairt
is dual gu faigh an Triath.
- 7** Co 's cosail riutsa ann an neart,
a Thighearna nan sluagh!
Is co, am firinn, cosail riut
o linn gu linn gu buan!
- 8** Onfha na fairge caisgidh tu,
's a tonna ni thu ciuin;

- Is claoidhidh tú do naimhde treun
mur geill iad duit gu h umh'l.
- 9 Is leatsa, Dhe, na flaitheannis,
's an talamh tha fár bonn;
Chruthaich thu 'n domhan, is a shluagh,
dhaighnich thu 'n cuan 's am fonn.
- 10 O cheann gu ceann, tha 'n cruinne-cé
ri d' ghairdean treun an taic;
'S fo d' riaghla caomh is cumhachdach,
na h uile ni tha ceart.
- 11 Ceartas is cothrom tha mar stéidh,
a Dhe, do d' chathair-righ;
Is tha do throcair 's t fhacal naomh
gu caomh a' tairgse sìth.
- 12 O! 's beannuichte gach uile shluagh
a chluinneas fuaim co ait,
A dh' eisdeas soisgeul naomha Dhe,
's a bheir dha geill le tlachd!
- 13 An sìth 's an sòlas gluaisidh iad
gach uair aui sealla Dhe,
'S an riogh'chd na fireantachd gu h ard
bidh iad gu bràth leis fein.
- 14 Oir uaitsa gheibh iad gràs is gloir,
do choghna bidh dhoibh dlù.
Ar dion 's ar slàinte, nis 's aris,
a Righ nam feart, is tù.
- 15 Mar so thuirt Dia le fhàidhe naomh,
"Dh' earb mise coghna dhaoin'
Ri Neach tha cumhachdach gu fòir,
's cha bhi an dochas faoin.

- 16 O ghineil Dhaibhidh thagh mi e,
 a dheana' mo thoil chaomh;
 Is dh' orduich mi e bhi 'na Righ
 gu sior air m Eaglais naomh.
- 17 Mo chumhachdsa bidh leis do ghnà,
 's an nàmh cha 'n fhaigh air buaidh;
 A naimhde claoidhidh e gu leir
 mur geill iad dà gu luath.
- 18 Mo throcair 's m' fhireantachd bidh leis,
 a neart bidh anbhar mor;
 Sgaoilidh a chumhachd is a ghràs;
 lionar gach àit.le ghloir.
- 19 Bidh mis' am Athair dha, 's am' Dhia,
 is ann am Charraig slaint';
 Mo cheud-ghin dearbhai' mi gur è;
 's a chruinne-ché 's e 's aird.
- 20 Mairidh mo ghradh dha feedh gach linn,
 's mo chumhnant cinnteach buan;
 A bheatha shiorruth ghcibh a shiol,
 's a chathair-righ cha ghluais.
- 21 Gidheadh a chlann ma chlaonas uam,
 air slighe buairidh 's bàis,
 O m' reachd a' dol air seacharan
 's a' gleachd an aghaidh gràis;
- 22 An sin ni mis' an smachdacha'
 le tairisneachd is iochd;
 Gidhealh mo ghràdh cha bhuin mi uath
 's mo chumhnant buan cha bhrist.
- 23 Chionn aon uair gu do mhionnuich mi
 ('s tha 'n sin gu leor a choidh')

A shliochd 's a riogh'chd gu mair gu bràth,
feadh mhaireas là is òi'ch."

- 24 B' e so do ghealla naomh, a Dhe;
ach feuch ar cor a nis:
'Nar n aghaidh, ge do las do dhiomb,
do chùmhnnant O na brist!

- 25 Cuimhnich, a Dhia, do ghealla gràis;
na tilg gu bràth sinn uait;
Is smal na leig air crùn an Righ
chuir thu gu siorruith suas.

- 26 Feuch oighreachd air a masluchadh,
a callaid briste sios;
Coigrich a' deanamh orra tàir,
's gach nàmh ga cur air dì.

- 27 Cha 'n 'eil a gloir mar anns an linn
a thionsgain i air tùs:
O tog, a Dhia, do chorruich dhinn,
is pill sinn riut as ùr.

- 28 Cuimhnich, a Dhia, cia gearr ar cuairt
'san t saoghal thruagh so bhos:
An diomhain rinn thu 'n duine, Dhe,
mur bheil na dhéigh so fois.

- 29 Oir tha gach duine, is gach àl,
fo 'n bhàs a' tuitcam sios;
Gach aon diu dol gu dian do 'n uaigh,
's gun luadh air teachd anios.

- 30 Ach leatsa, Dhia, cha dearmaidear
do ghealla-làn do ghràs;
Oir t fhirinn is do thairisneachd
tha maircannach gu bràth.

- 31 Do mhuintir fein cha 'n fhàg thu 'm feasd
 fo eas-onoir na h uaigh;
 Cha mheall thu 'n dòchas, is cha leig
 do sgeig ar nàmh bhi buan.
- 32 Cha 'n fhuiling thu gu masluichear
 t Aon naoimha maille ruinn;
 Oir thig an là 'san coilion thu
 do ghealla gloirmhor dhuinn.
- 33 An sin tra thogar sinn o 'n ùir,
 's a thig sinn dlù da'r Righ,
 Bheir sinn duit cliu gun cheanu gun chrioch.
 Amen! gu b' amhluidh bhios!

S A L M X C.

- 1 IR feadh gach linn bha thusa, Dhe,
 do d' shluagh, mar stéidh 's mar thàmh;
 Oir mu 'n robh neamh no talamh ann,
 bha Thusa, 's bidh gu bràth.
- 2 O bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd
 tha agadsa do bhith,
 Mu 'n robh ann ni, no neach, no ùin',
 's an deigh do ùine ruith.
- 3 Ach dhuinne, gineil thruagh nan daoin',
 tha bàs is caochla dlù,
 A reir a' bhìnn thug thusa dhuinn,
 "Grad-phillibh ciùm ur n ùir."^v
- 4 Oir grad, ad shealla-sa, bha cuairt
 an t sluaigh a b' fhaide beo;
 Mar là chaidh seach, mar shuain na li òi'ch,
 mar osag ghaoith, no ceo.

- 5 Tha 'm bàs, mar thuil, gar sguaba' leis,
 mar aisling tha ar lài';
 Mar luibh a shearg 'san anmoch as,
 ge d' bha i moch fo bhlà.
- 6 An lorg a' pheacai thainig bàs,
 's gach plàigh a dhochainn sinn;
 Ar beatha tha mar sgeula faoin,
 do nach gabh daoine suim.
- 7 Is tearc na daoine sin a thig
 gu deich 's tri fichead bliadhñ';
 Is ceithir fichead ma gheibh cuid,
 tha'm fuigheal sin 'na phian.
- 8 Cia diombuan gearr mata ar lài,
 làn àmhghair agus péin!
 Thia 'n imeachd dian, 's an crioch ro-dhlù;
 is siubhlai' sinn gu léir.
- 9 Co, Dhia, a thuigeas cumhachd t fheirg!
 tha sin oscionn ar smaoin;
 O teagaisg dhuinn mar àirmhear leinn
 ar làithe gairid faoin.
- 10 O cuidich leinn, a Dhia, bhi glic,
 's buil mhaith thoirt as ar n ùin;
 A chum, 'na dheigh sin, trìl do ghràis,
 gu bràth gu meal sinn thù.
- 11 O deonuich, ge d' robh againn bròn,
 fhad 's tha ar cònuï' bhos,
 Gu faigh sinn ann an riogh'chd na gloir
 làn-shòlas agus fois.
- 12 Maille ruinn fein, a Dhia nan gràs,
 do shláinte thoir d' ar sliochd:

O stiur le d' ghràs iad ionsuidh gloir,
air sgà do throcair 's t iochd.

13 Maiseach le naomhachd, gluaisemid,
le cheile, suas gu d' là'ir.

O soirbhich thusa leinn 'nar sao'ir,
's gun chaochla bidh ar n àgh.

S A L M X C I.

A N duine sin a ghabhas tàmh
so sgàil do sgei'-sa, Dhe,
Bithidl e tearuint o gach olc,
's cha dochainn aon ni é.

2 Riut their mi sein, mo Dia, gach uair,
“ Mo dhidein bhuan is tu:
'S ge fann mi fein cha'n eagal leam,
's tu d' sheasamh air mo chùl.”

3 Is sona 'm fear ni Dia a dhion
o inleachdaibh an nàimh;
O lion a bhuaireadair tha sealg
anma, gu chur gu bàs.

4 Folaichidh Dia thu o gach plaigh,
mar eun a h àlach maeth;
Sgaoilidh e tharad sgia gu d' dhion,
gu dileas is gu caomh.

5 Ro' ghabha là, no uabhas òi'ch,
cha bhi a chòidh' ort sgà,
Am feadh tha Dia, gach là is òi'ch.
ga d' dhion le chaoimhneas gràidh.

6 Le plaigh a pheacai' ge do thuit
na miltean air gach taobh,

Tanamisa gleidhidh Dia nan gràs,
'so chunthart bàis bheir saor.

- 7 A chionn gu d' rinn thu earbs' a Dia,
's gach cian gu bheil thu leis;
Aon ole air bith cha tig dhuit diù;
ma thig, 's ann chum do leas.
- 8 Da ainglibh bheir e aithne chìù,
do stiuradh anns an ròd;
Is gleidhidh iad thu sàbhailte,
an gàbha beag is mòr.
- 9 Le còghna Dia, gheill thu lìn bhuidh
air buaire 's cunthart bàis;
An nathair leis am b' àili do theum'
bruthaidh e fein fo d' shàil.
- 10 "A chinne (deir Dia) gu d' ghabh e tachaidh
do m' aitheantaibh do ghns;
Bheir mise saor e o gach olc,
's bheir mi dha sonas ard.
- 11 Gairmidh e ormsa, 's freagraidh mi,
is bidh mi leis gach uair;
Saoruidh mi anam as gach airc,
is bidh e ait leam shuas.
- 12 Anam bidh sàsuichte an sin
le beatha bhith bhuan fhior;
Is mealaidh e gu bràth am là'ir,
an t slainte bhios gun chrioch."

CIA aoibhinn bhi toirt cliu do Dia!
an Dia is airde gloir;

- 1 Bhi moch a' cur an ceil do ghràidh,
 's anmcch, do ghràis ro-mhoir!
- 2 Arson na h oibre aoibhinn so
 cuir fein am foinn mo chridh,
 Mar inncail ciuil is binne fuaim;
 's eisdeadh do chluas mo lacidh.
- 3 M' anam ni gairdeachas an Dia,
 na ghniomharaibh, 's na ghràs;
 Do ghniomha, Dhe, tha iongantach,
 ach 's iongantaich' do ghràdh.
- 4 Na h aingidh cha toir so fanear,
 's annsa leo beatha brùid;
 Mar fheur ged' fhàs iad, sgathar iad
 le dealanaich do ghnùis.
- 5 Oir thusa, Dhia, ta beo gu bràth,
 Ard-bhreithe' 'n domhain mhoir!
 Na h aingidh fògraiddh tu ad' là'ir,
 's air t àgh cha 'n fhaigh iad còir.
- 6 Ach earbai' mis' ad throcair mhoir
 mo chuid do ghloir gu saigh,
 'S gu toir thu furtachd dhomh is gràs
 'san ròd gu t àros maith.
- 7 Peaca no buaire cha bhi 'n sín,
 uabhas air bith no olc;
 Cha chluinn a' chluas, chán fhaic an t sùil
 aon dùil a' deana' lochd.
- 8 Na fireana bidh 'n sin a' fàs,
 mar ùr-chrainn arda dheas
 A shuidhicheadh am phàrras De,
 's an geuga làn do mheas.

- 9 Cha chrion iad le sean-aois gu bràth,
 bidh ghnà an tora trom;
 Doinionn cha searg am feasd am blà,
 's an geug' gu bràth cha lom.
- 10 An sin, o Dhia rinn mise dhion!
 chithear gu bheil thu ceart,
 Tra gheibh gach aon a chuibhrionn fein,
 a reir mar bha a bheart'.

S A L M X C I I I .

- 1 EHOBHAH, tha na Righ gu hard,
 an' solus dealrach gloir,
 Le mòrachid sgeadaichte sle neart,
 oscionn uil' fheachd nan slògh.
- 2 'S e shuidhich steidh an t saoghal so,
 's gun chaochla riabh a ghleidh;
 Ach mu 'n robh saoghal idir ann,
 's an deigh dha falbh, THA è.
- 3 Do rioghachd tha gan tùs gun chrioch,
 do chathair siorruth buan;
 Ge d' flailnich pruip an domhain mhoir,
 do chònuidhsa cha gliuas.
- 4 Thog slòigh nan aingidh 'n lamh 's an guth,
 mar thuil, an aghaidh neimh;
 Ach caisgidh Dia na tonna berb,
 's an ònfha ni e séimh.
- 5 Is treise Dia ta 'n cònuidh shuas
 na 'n tuil fo luasga gaoith;
 Is treise 'n t Uile-chumhachdach
 na uile fheachd nan dao.

- 6 Do ghealia, Dhe, tha siorruith buan,
 's do riogh'chd cha ghluais gu bràth:
 'S iomchuidh do chlainn do theaghlaich-sa
 bhi naomha glan do ghnà.

S A L M X C I V .

- 'S ANN duitsa bhuineas dioghaltas,
 O Righ ta uile-threun!
 Ard-bhreithe! dhiolas ris gach neach,
 mu 'n seach, mar bha a bheus.
- 2 Na h aingidh uaibhreacha cha bhi buan;
 gu luath thig iad gu crìch;
 Am briathra olc, 's an gniomha baoth
 ni thus' araon a dhiol.
- 3 Do shluagh, tha fulang eucorach,
 earbaidh riut fein an cùis:
 Do bhantraich, coigreach, 's dìlleachdain,
 ad dhìdein bhuan tha thu.
- 4 Na h aingidh deir gu h amaideach,
 “ Cha chluinn, 's cha leir do Dhia.”
 Cia beag ur tuigse, amadain!
 c' arson nach gabh sibh ciall?
- 5 Esan a thug do 'n duine cluas,
 nach dual gu cluinn e fein!
 Esan thug suil is fradharc geur,
 dha fein an e nach léir?
- 6 An ti thug eolas do gach neach,
 an neach gun eolas è?
 An ti bheir smachd air cimich mhor,
 ri 'r dò-bheartsa 'm bi réidh?

- 7 Is leir dha smaointe faoin ur crìdh,
 is luigheachd bheir tla 'n reir;
 Ach beannuichidh e 'n cronuchadh
 da phobul naomba fein.
- 8 Pillidh tu, Dhe, iad air an ais,
 . le d' smachd, a chum do reachd;
 Ach saorar iad o airc 'san là
 'san sgrios thu 'n nàmh le fheachd.
- 9 Oir Dia cha tilg gu siorruith waith
 an sluagh a thug dha geill:
 Le ceart-bhreith ni e dealachadh;
 's bidh ait na lean a cheum.
- 10 O Dhia, mo Dhia! dean mise dhion
 uath sin th' air tì mo chron;
 O pheaca, nàmhaid, 's gàbha bàis,
 saor mi reir t' abhaist domh.
- 11 Tra bha mo chas a' sleamhnacha',
 do throcair chum mi suas;
 'S an uair bha m' anam muladach,
 thug thu dhomh furtachd luath.
- 12 Cumhachd nan aingidh ge d' is mor,
 's ge seolt' iad ionsuidh lochd,
 Ni Dia, "mo charraig, mise dhion,
 is riusan diolaidh 'n olc.

O THIGIBH, seinneamaid do Dhia,
 'na fhianuis thigibh dlù;
 Carraig ar slainte molamaid
 le iolach ait 's le cliu.

- 2 Le cridhe taingeil thigeamaid
 thoirt buidheachais na là'ir ;
 Togamaid fuaim le gairdeachas,
 a' seinn le salmaibh dhà.
- 3 Oir 's mor Iehobhal Dia nan shluagh,
 gun choimeas shuas no bhos ;
 Iochdar na talmhainn leag a làmh,
 's na sleibhtean arda thog.
- 4 'S e rinn an cuan tha fairsing mor,
 tha còir aig air is sealbh ;
 An cruinne-cé, 's gach ni ta ann,
 o cheann gu ceann, s' e dhealbh.
- 5 O thigibh agus sleuchdamaid,
 is deanar cromadh leinn ,
 Is air ar gluinibh tuiteamaid
 do'n Dia a chruthaich sinn.
- 6 Oir 's e ar Dia, is sinne shluagh,
 caoirich is uain a threud,
 A stiuras e gu bràth le làmh,
 ma bheir sinn dàsan geill.
- 7 " Ma dh' eisdeas sibh (deir Dia) ri m' ghuth,
 gabhaibh, an diugh, ri m' ghràs ;
 Ur cridheacha na cruaidhichibh,
 's na buairibh mi mar b' à'ist.
- 8 Na deanaibh mar mo shluagh o shean,
 a pheacuich gu ro-dliàn ;
 Ge d' stiur mi ro' an fhàsach iad
 dà fhichead bliadhna' am gliràdh.
- 9 Fan acbhar sin thug mis' iad suas
 d' am miannaibh truaillidh fein ;

Is mhionnuich mi nach rachadh iad
asteach gu fois an De."

- 10 [O m' anam gabh an diugh ri gràs,
is na dean dàil nì 's mo;
Mun druid de Dhia bho fhois thu mach,
's nach faic thu 'm feasd a ghloir.]

S A L M XCVI.

O SEINNIBH oran nuadh do Dhia,
seinnibh do 'n Triath 's gach àit;
Ainm beannuichibh, is deanaibh sgeul
air slainte Dhe gach là.

- 2 Am measg nan cinneach aineolach
sior-thaisbeinibh a ghloir;
Innsibh a throcair iongantach
am measg nan uile shlògh.

3 Is mor ar Dia: is cubhai' dhà
ard-urram o gach sluagh;
Is aobhar eagail e faraon
thar aon neach bhos no shuas.

- 4 Na dé d' an striochd na cinnich dhall,
ciod annt' ach dealbha faoin?
Ach 's e ar Dia-ne Cruthai' ear
's fear cumail suas an t sao'il.

5 Tha onoir agus mòralachd
ga chòdacha mu 'n cuairt,
Tha naomhachd cumhachd agus gràs
'nan cònnuidh dhà gach uair.

- 6 Striochdadh mata gach sluagh asios
do 'n Righ Iehobha mòr;

Oir o gach teanga treabh, is sluagh,
is dual dá cliu is gloir.

7 Thigibh 'na là'ir le buidheachas
is aoruibh dhà 'na theach;

'S biodh eagal oirbh; oir 's cubhai' dha
mor-urram o gach neach.

8 Measg chinneach, nis, chuir Dia ar slaint'
a rioghachd ghrasmhor suas;
'Na linn bidh cothrom buan is àgh,
's a steidh gu bràth cha għluais.

9 Biodh gairdeachas air talamh 's neamh,
air daoin' is aingil ard;
An cuan, le eileanaibh gu leir,
biodh aoibhneach anns gach àit.

10 A' mhachair 's na bheil innte fàs,
is craobhan ard na frì,
Biodh ait anis, ri linn nan gràs;
ar Triath 's e thà 'na Righ.

11 Thionsgain a riogh'chd air thalamh leinn;
'na linn bidh ceart is còir;
Is bheir e breith bhios siorruith buan
air sluagh an domhain mhoir.

A IT biodh an saogh'l, tha Dia 'na Righ;
's a riogh'chd am feasd cha għluais;
Tir mor is eileana biodh ait,
air ainm le tlachd toirt luadh.

2 A shligh' dar suilibh-ne cha léir;
'a chċum cha 'n col duinn è;

Ach ceart is cothrom, iochd is gràs,
da riaghlaadh thà mar stéidh.

- 3 'Na chorruich thilg Iehòbhah sios
is mhill e riogh'chd a nàmh;
Grad, mar le dealanaich nan speur,
thuit i o stéidh gu làr.
- 4 Cumhachda 'n t saoghail chaill an clì,
is leagh iad sios mar chéir
Ro' fhianuis De, tra thainig e
chur riogh'chd a ghràis an ceil.
- 5 Chuir aingil agus naoiadh an ceil
fireantachd Dhe, 's a ghlòir;
'S aig dream a shleuchd do dhealbhaibh faoin
bha aobhar nàir' is bròin.
- 6 Do 'n Righ so thug na h aingil ard
aora', mar dh' àithn doibh Dia;
Is cumhachda na talmhainn thréig
an iodhail, 's gheill do 'n Triath.
- 7 Air t Eaglais bha mor-ghairdeachas
tra dh' ardaicheadh do riogh'chd,
A chionn, a Thriath, gu d' leig thu ris
t fhireantachd fein tha fior.
- 8 Oscionn gach ni air thalamh ta
tha thus' an-ard, a Dhe;
Oscionn gach cumhachd tha do ghloir,
's na sloigh bheir dhuitsa geill.
- 9 Sibhse le'n ionmhuin Dia nan sluagh,
sior-fhuathaichibh gach lochd;
Mar sin d'ar n anmaibh bheir e slàint',
's cha 'n fhaigh iad bàs le h olc.

10 Am firean, ge d' robh 'n dorchadas,
soillse gheibh e gu luath;
Tha fras ga chur 'na bhròn a bhos
bheir foghar ait da shuas.

11 O fhireana, mata bibh ait,
le tlachd toirt cliu do 'n Triath:
'S na shlighe naomha siublaibh suas
gu luaghair feadh gach ial.

S A L M XCVIII.

- D**'AR Dia rinn nithe miorbhuileach
gu siorruith gu robh gloir!
'S e ghairdean treun thug buaidh amach,
's a rinn air talamh fòir.
- 2 Dhasan a dheonuich dhuinne slàint'
gu bràth biodh mola nuadh!
O'ir rinn e air na cinnich gràs;
a shlàinte chi gach sluagh.
- 3 Choilion e ghealla naomh o shean,
le firinn is le gràs;
'S do uile shloigh an domhain mhoir
nis dheonuich e a shlàint.
- 4 An talamh uile seinneadh cliu
do Dhia nan dùl anis;
Ard-seinnibh ceol le gairdeachas,
's a shlàinte leigibh ris.
- 5 Seinneadh an domhan is a shluagh;
an cuan is na bheil ann;
Seinnibh, do 'n Dia.ghabh cònuï' leinn,
le greadhnachas nach-gann.

- 6 Thionsgain a riogh'chd air thalamh leinn,
 'na linn bidh ceart is còir,
 Is bheir e breitheanas fadheoidh
 air slòigh an t saoghal mhoir.

S A L M X C I X .

- D O 'n Righ Iehobhah striochda' sios
 gach tìr is sluagh air bith;
 Tha feachd nan aingeal ùmhail da,
 's ion dùinne bhi air chrith.
- 2 Tha thus', a Righ nan naomh! ro-mhòr
 oscionn nan slògh gu leir;
 'S do t ainm ro-ard is urramach
 is cubhai' cliu is geill.
- 3 Is ionmhuin leatsa còir is ceart,
 oir tha thu ccart thu fein;
 Thá thu ro-naomh; 's aig stòl do chois
 le urram, co nach sleuchd?
- 4 'S tu dh' eisd ri urnaigh anns gach linn,
 an teinn tra bha do naoimh;
 'S mar thug thu dhoibhsan, dhuinne bheir,
 ad throcair freagra caomh.
- 5 Dh' eisd thu Samuel, Aron, 's Maois,
 's mhaith thu gu caomh dod' shluagh
 An lochd (mur guidheadh riut do naoimh)
 a bhiodh 'na aobhar truaigh.
- 6 Aoruibh mata do Dhia nan gràs
 do ghnà 'na ionad naomh,
 Is bheir e freagra dhuibh gu dian,
 mar thug e riabh d'a naoimh.

- S**EINNIBH, gach sluagh air thalamh ta,
gu h ait 's gu h ard do 'n Triath:
Thigibh 'na là'ir le aoibhneas mor,
's le binn-cheol molaibh Dia.
- 2** 'S esan ar Dia, thug dhuinn ar bith;
is leis sinn, 's cha leinn fein;
Is sinn a threud, a bheathaich e,
's nar seachranaibh a ghleidh.
- 3** Thigibh mata le gairdeachas
'na làthairsan asteach;
'S le moladh ard is buidheachas,
dhà thugaibh cliu 'na theach.
- 4** Oir 's mor a throcair; 's pailt a ghràs,
air feadh gach àil, d'a shluagh.
Tha throcair mor is maireannach,
is fhirinn tairis buan.

S A L M . CI.

- A**IR trocair 's ceartas seinnidh mi,
ad làthairsa, a Dhe:
O deonuich gur ann foirfe glic
a blios mo ghiulan fein.
- 2** Am theach 's am theaghlaich cuidich leam
gluasad le faicill mhòir;
Le d' chaoimhneas graidh cum fein mi suas,
gach uair 'san t slighe chòir.
- 3** Aon olc cha' n shuiling mi am là'ir;
peacaich is gràineil leam:
An fear nach gabh ri cronucha,
cha lean a dhroch-bheairt rium,

4 Muintir na sgainneil seachnai' mi,
 's iad sin tha ard 'nam beachd;
 'S taghaidh mi 'm firean diadhaidh còir,
 mar òglach ann am theach.

5 Cealgair no fear-labhairt bhreug,
 cha 'n fhaigh uam spéis gu bràth:
 Na h aingidh uile fògram uam,
 's ni Dia gu buan leain tàmh.

S A L M C I I .

O DHIA nan gras! ri m' urnaigh eisd,
 ri m' eighé croin do chluas;
 An là mo thrioblaid freagair mi
 is furgaich air mo chruas.

2 Mo làithe tha dol seach mar cheo,
 is bròn gam chaithe' as;
 Mo chrìdh air searga' mar am feur,
 's ní aran am bheul gun bhlas.

3 Mar eun leis fein am fàsaich laim,
 mar chailllich-dì'ch a' caoí';
 Is smaointe buaireasach do ghnà,
 le inleachd nàimh, gam chlaoí'.

4 Mo bhiadh 's mo dlieoch tha maisgt' le dedùi,
 's mi air mo leon le péin;
 Oir thus', thug roimhe socair dhomh,
 anis thug docair gheur.

5 Mar dhuilleach seargta tha mo shnuada,
 mar sgàile luath mo lài;
 Ach mairidh tus' am feasd, a Dhe;
 mo chuibhrionn fein gu bràth!

- 6 Nnochdai' tu trocair chaomh do d' shluagh
 san uair a shònraich thu;
 'S na smùr ge d' thuit an colan sios,
 bheir thus' i nios o 'n ùir.
- 7 'San là sin crioithnaichidh na slòigh
 nach tug dhuit glòir 'na thrà;
 'S bidh righre cumhachdach fo gheilt,
 le eagal teachd ad là'ir.
- 8 Na ballachan tha bristè sios
 togaidh tu rìs le glòir,
 'San la sin anns am foillsichear
 do neart, 's do chaoimhneas mòr.
- 9 'N sin chìtheart gu do chuimhnich thu
 guidhe do naomh 'nan teinn;
 Is bheir na slòigh a dhuisgeas tu
 dhuit cliu gu buan 's gu binn.
- 10 O! greas an là 'san seall thu nuas
 air cuirp do shluagh 'nan smùr:
 Is saor na priosanaich, ad ghràs,
 o thràillealachd na h ùir!
- 11 Achum as, ann ad theampul shuas,
 gu toir iad luadh gu binn,
 'S a choinne mhoir a thagh do ghràs
 as gach aon àit is linn.
- 12 Le dochas ris an latha so,
 cha ghearin mi ni 's mò,
 Ge d' theid mo lài' a thomhas gearr
 -an' saoghal cràidh is bròin.
- 13 Mo Dhia! tha thusa beo gu sior,
 gun chrioch theachd air do lài';

- O aois gu h aois, air feadh gach cian,
do bhliadhnaí' buan ata.
- 14 Bunait na talmhainn leag do làmh,
's na làithibh fad o chéin;
'S na neamhan ard, le 'n uile fheachd,
dhealbh thu le d' neart ro-threun.
- 15 Caochlaidh iad so, is theid doibh as,
cha mhair am feasd diubh aon;
Seadh tilgidh tú tus' iad uile seach,
mar thrusgan sean le h aois.
- 16 Ach ortsá cha tig caochla 'm feasd,
's do chlann bidh leat sior-bheo;
Feadh linn nan linnte, ann ad là'ir,
bidh iad gu bràth an' glòir.

S A L M C I I I .

- B**EANNUICH, o m' anam, Dia nan sluagh,
an Dia d'an dual gach cliu;
Do neart 's do cheataidhean gu leir
gu gniomh co-aoibhinn dùisg.
- 2 Beannuich an Tighearna do Dhia,
an Dia a rinn ort gràs;
'S na diochuimhnich na tiolacan
a dhiol e riut le làimh.
- 3 'S e mhaitheas duit, le ghras is iochd,
do pheacanna gu leir;
'S a bheir dhuit slàint is furtachd dheas
o t easlainte 's o d' phéin.
- 4 Shaor e do bheath' o chumhachd bàis,
o mhìle cràdh is leon:

Trocair is caoimhneas fhuair thu 'n dràs,
 's gu h ard gheibh crùn na glòir.

5 'S e mhaiteas tha ga d chumail beo,
 's a toirt duit treoir is neart,
 Gu dol, mar iolair luath 'san speur,
 air slighe Dhe nam feart.

6 Is maith Dia, do gach dùil is àl;
 do neach fo shàruch dlù;
 Sinne, 's na h àil a shiubhail as,
 le fhreasdal 's fhacal stiur.

7 Tha 'n Tighearn iochdmhor tràcaireach,
 's mall fhearg, 's is mòr a ghràs;
 Cha bhi e tagradh ruinn do shior,
 's cha bhi e 'm feirg gu bràth.

8 Do reir ar peacai' antromach,
 ar n anma cha do bhual;
 'S do reir ar cionta 's easantais,
 cha d' orduich esan truaigh..

9 Oir mar oscionn an t saoghail so
 tha sgaioileadh ard nan speur;
 'S co annihor sin tha throcair chaomh
 do dhaoine bheir dha géill.

10 Anhuil tha 'n airde 'near 's an iar
 a' gabhail fad o cheil',
 'S co fhad as sin a chuireas Dia
 ar peaca 's pian an' céin.

11 Ceart mar bhios athair iochdmhor caomh
 da leanbaibh maoth 'nam feum,
 Mar sin bidh aig ar n Athair shuas
 mor-thruas da phobul fein.

- 12 Oir 's cuimhre leis gur duslach sinn,
 is aithne dha ar dealbh;
 Mar dhus a shéideas osag ghaioith,
 ar beatha fhaoiu tha falbh.
- 13 Mar bhlà air bharr nan lusa maoth,
 chaochlas gu grad a shnuadh,
 Tha làithe dhaoine caochlaideach,
 's an saoghal cha 'n 'eil buan.
- 14 Ach trocair Dhe tha bunaiteach
 dhoibh sin a thug dha géill;
 'S a dhilseachd nochdai' e d' an clainn,
 's do chlainn an clainn nan deigh.
- 15 Shocruich Dia a chathair- righ
 gu siorruith shuas air neamh;
 Is cha 'n 'eil ni sa chruthacha'
 nach striochd do chumhachd Dhe.
- 16 O aingle treun an Tighearna,
 tha deana' thoil gu luath!
 Dá ainm ro-ard is urrainach
 cliu thugaibh 's mola' buan.
- 17 O beannuichibh Iehobhah mor,
 uil' fheachda gloirmhor fein;
 Sibhse tha, gu toileach dian,
 a' cur a riар an ceil.
- 18 Uil' oibre feadh a chruthachaidh!
 ainm beannuichibh gu bràth:
 O m' anam! beannuich thusa leo,
 an Dia a dheonuich gràs.

- O** M' anam! beannuich thusa Dia.
 Mo Dhia! 's tu 'n Triath rō-mhor,
 Tha air do sgeadacha gu bràth
 le onoir ard is gloir.
- 2** Chuir thusa solus dealrach glan
 mar fhalluing umad fein;
 'S mar chùirtean thar do chathair-righ
 'mach shìn thu neamh nan speur.
- 3** An t àile tana gun aon taic,
 do d' theach ni thu mar stéidh;
 'S air sgia na gaoithe siubhlai' tu
 feadh lùchairte nan speur.
- 4** 'S tu rinn na h aingil ghiloiirmhor ard,
 gu bhi ad làthair fein;
 'S co grad ri lasair dhealanaich
 do t fhacal bheir iad geill.
- 5** 'S tu shuidhich stéidh na talmhainn so,
 's a sguab air falbh an tuil
 A chòdaich aghaidh; 's a ghrad-theich
 tra leig thu mach do ghuth,
- 6** Dhruid thus' an cuan 'na leabai' fein,
 - o 'n eirich àiteachd suas,
 Bhristeas 'na shruthaibh o na sleibh,
 thoirt deoch do spreidh 's do bhuar.
- 7** Na sruthai' so (tha siubhal sios
 feadh ghleantai agus ghlac)
 Ni 'm fearann torach, 's bidh na slòigh
 ta chònui ann ro-ait.
- 8** Tha Dia toirt air an fheur bhi fàs,
 a bheathach' àil is spreidh;

Is arbhar arson lòin do dhaoin'
bheir thu maraon, a Dhe.

- 9 Le fion is ola mar an ceudn'
rinn thusa, Dhe, sinn ait;
An talamh sgeadaich thu le coill,
's le craobha meas gun airc.
- 10 Na craobha so ni ait na h eoin
a bheir, le 'n ceol, duit cliu;
'S ni ainmhidh fhiadhaich tàmh fo 'n sgàil,
trid t fhàbhair do gach dùil.
- 11 Oir do gach dùil is pailt do ghràs,
is thug do làmh gu fial
Na nithe maith sin doibh gu leir,
tha reir am feum 's am miann.
- 12 Chuir thusa gealach anns an speûr,
a chur an ceil nan tra;
Is theagaisg thu do 'n ghrein an uair
san druid i suas an là.
- 13 Thig dorchadas an sin gu luath,
's theid uabheistean na frì
A sholar cobhartaich 's gach àit,
o d' làimhs' ag iarrui' 'm bìdh.
- 14 Ro' eiridh greine pillidh iad
arís gu'n garuidh fein:
Is theid an duine mach gu shao'ir,
gu aoma' sios na grein.'
- 15 Cia lionmhòr t oibre iongantach,
a rinneadh leat gu glic!
O cheann gu ceann tha 'n talamh-làn
do t fhàbhar is do t-iochd.

- 16 Is amhluidh tha an Fhaирge mhор.
 Cia lionmhор iad a slòigh!
 Gidheadh do fhreasdalsa tha, Dhe,
 toirt doibh gu leir an lòin.
- 17 An toirbheartas a dheonuich thu
 is leor arson an riar;
 Fosglaidh tu gu pailt do làmh,
 is sàsuichear am miann.
- 18 Do ghnuis ma cheileas tusa uath',
 gheibh iad gu luath am bàs;
 Ach t ordugh cuiridh tu anuas,
 's thig gineil nuadh 'nan àit.
- 19 Tha gloir Iehobhah maireanñach
 air feadh gach uile linn;
 Is gabhaидh e gach aon uair tlachd
 's na h oibre maith a rinn.
- 20 Anuas le feirg ma sheallas tu,
 an talamh bidh air chrith:
 Ach grasmhor bidh do ghnuis do d'shluagh,
 gun uabhas uair air bith.
- 21 Dhuit bheir mi fein, a Dhia is aird!
 moladh is gràdh ri m' bheo:
 An cian a mhealas mi mo bhith,
 dhuit bithidh mi toirt glòir.
- 22 Is aoibhinn leam bhi smaointeachadh
 air Dia co caomh 's co mor;
 'S mo dhuil gu faigh mi shuas 'na là'ir,
 sonas gu bràth is gloir.
- 23 Olc no luchd-uilc gu bràth cha bhi
 'san rioghachd sin a nàigh;

Far an toir mise, 's t uile naoimh,
dhuit aora, Dhe, gu bràth.

S A L M C V.

- O** THUGAIBH mola mor do Dhia,
is deanaibh urnaigh ris;
Do shloigh an domhain cuiribh 'n ceil
ro-mheud a ghràidh is iochd.
- 2 Seinnibh do Dhia le gairdeachas,
a' cur a ghràis an ceil;
Oir acasan bidh aoibhneas mor
a bheir dha gloir is geill.
- 3 Iarruibh an Dia ta cumhachdach,
le 'r n uile neart gu bràth;
Iarruibh an Dia ta trocaireach,
's ur dòchas biodh 'na ghràs.
- 4 Air fhacal 's oibre smaointichibh,
tha làn do ioghna mòr;
'S cubhai' do 'n t sluagh a shaora' leis
aora thoirt dà is gloir.
- 5 Oir 's e a ghairdean cumhachdach
a thug dhuinn saors' is slàint;
Is fhacal tha gu trocaireach
toirt eolais air a ghràs.
- 6 A chumhnant gràsmhor chuimnich e
do gach aon linn chaith seach;
Is mairidh e gu daingean fior
do mhìle àl ri teachd.
- 7 Ri Abra'm rinn e co-cheangal,
gu tigeadh air a shliochd.

Slan 'ear sam biodh na cinnich ait,
 (mar againne tha fios.)

- 8 Fearann Chanaain gheall e dhoibh,
 (mar earlais àigh bu mhò)
 Tra bha iad fathasd lag is tearc,
 's gun aca tìr le còir.

- 9 Mar choigrich dh' imich iad rè cian,
 ag iarruidh àite taimh;
 Ach Dia thug dion doibh o gach olc,
 is chrouuich e an nàimh.

- 10 "Na buinibh, arsa Dia, rim' naoimh,
 's na deanaibh orra lochd;
 Ma ni sibh cron do m' sheirbhisich,
 ni mise dhiol gu goirt."

- 11 Tra chlaoidheadh iad le sluagh na h Eipht,
 chlaoi' Dia an Eipht le gort;
 Ach Ioseph chuir e 'n inbhe mhoir
 's bha Isr'el beo o'n olc.

- 12 Ioseph a reiceadh leo mar thràill,
 's a chaidh a chràdh gu truagh,
 Gus an d' rinn Dia, 'na iochd gun chrioch,
 o'n phriosan thogail suas.

- 13 'S an ám a shonruich Dia 'na ghràs,
 chuir Pharaoh e fo sgaoil,
 Is rinn se e 'na uachdaran
 oscionn a shluaignh 's a mhaoin.

- 14 Na daoin' a b' urra:maich 'san riogh'chd
 an righ thug dha fo smachd,
 Gu teagaisgeadh e chomhairlich
 gu glic 's na huile reachd.

- 15 An sin chaidh gineil Israel
 do 'n Eiphit sios air chuairt,
 'S le beannachd mor an Tighearna,
 bha piseach orra 's buaidh.
- 16 Ach bhuin an naimhde riu gu h oilean,
 gan cur fo dhochann daor,
 Gus an d' rinn Dia, le Aron 's Maois,
 gu caomh an tabhairt saor.
- 17 Iad so leig ris a mhiorbhuilean,
 is chlaoidh iad tir na h Eiphit
 Labhair e, 's thainig duibhre tiugh
 air feadh na tir gu leir.
- 18 Thionnd'adh an uisgeacha gu fuil,
 's an uile iasg fhuair bas:
 Rinn losgainn, miola, 's cuileagan,
 a thuill' air sin an cràdhl.
- 19 Clach-mheallain chuir e, 's dealanach,
 a sgàth an craobha meas;
 Is loctiost lionmhor, anns gach àit,
 am fàs gu buileach dh' ith.
- 20 An ceud-ghin chuir e 'n sin gu bas,
 's le làimh shaor e a shluagh;
 O 'n Eiphit chlaoidh te chaidh iad as,
 le storas paitl 's le buaidh.
- 21 Rinn teine 'n t iul doibh anns an oïch',
 is neul san là an dion;
 O neamh rinn Dia am beathacha',
 's o 'n charraig chaisg e 'n iot,
- 22 'S a reir mar gheall e dli' Abraham,
 Canaan thug da shluagh;

A chum gu gleidheadh iad a reachd,
 's gu biodh iad ait gu buan.

- [23] Mar so gheibh sinne oighreachd shior,
 a dh' aindeoin strì ar nàmh:
 Coillionaidh Dia a ghealla mor,
 's ar cònuidh bidh na là'ir.]

S A L M C V I .

- O** THIGIBH, molamaid ar Dia:
 Cia fial bha dhuinn a làmh!
 Tha throcair caomh, 's a ghrasa buan,
 's cha treig e shluagh gu bràth.
- 2 De ghniomha treun a Thighearna!
 co 's urra chur an ceil?
 Do throcair mhòr 's do ghràsa pait
 co thaisbeanas gu leir?
- 3 Is son' iad sin, 's iad sin amhàin,
 tha tabhairt gràidh do d' reachd;
 Tha diadhla'idh cothromach is còir,
 's a' deana' trocair 's iochd.
- 4 Dhia, cuimhnich ormsa leis a ghràdh
 thug thu do d' mhuintir fein:
 O thig le d' shlàinte sholasuich,
 is fòir orm ann am fheum.
- 5 O biodh mo chrannchar shuas le d naoimh,
 is bitheam aoisbhneach leo!
 'N an comun ait air feadh gach linn
 bheir mi gu binn duit ceol.
- 6 O Dhia, cha'n airidh sinn air t iochd:
 ar sinn sir bhrist do reachd;

- Is sinne chaidh air seachran leo,
 's do dhòbheirt thug sinn tlachd.
- 7 Is amhuil sinn 's do shluagh o shean,
 nach d' thug fanear do làmh,
 Ge d' shaor thu iad o 'n daorsa chruaidh,
 le truacantas do ghràis.
- 8 Bhrosnuich iad fearg an Tighearna,
 seadh aig an Fhairge-ruaidh;
 Is dhearmaid iad a throcair chaomh,
 a shaor iad 's a cheart uair.
- 9 Thiormaich e 'n fhaирge dhoibh le neart,
 tra bhàthadh feachd an nàmh;
 Chreid iad an sin is thug iad cliu;
 ach ghrad-leig dhiubh a ghràdh.
- 10 'S an fhàsaich bhuair iad e le 'm miann,
 (a shàsuich Dia 'na fheirg,)
 'S an aghaidh Aroin agus Mhaois,
 an corruich thaom gu garg.
- 11 Rinn Dia na bhreitheanas an claoí;
 ach pheacaich iad arìs;
 'S do iomhaigh laoigh thug iad a ghlòir
 bu dual do 'n Dia bheo fhior.
- 12 Air diochuimhn leig iad cumhachd Dhe,
 is gniomha treun a làmh;
 Seadh dhearmaid iad an Slànuí' ear
 a shàbhail iad le ghràs.
- 13 Bhagair e 'n sin an sgrios gu' leir,
 ach ghuidh gu treun ris Maois,
 Nach deanadh e an gèarrá' sios
 arson an gniomha baoth.

- 14 Seadh mar an ceudna rinn iad tàir
 air tìr Chanaain mhaith;
 'S do iodhail bhréige thug iad geill,
 an àite Dhe nam flath.
- 15 Mar so le 'n aingeachd bhrosnuich iad
 geur-chorruich Dhia nan sluagh,
 A las nan aghaidh, gus aii d' rinn
 Phinehas diola' luath.
- 16 Aig uisge Mheribah aris
 chuir iad gu corruch è;
 Air chor 's gu d' labhair Maois e fein
 gu lrobaan, ge d' bu shèimh.
- 17 Na slòigh cha d' fhògair mar bu chòir
 ach dh' fhoghluim iad am beus:
 Am mic 's an nigh'na dh' iobair iad
 asuas do iodhail bhreig.
- 18 Fan aobhar sii ſas corruch Dhe
 gu geur an aghaidh shluagh;
 'S do laimh nan cinneach thug e iad,
 is chuir fo 'n smachd gu truagh.
- 19 Shaor e gu tric iad, ach do ghnà
 chaidh iad air seachran uaith;
 Seadh gus an robh fa dheire 'n cor
 làn docair agus truaigh.
- 20 Gidheadh tra chunnaic e an teinn,
 's a rinn iad gearan ris;
 A chumhnant grasmhor chuimhnich e,
 is nochd e dhoibhsan iochd.
- 21 Oirne dean iochd, a Dhia nan gràs,
 is sàbhail sinn o 'r truaigh;

A chum do t ainm, ata ro-naomh,
gu toir sinn aora 's luadhl.

22 O tionail sinn o' r n' ànradh truagh,
is stiur sinn suas gu d' là'ir,
Gu tugamaid, le slòigh nan naomh,
gnà-aora' dhuit gu brath.

23 'N sin molaidh sinn Iehobhah treun.
a thearuinn sinn le ghràs:
Abradh na h uile sluagh, Amen!
cliu siorruith gu robh dhà!

S A L M C V I I .

O MOLAIBH Dia, oir tha e maith;
is maireannach a ghràs:

Air so fhuair sinne fios gu leor,
oir dheonuich e dhuinn slàint,

2 An tràs ge d' tha sinn seachranach,
air feadh na fàsaich luim:
Tionailidh Dia sinn as gach aird,
is ionad tàimh bheir dhuinn.

3 Acrach is sgìth ge d robh ar cor,
fo dhocair is fo chràdh,
Eisdidh an Tighearna r' ar glaodh,
is saoruidh as gach càs.

4 Air astar aineil tha ar ceum,
ach Spiorad Dhe ni 'n t iul;
Stiuraidh e sinn gur n ionad tàimh,
an làthair Dhia nan dùl.

5 O b' fhearr gu mola' daoine Dia,
arson a mhaitheis chaoin,

- 5 S arson a throcair iongantaich
do ghineil chiontach dhaoin'!
- 6 An t anam ciocrach sàsuichidh
is bheir e dhà a leor;
'S an t anam acrach lionaidh e
le dhiol do mhaitheas mòr.
- 7 Iadsan a tha gan sàrucha',
's a thà fo dliubhar bàis,
Bheir Dia iad saor o'n airc 's o'm bròn,
le thròcair is le ghras.
- 8 Gidheadh ma ni iad eiri'mach
an aghaidh facail De,
'S ri chomhairle gu cuir iad cùl,
gun chùram bhi ris réidh;
- 9 An cridhe leaghaidh e le bròn,
gun fhòir a bhi dhoibh dlù,
Ach gus an glaodh iad ris gu treun,
a' cur ri eucoir cùl.
- 10 Saoruidh e 'n sin an anma truagh
o bhuaireadh is o bhàs;
Is bristidh e na cuibhrichean,
's a chuing a bha gan cràdh.
- 11 O b' fhearr gu mola' daoine Dia
arson a mhaitheis chaoin,
'S arson a throcair iongantaich
do ghineil chiontach dhaoin'!
- 12 A chionn gu d' thug e fuasgla dhoibh
o'n daorsa chruaidh le ghràs;
'S o'n uallach ciont' a rinn an leon,
gu d' dheonuich e dhoibh slàint'.

- 13 Do uabharachd am peacanna
 cha 'n eil aig daoine suim,
 Gus an tig trioblaid agus truaigh,
 mar uallach air an druim.
- 14 An sin tra bhios iad dlù do'n bhàs,
 is gràin aca d' am biadh,
 Glaodhaidh iad suas ri Dia 'nan airc,
 is caisgidh e am pian.
- 15 Labhraidh e 'm facal trocaireach,
 is deonuichidh dhoibh slàint;
 Is saoruidh e an anima bochd
 o dhochann is o bhàs.
- 16 O b' fhearr gu mola' daoine Dia
 arson a mhaitheis chaoin,
 'S arson a throcair iongantaich
 do ghineil chiontach dhaoin'!
- 17 Iadsan a dh' fhuasgail Dia nan gràs
 o ghàbha 's cunthart geur,
 Is cubhai' dhoibh, gu taingeil ait,
 a mhaitheas chur an ceil.
- 18 Iad sin tha siubhal fairge moir
 chi cumhachd 's tràcair Dhe;
 Oir innsidh 'n cuan a mhiorbhuile,
 co maith ri tìr is speur.
- 19 Air iartas éiridh 'n doinion gharbh
 le séide' gailbheach cruaidh;
 'S le onfha fhuaimneach atmhor ard
 an cuan 's gach àite luaisg.
- 20 Air barr nan tonnan éiridh iad
 gu neamh air uairibh 'n aird;

Grac' thuitidh iad an sin asios,
's an crìdh an cinseal bàis.

- 21 Chuig agus uaith, mar dhaoin air mhisg,
gun fhios doibh ciod a ni,
Mu dhere glaodhaidh iad ri Dia,
's bheir Dia 'na throcair sìth.
- 22 'S e dhùisg an cuan, 's a rinn e ciuin;
oir tha e umhal dà:
Ó b' fhearr gu biodh na maraichean
co freagarach d'a àithn!
- 23 Thainig am fè, 's tha iadsan ait
gu bheil iad fathasd beo,
'S gu d' ràinig iad, le maitheas Dhia,
an cal bu mhiannach leo.
- 24 O b' fhearr gu mola' daoine Dia
arson a mhaitheis chaoin,
'S arson a throcair iongantaich
do ghineil chiontach dhaoin'!
- 25 Thugadh iad dà 's a chothional
mor-urram mar is còir;
Is cuireadh iad le naoimh an ceil,
air feadh gach ré, a ghlòir.
- 26 An talamh torach ni e bcchd,
's am baile ni e fàs,
A dhioladh easantais an t sloigh
a chònui' ann ata.
- 27 Bheir esan fòs air fearann bochd
fàs torach agus pailt,
A chum an dream d' an eagal e
a bheathacha gun airc.

- 28 'N sin gheibh iad cònuidh agus tàmh,
is sàsuichear am miann;
Toradh an treud, is fàs am faich'
dhoibh beannuichidh an Dia.
- 29 Gidheadh ma chilaonas iad gu lochd,
ni Dia iad bochd arìs;
Am prionsuidh theid air allaban,
's cha 'n fhaigh iad fois no sìth.
- 30 Ach pobul umhal togaidh e,
o'n docair suas gu h ard;
Is bheir e aoibhneas paitl do 'n fhear
a thug dá reachdsan gràdh.
- 31 Bidh aiteas air na fireaná
tra chi iad maitheas De;
'S luchd uilc, tra chi a bhreitheanás,
bidh eagalach gu leir.
- 32 Bheir daoine glic na nithe so
fanear na h uile uair,
Is caoimhneas gràidh an Tighearna
bidh acasan gu buan.

S A L M C V I I I .

- L**E cridhe ait 's le laoidhibh ard
molam an tràs mo Dhia:
Mo theanga, gloir mo bhall, grad-dhùisg,
a thabhairt cliu do'n Triath.
- 2 Molam thu, Dhe, am measg nan slògh,
ri m' bheo sior-mholan thu,
'San deigh mo bhàis, feadh linn nan linn,
bheir mi gu blànn duit cliu.

- 3 Oir lion do throcair talamh 's neamh;
 a meud cha tuig aon neach;
 Is mairidh t fhirinn ghràsmhor chaoin
 tra theid an saoghal seach.
- 4 Bi thus' air t arduchadh, a Dhe,
 le feachd nan neamha shuas;
 Is thugadh sloigh an t saoghal so
 dhuit aora mar is dual.
- 5 Is tusa, Dhe, bheir neart do d shluagh,
 is fuasgladh anns gach càs;
 Oirne dean fòir an là ar teinn
 is cuidich leinn le d làimh.
- 6 A' d' ghealla naomha ni sinn bun,
 oir thubhairt thu o chéin,
 Namhaid am feasd nach faigheadh buaidh
 air sluagh bheir dhuitsa geill.
- 7 Co e mata bheir dhuinne dion
 ach Righ nam feachd amhàin;
 A stiuras sinn le chomhairle,
 's a choimhideas le làimh?
- 8 O tearuinn sinn anis, a Righ,
 's na diobair sinn 'nar teinn;
 Gu'r coghna sìn do làmh amach,
 is anns gach cath bi leinn.
- 9 An là ar trioblaid-dean oirn fòir,
 oir 's diomhain còghna dhaoin;
 Mar sin ni sinne treubhantas,
 is tusa, Dhe, r' ar taobh.

O DHIÀ mo chliu is m' aoibhneis ard,
 na bi ad thàmh 's mi caoi',
 A' fulang sgainneil 's maslai' gheur,
 le breugaibh dhaoine daoí.

2 Càineadh is dìteadh thug iad dhomh,
 gun aobhar no cionfà;
 Oir ghuidh mi riutsa as an leth,
 's chùitich mi 'n olc le gràdh.

3 Deir iad, "Cuir air droch mharasgladhl,
 is biodh fhear-dìtidh dlù;
 Fo bhìnne tuiteadh e 'sa bhreith,
 's ri urnaigh cuirear cùl.

4 Faigheadh aon eile dhreuchd gu luath,
 's a theaghlaich truagh 'na dheigh:
 Do choigrich biodh a chuid 'na creich,
 's a chlann air easbhui' bìdh.

5 A shliochd na maireadh anns an tìr,
 air dìchuimhn na biodh olc
 A rinn e fein no aithrichean,
 's na maithear dhoibh an lochd.

6 Lochd mar nach d' rinn, na faigheadh e;
 do mhallaichd thug e spéis:
 'S an t olc a rinn e, bitheadh e
 mar êideadh uime fein."

7 Mar so ghuidh ris an Tighearna
 mo naimhde thug dhomh fuath;
 Ach orra fein an aimhleas thig,
 mur pill iad ris gu luath.

8 Ach thusa, Dhia, bi dhomhsa dlù,
 is cum mi suas le d' làimh:

Saor mi, ad throcair, as gach airc,
is neartuich mi le d' ghràs.

9 Oir thia mi bochd is ainniseach,
is m' anam air a leon;

Mo bheatha gabhail seach mar sgàil,
's le trasg ga cràdh tha m' fheoil.

10 Dh' fhuiling mi masladh air do sgà,
's mi 'n àmhghar is an teinn;
Tra tha luchd-uilc gu fanaideach
a' crathair rium an cinn.

11 O Dhia, 's am bheil mo dhòigh gu leir,
thoir fein domh còghna deas;
Is seol domh ann ad throcair chaoimh
an t slighe gu dol as.

12 A chum do m' naimhdibh gu bu leir,
a Dhe, gu bheil thu leam;
Tra bhuiteas tu gu cairdeal uam
an t uallach so co trom.

13 Ge d' dhùt na h aingidh, deansa Dhe,
do bheannachd fein thoirt domh,
Bheir so dhomh aoibhneas agus sìth,
's cha dean aon nì dhomh crion.

14 Tra theid na h aingidh ghearradh as,
bidh m' anam ait leat fein;
'S le d mhòr-shluagh cuiridh mi gu bràth
do chliu gu h ard an ceil.

15 Oir aig do dheaslainmh, seasaidh shuas
an neach tha truagh an tràs;
S' an sin cha dochainnear e 'm feasd
le ęagal no le nàmh.

- T**HUBHAIRT an Tighearna ri m' Thriath,
" Dean suidhe air mo dheis;
A. dheoin no dh'aindeoin, gus an striochd
gach nàmh asios fo d' chois.
- 2** T fhacal o Shion theid amach,
mar inneal ann ad làimh;
Air t uile naimhde bheir e buaidh;
is uaithe gheibhear slàint.
- 3** Ruithidh na sloigh gu toileach dian,
a dh' fhaotainn dion od' neart;
Lionmhor, mar dhealt air bharr an fheoir,
na slòigh bheir aora 'd thcach."
- 4** Righrean is sagairt shaoghalta
tha caochlaideach gu leir;
Ach thus' an Righ 's an Sagart shuas
tha buan air feadh gach ré.
- 5** Thusa, ta 'd shuidh air deaslainmh Dhia,
riaghlaidh thar gach righ;
'S an latha t fheirge sgriosai' tu
na cinnich nach gabh sìth.
- 6** A' sruthaibh searbh ge d' rinn thu òl,
a' fulang bròin is péin;
Bi sin an t slighe ionsuidh buaidh
is gloir tha buan gach ré.

OMOLAIBH Dia: ie m' chridhe fein
cuiridh mi 'n ceill a ghràs;
'S an cothional nan naomh gu leir
cliu aoibhinn bheir mi dhà.

- 2 Tha gniomharan an Tighearna
 ro-iongantach gu leir,
 'S is maith dhuinn bhi gan rannsacha'
 le annsachd 's aire gheur.
- 3 Tha oibre urramach is mor,
 's ro-ghloirmhor tha a ghràs;
 Tha throcair agus fhirinn buan
 da shluagh air feadh gach àil.
- 4 Beathaichidh e le lòn o neamh
 anma na dream tha naomh;
 Gleidhidh e riu a cho-cheangal,
 o linn gu linn gu caomh.
- 5 Amhluidh thug è da shluagh o shean
 am fearann maith, gun luach;
 Mar sin bheir dhuinne, mar a gheall,
 oighreachd nach gann, tha shuas.
- 6 Fhirinn 's a ghealla, mar a reachd,
 tha maireannach gu bràth;
 Am feasd cha chaochail e 'na bheachd,
 oir tha e ceart do ghnà.
- 7 Tra shaor e shluagh na throcair chaomh,
 rinn e gun chaochla è;
 Arson so, cliu gu robh gu bràth
 do Ard-righ talaimh 's neimh!
- 8 'S e tùs a' ghliocais eagal Dhia:
 gun chiall tha gach aon neach
 Nach ionnsuich so, o 'm faigh e àgh
 gu bràth le Dia 'na theach.

- O** MOLAIBH Dia: is sona 'm fear
 tha toirt da reachdsan geill,
 Is ann an coimhead aitheantan
 tha gabhail tlachd is spéis.
- 2 A shliochd gheibh urram anns an tìr;
 gu sior bidh orra meas:
 Beannuichidh Dia an uile shao'ir,
 's na ghaol bheir dhoibh an leas.
- 3 Bidh 'n ainm air chuimhne 'n deigh am bàis,
 is gheibh iad àgh o Dhia:
 An duibhre bròin cha bhi ach gearr,
 's dcalrai' gu bràth an grian.
- 4 Làn-cheartas ni an duine maith,
 's tha tlachd aig ann an iochd;
 Da mhaoin, an coingheal bheir e cuid,
 is cuid an seirc gu tric.
- 5 An seirc 's an déirc ge d' robh e pailt,
 cha bhac an nì so mhaoin;
 Oir bheir e ghnothaichean fanear,
 's bidh beannachd Dhia le shao'ir.
- 6 Aon ni air bith a thig mu'n cuairt
 cha gluais a chrìdh gu mòr;
 Tha choguis siochail, 's tha a chrìdh
 socruicht air Righ na gloir.
- 7 Le sgeula fuathais cha bhi geilt
 air neach d'an eagal Dia;
 Bidh e mar charraig anns a chuan,
 nach gluais an doinionn dhian.
- 8 Uabhas ge d' robh air naimhde Dhia,
 tra dh' iadhas umpa neoil;

Air cridhe 'n fhirein eiridh grian
a dh' fhògras pian is bròn.

- 9 Sgaoil e a chuid, is thug do 'n bhochd;
mar so chuir e an siol
A bheir dha tora maith a bhos,
's na dheigh sin sonas sior.
- 10 Mealaidh na fireana an sin,
toradh an iochd 's an déirc,
Tra bhios na h aingidh is am maoin,
's an saoghal fein 'na leus.

S A L M C X I I I .

- M**OLAI BH, O molaibh Dia na glòir,
òglacha dileas fein!
Beannuichte gu robh t ainm gu bràth,
O Dhia ta grasmhor treun!
- 2 O eiridh gu ruig luidhe grein'
ainm Dhe ionmholtá ta;
Is dligheach dhasan urram 's glòir
nan uile shlògh gu bràth.
- 3 Do ghloir, O Uile-chumhachdaich!
co 's urra chur an ceil?
Air thalamh co tha cosail riut;
no coimeas duit air neamh?
- 4 'S ìsleachadh ortsa sealtuinn sios
air gniomh nan aingeal ard;
Cia mò na sin air nithe faoin
nan daoine tha air làr? .
- 5 Togaidh tu 'n deora truagh o'n dus,
gu subhachas is àgh;

'S an truaghan dibli togai' tu
gu sonas gloirmhor ard.

- 6 Do'n dream a tha gun chofhurtachd,
bheir thusa furtachd mhòr;
Tiondaidh tu 'm bròn gu àgh gun chrioch:
cliu siorruith dhuit is gloir.

S A L M C X I V .

- T**RA dh' imich Isr'cl as an Eipht,
's an robh e seal air chuairt,
'S a chaith e dh' iarruidh ionad tàimh
air sligh na fàsaich chruaidh;
- 2 Dh' iomachair Iudah 'n àirce naomh,
's bha urram Isr'eil leis:
Chunnaic an Fhairge, sgaoil a tuil,
's chaith Iordan uil' air ais.
- 3 Na sleibhte chriothnaich, 's cnoca leuni,
mar threud a bhiodh fo fhiamh:
Bha Sinai fein air chrith gu bhonn,
ge trom e, le chuid sliabh.
- 4 C' arson a chlisg sibh, shleibhte mor,
's a shleibhte beag le cheil'?
C' arson a leum sibh uile, grad
cosail ri sgapadh treud?
- 5 C' arson? ach chionn gu robh ur Dia
air teachd an sin duibh dlù?
A thalamh! biodh ort uile crith,
is eagal ro' a ghnùis,
- 6 Ma labhras esan ach an guth,
thig tuil o'n charraig chruaidh?

D' a chumhachd bheir an domhan geill.
Molams' thu, Dhe nan slyagh!

S A L M C X V .

- D**HUINNE cha 'n ann, a Dhia cha 'n ann,
ach dhuitsa, biadh an cliu;
Oir 's tu tha t aonar mor is maith;
's tu thug na th' agaínn dùinn.
- 2** Eirich anis is cuidich leinn,
mun abair ruinn ar nàmh,
“ Ca bheil anis ur Tighearn' treun,
d' an d' thug sibh geill do ghnà?”
- 3** Ar Tighearna tha shuas air neamh,
a' deana' mar is àill;
Is tha e leinn air thalamh fos:
d'a ghloir tha 'n domhan làn.
- 4** Tha droch-dhaoine a' cur an dòigh
'nan stòras is 'nam maoin,
'S na cinnich aineolach toirt geill,
le eud, dò dhealbhaibh faoin.
- 5** Tha beoil ac', ach cha labhair iad,
is suilean, leis nach léir;
Is cluasan, leis nach cluinn iad guth,
ge d' eighear riu gu treun.
- 6** Tha 'n lamh gun chlì, 's an cas gun cheum,
ge d' shleuchdar dhoibh gu leir;
Iadsan a dhealbh 's a gheilleas doibh
cha chéillidh na iad fein.
- 7** Asadsa, Dhia, ni sinne bun;
s tu ar n uile dhòigh;

Sibhse gu leir a ni a riар,
earbaibh a Dia na glòir.

8 Tha Dia 'na sgia 's 'na chòghna treun
do 'n dreani a dh' earbas as:

Dhuinne bha e ro-throcaireach,
's dhuinn deonuichidh ar leas.

9 Gach beag is mor d' an eagal Dia;
an sagart is an sluagh,
Beannuichidh e gu saibhir pait,
anis 's aris gu buan.

10 O Thus' a chruthaich talamh 's neamh!
ri d' bheannachd tha ar sùil;
Tha thus' air neamh, is sinne bhos;
O thoir dhuit fein sinn dlù!

11 Cha' n fliag thu sinn, a Dhia, 'san ùir,
ionad gun chliu gun chainnt:
Ach bheir thu sinn asuas gu d' là'ir,
thoirt molaidh ard do t ainm.

S A L M C X V I .

1 S toigh leam Dia, a dh' eisd ri m' ghuth,
's a thug dhomh freagra caomh!
An cian is beo mi' éighidh mi
ri Dia a dh' eisd mo ghlaodh.

2 Dl' iadh umam bròn is cunthart bàis,
chràidh eagal ifrinu mi;
Ghlacadh mi teanu le trioblaid thiruaigh,
is àmhghar cruaidh gam chlaoi'.

3 Air ainm Iehobhah ghair mi 'n sin,
mar so a' labhairt ris,

- “ O Dhia, mo Thighearn, guidheam ort,
 saor m’ anam bochd anis!”
- 4 Tha’ n Tighearn iochdmhor tròcaireach,
 is mòr a chaoimhneas gràidh:
 Saoruidh e daoine umhal còir;
 am theinn, dh’ fhòir ornis’ a ghràs.
- 5 O m’ anam! pill anis gu luath
 gu d’ shuaimhneas is gu d’ thàmh
 Oir Dia bhuin riut gu trocaireach
 is dheonuich e dhuit gràs:
- 6 O ghàbhadh is o chunthart bàis
 shàbhail thu m’ anam bochd;
 Ghleidh thu mo chas gun dol o d’ cheum,
 ’s mo shùil o dheuraibh goirt.
- 7 F’an aobhar sin, ré fad mo lài’,
 bheir mi dhuit gradh is geill;
 Gluaisidh mi ’d là’ir le faicill mhaith:
 O faigheam gràs uait fein!
- 8 Dh’ earb, is dh’ eigh mi riut am theinn,
 is rian thu furtachd chaomh;
 An uair nach robh dhomh feum air bith
 ’san flurtachd thig o dhaoin’.
- 9 Ciòd iocas mi rì Dia, arson
 na nochd e dhomh do ghràs?
 A’ gairm air aiminsan, glacaidh mi
 an cup’ o’m faigh mi flàint.
- 10 Iocam mo mhòid, an là’ir a shlunaigh,
 do m’ Dhia ta shuas air neamh;
 ’S a’ mhòid a bheir mi, gleidhidh mi,
 le d’ chòglina sior a Dhe.

- 11 Is priseil leatsa beatha's bàs
 na dream thug gradh do d' reachd:
 Shaor thu mise, Dhia, o'n bhàs;
 mo chrìdh gu bràth bidh leat.
- 12 'S an àros ard 'sam bheil do thàmh,
 ad chathair àluinn shuas,
 Bheir m' anam dhuit, le t uile naoimh,
 aoradh is cliu gu buan.

S A L M C X V I I .

- G**ACH cinneach tha 'san domhan mhòr!
 O thugaibh gloir do Dhia:
 Le aon-ghuth seinnibh mola dhà,
 o'n aird an ear gu 'n iar.
- 2 Oir's mor a chaoimhneas trocaireach
 do shloigh a chruinne-ché:
 Tha ghrasa paitl is fhirinn buan.
 Moladh gach sluagh thu, Dhe!
- 3 Moladh iad thu air feadh gach àit,
 feadh mhaireas là is òi'ch:
 'Na dheigh sin moladh iad gu h ard,
 ad là'ir, a chian nan coidh'.]

S A L M C X V I I I .

- O**MOLAIBH Dia: oir tha e maith;
 thia throcair daingean buan;
 Nach robh i gann doibh, òi'ch no là,
 aidicheadh dhà a shluagh.
 Abradh na thug d'a reachdsan geill,
 "Is buan, a Dhe, do ghràs!"

An dreuchd no 'n inbhe, ge be i,
so innseadh iad gu bràth.

- 3 Am eiginn ghlaodh mi fein ri Dia,
's rinn e gu dian orm fòir:
Shocruich e mi air ionad réidh,
gun eislean is gun bhròn.
- 4 Am feadh ata an Tighearn leam,
is fhòir gach ám co dlù,
Deamhain cha'n eagal leam no daoin';
mo shaoradh thig o ghnùis.
- 5 'S fearr na bhi 'g earbs' a duine beo
ar dochas chur an Dia;
'S fearr na bhi 'g earbs' a prionsuibh mor,
an coghna thig on Triath.
- 6 Ge d' bhithheadh cinnich dhomh nan nàimh,
's deamhain gun àireamh leo,
Tha m' earbs' a trocair chaomh mo Dhe,
gu gleidh e m' anam beo.
- 7 Trid coghna 'n Uile-chumhachdaich,
gheibh mi orr' uile buaidh;
'S do ainm an Ti rinn còghna leam
bheir m' anam glòir gu buan.
- 8 Tha laoidhean molaidh agus grайдh
am pailliunaihbh nan naomh,
Do 'n Dia a dheonuich slainte dhoibh
's a rinn le ghràs iad saor.
- 9 Le d' ghairdein uile-chumhachdach
thug thus', a Dhia, dhuinn slàint,
'S le trocair iongantach is phailt,
rinn thu gun airc oirn gràs.

- 10 Mairidh anis ar n anima beo,
 a chur do ghloir an ceil;
 Ge d' smachduicheas tu sinn ad ghràdh,
 cha 'n fhaigh sinn bàs 'na dheigh
- 11 O fosglar dhuinn gu fairsing fial
 tigh Dhia, 's gu d' theid sinn 's teach
 Le uile naoimh, a thoirt da cliu
 an lùchaintibh a theach.
- 12 So Eaglais De, 'san d' theid asteach
 gach neach le 'n àill bhi naomh;
 Inuite bheir mise cliu do m' THRIATH,
 m' anam o phian, 's e shaor.
- 13 'S ESAN clach-steidh na togalach,
 Iudhaich ge d' chuir ris cùl:
 Cia iongantach an gniomh so, Dhe!
 ach 's beag dheth 's léir d'ar sùil!
- 14 Air latha so an Tighearna
 cliu ait bheir sinn da chionn.
 Sàbhail, O sàbhail sinn, a Dhe!
 is aoibhneas thàbhair dhuinn.
- 15 Mola do 'n Ti rinn trocair oirn;
 's e ainm IEHOVHAH treun:
 An t skainte sin a choisinn e,
 thoir dhuinn ad theach, a Dhe.
- 16 'S e Dia Ichobhah dhealruich oirn;
 nis dh' eirich Grian an àigh:
 Le iobairt molai' agus cliu,
 thig sinn gu dlù 'na làir.
- 17 Is tu mo Dhini-sa, 's molam thù:
 bleir mi dhuit cliu gu bràth:

O molaibh Dia le cliu gun chrioch;
oir siorruith tha a gliràdh.

S A L M C X I X .

I.

- 1 'S BEANNUICHT an dream, le cridhe glan,
a dh' fhan an slighe Dhe;
Nach deach' air seachran truagh o reachd,
's do pheaca nach d' thug speis.
- 2 'S beannuicht an dream tha gabhail tlachd,
d'a reachd na h uile là,
'S a tha, le cridhe treibh-dhireach,
ag iarruidh Dhe gun tàmh.
- 3 'N a shlighe-san sior-ghluaisidh iad,
a' fuathacha' gach beud,
'S a' toirt fanear gu faicilleach
t' uil' aitheantan, a Dhe.
- 4 O stiur, a Dhia, mo cheuma fein!
is bheir mi geill do d' reachd;
Cha ghabh mi nàire nuair a bhios
do ghloir gu sior am bheachd.
- 5 Le cridhe treibh-dhireach gun ghò,
bheir mi dhuit glòir gu sior,
Tra dh' fhoghlumas mi ionracas
o t fhacal naomha fior.
- 6 Is e mo rùn gu coimhid mi
do reachda maith do ghnà;
O Dhia, mo Dhia! na cuir rium cùl,
's na ceil do ghnìùis gu bràth.

II.

- 7 Cionnus a dh' ionsuicheas an t òg
giulan is còra maith?
Cionnus, ach le sior-aire gheur
do fhacal Dhe nam flath?
- 8 Le durachd m' anma, O mo Dhia!
tha mi ga d' iarruidh fein:
Na leig, a Dhe, gu d' theid, aon uair,
air seachran uait mo cheum.
- 9 Am chridhe ghleidh mi t fhacal naomh
gu m' shaoradh o gach lochd;
O Dhia ta beannuichte gu bràth!
gleidh mi le d' ghràs o olc.
- 10 Air t fhacalsa tha naomh is ceart
gu h ait ni mise sgeul:
'S annsa le m' anam e gu mor
na stòras air a mheud.
- 11 Socraichidh mi air t fhacal naomh
mo smaointe gach aon uair,
Is stiuraidh mi mo cheumann
d'a reir, gu daingean buan.
- 12 Gabhaidh mi tlachd do t aitheantaibh,
am fad a bhios mi beo;
Is gluaisidh mi d'an reir, le d' ghras,
an aird a dh' ionsuidh gloir.

III.

- 13 Riumsa ta 'm oglach dhuit, a Dhia,
bi fial is caomh do ghnà:

Q

A chum le d' ghras gu bithinn beo,
gleidh mi ad ròd gu bràth.

14 Fosgail mo shuil, 's leig fhaicinn domh
do shlighe mhaith is naomh:
Is coigreach mi san t saoghal so,
dean domh an t iul gu caomh.

15 Tha m' anam cianail ann am chom,
le miann ro-throm gach uair
An deigh an t sonais bhithbhuan sin
aig ceann na h uighe shuas.

16 Mo iħruaige 'n dream a threig do reachd,
's a thug do pheaca gradh!
O 'm peanas, O dean mis' a dhion,
's gleidh mi ad reachd gu bràth.

17 Ge d' dhìteadh daoine mi gu bàs
arson mo ghraidih do d' reachd,
Dheanainn air greim, gu daingean dlù,
is bhiodh e 'm rùn 's am bheachd,

18 'S e m' fhurtachd agus m' aoibhneas ard,
t fhacal tha làn do ghras:
Fo eagal 's imcheist ni e 'n t iul
a stiuras mi gu d' là'ir.

IV.

19 Tha m' anam trom is muladach,
thoir furtachd dhomh le d' ghras;
Is mar a dh' eisd thu roimhe riùm,
thoir coghna dhomh an tràs.

20 Seol mi ad shlighe, 's cuidich leam
a cur an ceilidh do chàch,

Is m' anam muladach dean ait
le facal caomh do ghràis.

- 21 Dhia cum gach peaca fada uam,
stiūr mi gu buan ad reachd:
Oir ann ad shlighe fhioraghain fein,
a Dhe, tha m' uile thlachd.
- 22 Ri d' shlighe leanaidh mi gu bràth,
gun nàire air mo ghnùis;
'S a reir mar bheir thu fein domh neart,
ruithidh mi leat gu dlù.

V.

- 23 Teagaisg dhomh, Dhia, do shlighe naomh,
's cha d' theid mi thaoibh gu m' chràich;
Thoir gliocas domh is gleidhidh mi
do reachd le m' uile chrìdh.
- 24 An ceum do lagh thoir orm bhi triall;
mo mhiann tha air 's mo spéis:
Gu so, seach ni 'san t saoghal so,
mo chridhe aom, a Dhe.
- 25 Cia faoin gach ni 'sa bheatlasiō!
mo Dhia, gleidh m' aire uath';
Is ann ad shlighe naomha sein
mo cheuma cuir an luath's.
- 26 Coilion, a Dhia, do ghealla graidiō,
le d' ghràs cum mise suás:
'S e m' eagal mor gu dean aon ni
gu sior mo sgaradh uait.
- 27 Cum uam an ni so 's eagal leam,
is teagaisg dhomh do reachd.

Le t fhacal fiorghlan treoruich mi,
is bidh mi beo gu beachd.

VI.

- 28 Thigeadh do throcair shaibhir mhor
gu còghna leam, a Dhe;
Thigeadh do shlainte sholasach
- gu fòir orm ann am fheum.
- 29 Mar sin do m' nàmh bheir masla dhomh
bidh agam freagra deas:
“ Tha m' earbsadh as an 'Tighearna
nach brist a ghealla m' feasd.”
- 30 Do ghealla fior 'sam bheil mo dhòigh
le trocair coilion fein;
Mar sin mo thlachd bidh ann ad reachd
is gleidheam e gach ré.
- 31 Ni t fhacal mise saor is slàn,
is bheir e dànochd mhor;
Le mismich labhrainn e, gun sgà,
an làthair righre mor.
- 32 Do t fhacal bheir mo chridhe gradh,
is ni mo làmh d'a reir;
Mo smaointe leanaidh air gu bràth,
gu crìch mo là 's mo ré.

VII.

- 33 A reir do ghrais d' an d' rinn mi bun,
bi thusa leam, a Dhe;
T fhacal, am airc 's am anshocair,
bheir furtachd dhomh is steidh.

- 34 Rinn aingidh uaibhreach fanoid orm,
 ach lean mi dlù ri d' reachd:
 O t fhacal, fhuair mi furtachd mhòr,
 's an cònui' bha e 'm bheachd.
- 35 Do reachd tra bhristeas aingidh thruagh,
 tha ormsa uamhunn mhòr:
 Ach mise, fad mo chuairt gu bàs,
 ni t fhacal fà mo cheoil,
- 36 Ort fein 's air t' fhacal, anns an òi'ch,
 mo smaointe bidh ro-ait:
 Tha gradh is urram ann am chrìdh,
 le cuimhn air t fhirinn cheairt,

VIII.

- 37 'S tusa mo chuibhrionn buan, a Dhe,
 is m' aoibhneas mor gu bràth:
 Do reachd a choimhead 's e mo rùn,
 le curam maith do ghnà.
- 38 Le m' uile chridhe dh' iarr mi thu;
 bi dlù dhomh anns gach càs:
 A reir do gheallai' throcairich,
 dean coghna leam do ghnà.
- 39 Do m' bheatha ghabh mi sealla-cùil,
 's rannsuich gu dlù gach ceum;
 'S mo chas, gu slighe t aitheantan,
 phill mi gu grad, a Dhe.
- 40 Cha robh mi mall, mar dhaoine leasg,
 ach ghreas mi anns an ròd;
 Seadh ghreas mi choimhead t aitheantan,
 's cha dealuich riu ri m' bheo.

- 41 Feuchainn no docair d'an tig orm,
cha dearmaid mi do reachd:
Dùisgeam gu d' chliu air feadh na h òi'ch;
is bidli tu choidh' am bheachd.
- 42 Gabhaidh mi tlachd 'sa chuideachd sin
bheir dhuitsa geill is gràdh:
Reir meud do throcair stiur mi, Dhe,
ad shlighe fein gu bràth.

IX.

- 43 Is caomh a bhuin thu riumsa, Dhe,
a reir do ghrasa pait:
O buanaich leam do mhaitheas mor,
's le d' throcair dean mi ait.
- 44 Air seachran baoth tra chaidh mi uait,
bhualil thusa mi gu caomh,
A chum gu gleidhinn t aitheantan
le tuille tlachd is sao'ir.
- 45 Tha thusa maith, 's a' deana' maith:
O faigheamsa uait gràs?
'S na leig le inleachd dhaoine daoí
mo thoirt a thaoibh gu bràth.
- 46 An dream sin, thug do 'n t saoghal gradh,
is tha iad làn d'a mhaoín:
Ach 's annsa leamsa t aitheantan,
d' an d' thug mi tlachd is gaol.
- 47 Dhomhsa 's maith gu robh mi 'n sàs,
is ann an àmhghar cruaidh;
Oir theagaisg so dhomh tuille speis
duit fein 's do d' ghrasa buan.

- 48 Thug t fhacal domh làu-chofhurtachd,
is aoibhneas tha ni 's mò
Na th' aig na daoin' is saibhire
o 'n airgiod is o 'n òr.

X.

- 49 O Thus' a chruthaich mi 's a dhealbh!
'do reachd cuir ann am chriðh:
'S biodh aoibhneas aig na daoine còir
a riñn an dochas diòt.
- 50 Do 'n mhuintir sin, tha àmhghar fein
na aobhar aoibhneis mhoir;
Oir 's ann o d' dhìlseachd is o d' ghradh
gheibh iadsan cràdh is leon.
- 51 O faigheamsa o d' throcair chaoimh
deagh-fhurtachd agus fòir;
'S a reir mo dhòchais ann ad ghràs,
m' anam gu bràth biodh beo!
- 52 O naomhaich m' uile thrioblaid domh,
'so lochd gleidh mi do ghnà:
Cuir dlù dhomh 'n dream d' an eagal thu,
's do d' theaghasg biodh mo ghràdh!

XI.

- 53 M' anam tha leont", le mhiann air gràs,
's a ghnà a' feitheamh ris;
'S mo shùil air fàilneach 'g amharc suas,
O fòir gu luath anis.
- 54 Thiormaich mo bhròn mo cholann suas,
mo chraigionn duaichni dh' fhàs

Gidheadh as m' aire cha do leig
do reachd ro-naomh 's do ghràs.

- 55 Cia fhad a bhios mi air mo chràdh?
's a fulang tàir nan daoí?
Ach tagraidh tus' a Dhia mo chùis;
mo dhùil tha d' ghràs a choidh'.
- 56 A dh' aindeoín innlcachd dhaoine daoí,
cha d' theid mi thaoibh o d' reachd:
O! nochd a Dhia, do chaoimhneas graidh,
's ann ort tha ghnà mo bheachd.

XII.

- 57 Daingean, mar stéidh do chathair-righ,
tha t fhacal fior, a Dhia;
'S mar bhunaite na talmhainn shios,
do ghealla fior cha siach.
- 58 Do ghealla sheas o linn gu linn,
mar rinn an domhan fein;
'S gu bràth bidh e mar bhunaite
do 'n dream bhcir dhuitsa geill.
- 59 Mur bitheadh t fhacal agam fein,
mar steidh 's mar sholas buan,
Is fad o gheibheadh m' anam bàs
fo amhgar is fo thruaigh.
- 60 T' fhacal gu bràth cha dearmaid mi,
's e bheothaich mi gu mor:
O Dhia d'am buin mi! sàbhail mi
's do shlighe ghnà dhomh seol.
- 61 Rinn cuideachd aingidh 's buaireanna
mo chuartach' air gach taobh,

Ach fhuair mi coghna 's furtachd mhaith
o t fhacal tha ro-naomh.

- 62 Foirfeachd cha' n eil 'san t saoghal so;
- is caochlaidh reachda dhaoin';
Ach foirfe buan tha reachda Dhe,
is mar an ceudna caomh.

XIII.:

- 63 Cia mor mo speis, a Dhe, do d' reachd!
mo bheachd tha air gach là:
'S ann uaith a fhuair mi gliocas maith,
's e maille ruim do ghnà.
- 64 Is gliocas so nach teagaisg daoin',
's le h aois cha 'n fhaighear e:
'S e t fhacal naomhasa amháin,
bheir e gu bràth, a Dhe.
- 65 Le t fhacal theagaisg thu dhomh fein
mo cheum a choimhead glan;
Oir ghluais mi ann ad shlighe naomh,
is ann a t aora dh' fhan.
- 66 Cia taitneach dhomhsa t fhacal fior!
's milse leam e na mhil:
Thug e dhomh tuigse, 's theagaisg dhomh
fuath do gach olc air bith.

XIV.

- 67 Is lochran t fhacal fein do m' chois,
is solus e do m' cheum:
Mhionnuich mi gluasad ann ad reachd,
's am feasd ni mi da reir.

- 68 Amhairc a Dhia orm ann an iochd
 's o thrioblaid thoir mì saor;
 Ath-bheothaich mi anis le d' ghràs,
 is bi do ghnà rium caomh.
- 69 Mar sin bheir mi dhuit gradh is cliu,
 's fo d' stiura' gluaisidh mi;
 Gun fhiaradh taobh air bith o d' reachd,
 deacair is truagh ge d' bhiom.
- 70 Do reachd is e sin m' oighreachd bhuan;
 s ann uaith thig m' aoibhneas fior:
 Is chuir mi romham thoirt fanear
 le aire mhaith gu m' chrìch.

XV.

- 71 Is fuath leam smaointe diomhanach;
 mo chrìdh do d' reachd thug gradh:
 'S tu m' ionad foluich, 's tu mo sgia:
 mo mhiann tha ort do ghnà.
- 72 O sibhs' a chleachd bhi deanamh uilc
 imichibh uile uam;
 Oir ghabh mi rùn gu gleidh mi fein
 aitheanta Dhe gach uair.
- 73 A reir do gheallai' dhileis chaoimh,
 daighnich is cum mi suas;
 Beothaich le d' ghras mi, is na buin
 mo dhòigh gu buileach uam.
- 74 Cum thusa suas mi, 's bithidh mi
 an tearuinteachd 'san sìth;
 Is t aitheanta bheir mi fanear
 le curam maith gu sior.

- 75 An dream sin uile chlaonas uait
 tha truaighe dhoibh an dàn;
 Mar shal droch-mhiotail tilgear uait
 iad so bhios truagh gu bràth.
- 76 Fan aobhar sin bheir mise geill
 do d' reachd, a Dhe, gach là;
 Tha ball-chrith orm ro d' bhreitheanas,
 is t eagal orm do ghnà.

XVI.

- 77 Ris gach aon duine ni mi fein
 deagh-chothrom agus ceart;
 Na leig, a Dhe, le droch-dhaoine
 mo dhochann le ain-neart.
- 78 Bi fein domh ad chul-taic do ghna
 gum' dhion o shàruch dhaoin;
 Oir tha mo shuil ri d' shlàinte mhaith
 is m' earbs' ad ghealla caoin.
- 79 O buin, a Dhia, gu trocaireach
 ri t oglach dileas fein:
 O teagaisg mi, is dean mi glic,
 do d' reachd gu tugainn speis.
- 80 Cuir casga luath air luchd an uilc
 tha cur do reachd air cùl;
 An reachd d' an d' thug mi fein mo ghradhl,
 's ri 'm bheil gach là mo shùil.
- 81 'S annsa leam e na'n t òr is fearr;
 do ghnà bidh air mo luadh;
 Measam e ceart 's na h uile nì,
 's do olc bheir mì sior-fhuath.

XVII.

- 82 T fhacal, a Dhe, ta iongantach,
 le curam gleidhidh mi;
 Am fear gun eolas ni e glic,
 is ni e ait an crìdh.
- 83 Tha ciocras mor orm fein 'na dheigh;
 Dhe, seall orm leis a ghradh
 A thug thu riabh do 'n mhuintir sin
 le 'n ionmhuin t ainm ro-ard.
- 84 O stiur mo cheum an sligh' do reachd,
 's na faigheadh peac' orm buaidh:
 O ain-neart dhaoine tearuim mi,
 's gleidh nii leat fein gu buan.
- 85 Dealra do ghnùis tog orm gu caomh,
 ad shlighe naoimha fein;
 Ri faicinn aingeachd dhaoine daoí,
 mo shùil tha caoi' gu geur.

XVIII.

- 86 Tha thusa ceart, a Thighearna,
 's is cothromach do bhreithi;
 Tha t iartais uile ceart is naomh;
 is caomh iad air gach leth.
- 87 Chaith eud mi, chionu gu bheil mo nàimh
 a' tabhairt tàir do d' reachd;
 An reachd sin tha ro-naomh is maith,
 is da'm bheil agam tlachd.
- 88 Tàir orm ge d' dhean iad so, gidheadh
 do d' laghsa bheir mi géill;

Oir tha do lagh ro-naomh is ceart,
is airidh air gach spéis.

- 89 Dhomhsa, anns gach aon airc is teinn,
thug t fhacal aoibhneas mor;
Tha t fhacal buan, 's do ghealla fior;
da thrìd bidh mise beo.

XIX.

- 90 Le m' uile chridhe dh' eigh mi riut,
eisd ruim a Dhia, is fòir,
Is neartuich mi gu t aitheantan
a thoirt fanear ri 'm bheo.
- 91 Dh' eirich mi ro' an sgarthanaich,
is ghlaodh mi riut, a Dhe;
Oir tha mo dhochas daingean fior
ad ghealla cinnteach fein.
- 92 Mo shuil tha tric 'na faireacha'
ga d' iarruidh anns an òi'ch;
Oir 's ann air t fhacal naomhasa
a bhios mo smaointe choidh'.
- 93 A reir do chaoimhneis mhoir, a Dhe,
O eisd ri guth mo leoin;
'S le t fhacal a tha grasmhor ceart,
ath-bheothaich mi le treoir.
- 94 Ge dlù dhomh aingidh, 's dlùithe Dia,
gach cian tha ghealla fiòr;
So dh' aithnich mise, 's aithnichidh
anis 's a rìs gu sior.

XX.

- 95 Amhairc, a Dhia, air m' àmhghar cruidh,
is fuasgail orm am fheum;
O neartuich mi, 's cha dearmaid mi
reachd dearbhta maith do bheil.
- 96 Tagair mo chùis, is fuasgail orm,
cum suas mi trìd do ghràis;
'S fad slaint o dhroch-dhaoine, nach iarr,
le miann án crìdh, do ghràdh.
- 97 Do throcairean tha licnmhor mor;
ormsa dean foir, a Dhe;
'S na leig le inleachd dhroch-dhaoine
mo thoirt o d' shlighe fein,
- 98 Chunnaic mi aingeachd dhaoine daoí
is chlaoí' sud mi gu mor:
O gabh dhiom truas, a Dhia, is gleidh
m' anam gu tearuint beo.
- 99 Do ghealla bha is bithidh fior
o linn gu linn do ghnà;
'S a bhreith a thig o d' bheul amach,
cha d' theid i seach gu bràth.

XXI.

- 100 Tha' daoine neartmhor agus olc
ri lochd orm gun chion-fà;
Ach ann a t fhacal firinneach
mo éhochas bidh gu bràth.
- 101 Rinn t fhacal m' anam luaghaireach,
már neach fhuair creich ro-mhor;

Na h uile olc tha leam 'na ghràin,
 's mo mhiann air slainte 's glòir.

- 102 Bheiream dhuit moladh agus luadh
 seachd uaire gach aon là,
 Arson an fhacail fhirinnich
 o 'm faigh mi sìth is slàint.
 103 'S mor sìth na muintir sin ata
 toirt graidh do d' reachdsa, Dhe;
 Oir olc air bith cha 'n eirich dhoibh:
 ad reachd tha m' ansachd fein.

XXII.

- 104 O thigeadh m' urnaigh dhurachdach
 an là'ir do ghnùis, a Dhia;
 Is cuidich leam bhi treibh-dhireach
 a' tabhairt geill do d' riar.
 105 O thigeadh m' achuine ad là'ir!
 le d ghras dean ormsa fòir;
 Le t fhacal naomha teagaisg mi,
 is bheir mi dhuitsa gloir.
 106 Air t fhacal naomha ni mi sgeul;
 is ceart, a Dhe, do reachd;
 Thoir dhomhsa gras gu thoirt fanear
 's ann deth a ghabh mi tlachd.
 107 Mo mhiann tha air do shlainte, Dhe;
 an so tha m' aoibhneas mor:
 O bitheadh m' anam beo gu bràth,
 thoirt duitsa graidh is gloir.
 108 O neartuich mi le d' ghrasa caomh;
 is caora mi air chall:

- 5 O! guidheam fein duit gach aon là
sith agus àgh ro-mhòr;
Soirbheacha pailt 'san t saoghal so,
's gun chaochla air an glòir.
- 6 Sìth dhuit! 'sam bheil mo chairde caomh,
is mo luchd gaoil gu leir.
Sìth dhuit! 'sam bheil mo Dhia 'na thàmh;
's am bi gu bràth mi fein.

S A L M CXXIII.

- A R suil tha 'n togail riutsa, Dhe,
d' an cònui' neamh na glòir;
A' feithe' riut gu faighidneach,
seadh gus am faigh sinn fòir.
- 2 Mar sheirbheisich bhios furachair
ciod their am maighstir riù,
Mar sin tha sinne furachair,
a' togail riuts' ar sùl.
- 3 A Dhia nan gràs bi trocaireach,
dean coghna leinn gu luath:
'S na leig dhuinn bhi fo shàrucha
nan nàmh a thug dhuinn fuath.
- 4 Dimeas ge d' ni oirn daoine baoth,
's ge d' dhean an saoghal tàir;
An tràs thoir thusa cofhurtachd,
's dean sona sinn gu bràth.

S A L M CXXIV.

MUR-biodh Iehobhah air ar crann,
(feudai' na naoimh a ràdh)

Mur biadh Iehobhah air ar crann,
bha sinn fo laimh ar nàmh.

- 2 Mar thuil, tra dh' eirich iad asuas
mu'n cuairt duinn air gach taobh,
Ghearradh iad sinn gu buileach as,
's cha'n fhacite cruinneach' naomh.

- 3 Mola do Dhia nach d' thug sinn seach
mar chreich do bheul ar nàmh.
Eaglais, a dh' aindeoin deamhan 's daoin',
'san t saoghal bidh gu bràth.

- 4 Mar eun a lion an eunadair,
gu tearuint chaidh sinn as;
Bhristeadh an lion, is sgaoileadh e,
is shaoradh sinn gu cas.

- 5 Ar coghna uile-fhoghainteach
tha 'n ainm Iehobhah threin;
An Ti a rinn an talamh bhos,
is neamha ard nan speur.

S A L M C X X V .

- D AINGEAN mar shliabh nach caruichear,
no mar ard-chathair Dhe,
Tha 'n dream sin a ni bun a Dia
's d'a riar tha tabhairt geill.

- 2 Ceart mar bha beanntai' 's ballachan
mu thiomchioll Sion naomh,
Mar sin tha gairdean Dhia nan sluagh
gan cuartacha gach taobh.

- 3 'Na ghradh ge d' smachduich Dia a shluagh,
cha'n ann gu buan no trom;

Pillidh an t slat iad ionsuidh Dhia,
 's claoidhidh droch-mhiann 'nan com.

- 4** Riusan tha treibh-dhireach nan crìdh,
 O buin, a Dhe, gu seimh;
 'S le t uile fhreasdal tarruing iad
 san rathad ionsuidh neimh.

- 5** Ach iadsan nach gabh smachdacha,
 's do d' reachd nach tabhair geill,
 Bidh 'n cuibhrionn leis na h aingidh shios,
 's bidh sìth aig pobul De.

S A L M CXXVI.

O BHABILON an uair thug Dia,
 o shean, a shluagh a' bruid,
 Bha iad mar dhaoin' a dhùisg a suain,
 bu bhruadar leo an staid.

- 2** Le aoibhneas ait is mola binn
 sheinn iad do Dhia na gloir:
 'S le iogná, thuirt na slòigh mu 'n cuairt,
 "Thug Dia dhoibh fuasglà mor!"

3 Mar sin, a Dhia, o 'n sgapadh mor,
 thoir dhathigh do shean-sluagh:
 Aoibhneach bidh so, mar fhrasaibh uisg'
 do fhearanann tioram cruaidh.

- 4** 'S an t saoghal so, tha sinn gu leir
 an céin o'r dathigh shuas;
 Le deoir 's le sao'ir a' cur 'sa mhàrt,
 gu foghar àigh a bhuain.

- 5** Cia aoibhinn pailt am foghar sin,
 ma bhios ar saothair mòr!

A thora bheir dhuinn lòn gu sior,
le Dia, an riogh'chd na glòir.

S A L M CXXVII.

MUR tog Iehobhah fein an tigh
tha luchd na togail faoin;
Mur gleidh Iehobhah 'm baile fòs,
chaill luchd na faire n sao'ir.

2 Ge d' eirich sinn roi 'n sgaranthaich,
's ge d' dhean sinn caithris bhuan,
Air aran tur ge d' thig sinn beo,
ag stri ri stòr chur suas.

3 Is faoin ar sao'ir gun bheannachd Dhia;
's e so bheir fois is maoin:
'S e bheannachd fòs ni cairde 's clann
'nan ansachd 's airi'-ghaoil.

4 Cia sona 'n ti gheibh beannachd Dhia!
's ion-iarruidh so gu mòr;
Gach cofhurtachd thig uaith an tràs,
is àgh gun chrioch fadheoidh.

S A L M CXXVIII.

IS beannuicht thusa, tha toirt spéis
is geill do reachd do Dhia:
Beannuichidh fhreasdal saòir do làmh,
's gheibh thu le àgh do bhiadh.

2 Bheir e dhuit cofhurtachd ad theach:
ni c do bhean 's do chlann
'Nam beannachd siochail solasach
ad' chònuidh anns gach am.

- 3 Seadh, beannachda ni's mo na so
thig dhuit o eagal De;
Oir 's leat gach sochair spioradail
tha teachd o theampul fein.
- 4 Air thalamh mealaidh tu an tràs,
ro'-bhlas do 'n àgh ta shuas;
'S beannuichidh Dia do shliochd, tra theid
thu fein gu fois le shluagh.

S A L M CXXIX.

- N**IS feudaidh Eaglais Dia a ràdh,
“ Chràidh naimhde mi gu truagh;
O m' òige chràidh iad mi gu tric,
gidheadh cha tig dhoibh buaidh.
- 2 Lot iad mo dhruim le buillibh trom,
ach chum mo Dhia mi beo:
'S Esan a bhrist an cuibhreach dhiom,
's a thug dhomh dion is fòir.”
- 3 Iadsan le 'm fuathach pobul De
gheibh péin gu grad mar dhuais:
Mar fhochann tha air tigh a' fàs,
gheibh iadsan bàs gu luath.
- 4 Arbhar cha 'n fhàs o'n fhochann sin,
cha cheanglar e an sguair;
Cha 'n amhairc aon neach air gu dlù,
is cha bhi sùil r'a bhuan.
- 5 Ach Dia, le curam àraichidh
na bheir dhà gloir is geill;
'S an deigh dhoibh abuchadh a bhos,
gheibh iad leis fois air neamh.

O DHOIMHNE truaighe, eighream riut,
a Dhe Iehobhah threin!

O crom do chluas gu furachair,
's ri guth mo ghearain cisid.

2 Ma chomharaichead peaca leat,
co shcasas ann ad là'ir?

Ach tha thu maithi is trocaireach,
's bidh t cagal oirn, le gradh.

3 M' anam tha feithe' riut, a Dhe,
-'s mi 'g eighreach arson slaint;
'S ag earbsadh as do ghealla maith,
gu faigh an t aithreach gràs.

4 Tha m' anam bochd nì's furachair
a' cumail sùil ri d' ghràs,
Na bhios luchd-faire anns an òi'ch
ri soillseachadh an là.

5 Ann Dia biodh dochas buan a shlòigh,
oir tha a throcair mor:
Maithidh e 'n lochd, is bheir e dhoibh,
gu saibhir, gràs is gloir.

S A L M CXXXI.

UABHAR no ardan, O mo Dhia,
na biodh am mhiann, no 'm chrìdh!
'S air nithibh mor an t saoghail so,
na biodh mo ghaol gu sior!

2 O bitheam ciuin is macanta!
m' anam do d' thoilsa striochdt'
Umhal is iriosal am bheachd,
mar leanabh beag na cìch.

- 3 Gach anam bhios mar so ad là'ir,
 gheibh uaitsa grasa pait;
 Cha mheall thu 'n dochas nis no rìs;
 gu siorruith bidh iad ait.

S A L M CXXXII.

- A N uair bha Daibhi' 'n teinn 's an airc,
 's gun aige tigh dhà fein;
 Tigh ullacha' do Dhia nan dùl
 'na dheagh-rùn mhòidich è.
- 2 " Cha ghabh mi (thuirt e) tàmh no fois,
 cha toir mi clos do 'm shùil,
 Gu 'n sonraich mi an t àit am bi
 pailliumn aig Righ nan dùl.
- 3 An àirc, tha nis ann Ephratah,
 'na tàmh am baile Iàir,
 Bheir sinnasuas do 'n ionad sin
 'san gabh an Tighearn tàmh."
- 4 Ach leinne tha do phailliunan
 an tràs, a Dhe, 's gach àit;
 Is thig sinn air do laithibh naomh
 gu aoradh ann ad là'ir.
- 5 O Dhia! bi fein, 's gach meadhon gràis,
 'nad thàmh 'nar measg gu caomh:
 Is luchd ar teagaisg, teagaisg fein,
 's biodh aoibhneas aig do naoimh.
- 6 Biodh iadsan uile sgeadaichte
 le teagasg fior 's le gràs;
 Mar sin do mhuintir bithidh ait,
 a' teachd le tlachd ad la'ir.

- 7 Air sgà do Righ a chuir thu suas,
 na cumsa uainn do ghràs:
 A reir do gheallai' fhirinnich
 gu mair a shiol gu bràth.
- 8 " Ma ghleidheas iad (thuirt Dia) mo reachd
 a chuir mi dhoibh an ceil,
 Mo chathair-righ bidh leo gu buan,
 is ni iad uaill gach rè.
- 9 Oir ann am Eaglais tha mo thlachd,
 is innte nì mi tèmh;
 So m' ionad cònuidh suidhichte,
 'sam fuirich mi gu bràth.
- 10 Meudaichidh mi a stòr gu pailt,
 's an t acrach gheibh a dhiol;
 A sagairt éididh mi le slàint,
 's a naoimh gheibh àgh gu sior.
- 11 'N so dealruidh cumhachd agus gràs
 an Righ a dh' arduich mis';
 'S bidh solas suthainn aig gach neach
 a leanas dìleas ris.
- 12 Ach masla 's peanas còdaichidh
 na slòigh a chuir ris cùl,
 Tra bhios na slòigh a bheir dha géill,
 làn aoibhneis, da' mar chrùn.

O FÈUCH! cia maiseach sòlasach
 daoine bhi chònui' 'n sìth!
 Braithrean is cairdean, clanna Dhe,
 bhi réidh 's na h uile nì!

- 2 Mar ola chubhraï' air a' cheann,
 's i ruith gu saibhir sios,
 Seadh ola leis an ungar neach
 'na shagart no 'na righ;
- 3 No mar an drùchd ni ait am màgh,
 tha 'n gràs so thig o Dhia,
 Bidh bheannachdsan aig luchd na sìth,
 anis 's aìs gu fial.

S A L M CXXXIV.

- S**I BHSE le 'n ionmhuinn Dia na gloir,
 feithibh air ordugh naomh.
 'N a theampul striochdaibh dha asios;
 molaibh a ghniomha caomh.
- 2 Gach mackaim togaibh ris ur crìdh,
 's gach feasgar diolaibh cliu:
 Le 'r n anam is le 'r neart gun tàmh,
 iariuibh gu bràth a ghnùis.
- 3 Mar sin o ionad cònuidh shuas,
 a bhéannachd buan bheir Dia;
 An Dia rinñ talamh agus neamh
 bheir è a ghràs gu fial.

S A L M CXXXV.

- M**OLAIBH, a naoimh, an Tighearna,
 'na theach sior-sheinniubh cliu;
 O molaibh ainm, oir tha e maith;
 is taitneach teachd dhà dlù.
- 2 Tha moran tlachd aig Dia d'a naoimh,
 mar ionnas ni e 'n dion:

Is có ni 'n dochann, 's Esan Ieo?
Nach e Iehobhah 's Righ?

- 3 Air neamh is talamh, muir is tìr,
ni e gach nì is àill:
'S ann o thigh-taisg thig dealan 's gaoth,
's e sgaoil na neoil gu h ard.
- 4 Nochd e a neart d'a shluagh o shean,
chreach c an naimhde treun;
'S am fearann thug, mar chònui' mhaith,
do shluagh a thlachd 's a spcis.
- [5] 'S amhuil a dh' fhògair e amach
na h aingil olc o neamh,
'S an oighreachd bheir gu siorruith buan
d'a shluagh a bheir dha geill.]
- 6 Cliudhaichear leosan t ainm gu bràth,
arson do ghràsa pailt;
O linn gu linn bheir iad duit cliu,
an là'ir do ghnùis ro-ait.
- 7 Oir Dia bheir air an domhan breith,
tearbaidh am maith o 'n olc;
'S d'a mhuintir, a bha treibh-dhireach,
laghaidh gach beud is lochd.
- 8 Iodhala faoin nan cinneach dall,
is airgiod iad is òr:
Dhoibhsan tha toirt doibh graidh is geill
cha dean iad feum no fòir.
- 9 Tha beoil ac' leis nach labhair iad,
is suilean leis nach léir;
Cluasan nach cluinn aon achuine,
's gun anail tha am beul.

- 10 Tha slòigh a dhealbh, 's a gheilleas doibh,
 gun tuigse mar iad fein;
 Ach sinne bheir do'n Dia b'heo fhior
 gu siorruith gloir is geill.
- 11 Molaibh Iehobhah Triath nam feart,
 a shagairt is a shluagh!
 Molaibh ainm naomh is urramach,
 is thugaibh dhasan luadh! .
- 12 O molaibh e 'na ionad naomh,
 is aoraibh dha le cheil':
 Tha chònui' leinn; 's bheir sinn d'a gloir,
 nis, is fadheoidh air neamh.

S A L M CXXXVI.

- O** MOLAIBH Dia, ta maith is mor,
 oir tha a throcair buan:
 Tha ghras gun chrioch, 's a ghloir an-ard,
 gach cliu 's ann dà is dual.
- 2 Molaibh an Triath oscionn gach triath,
 oir 's fialuidh dhuinne ghradh;
 Tha oibre mor is iongantach,
 's is ionan sin a ghràs.
- 3 A ghliocas dhealbh na neamha shuas,
 tìr mor is cuan a bhos;
 'S a throcair tha gu siorruith buan
 gan cuartacha gun fhois.
- 4 'Se dhealbh grian gealach 's reultan ard,
 a riaghlaigh là is òi'ch;
 Oir tha a throcair is a ghràs
 gun fhàilneachadh a choidh'.

- 5 'S e thug o shean amach a shluagh,
 le buaidh o thìr na h Eipht:
 Cheansuich e 'n naimhde cumhachdach
 le ghairdein uile-threun.
- 6 Sgaoil e an fhairge, 's thug d'a trìd
 Israel fein le buaidh:
 Roi' 'n fhasach stiur e iad le ghràs,
 a tha do ghnà le shluagh.
- Na sloigh a bhac dhoibh dol asteach,
 do 'n fhearrann thug dhoibh Dia,
 Cheansuich e le chumhachd treun,
 do reir a ghràsa fial.
- 8 Chuimhnich thu oirne 'nar staid thruaigh,
 oir 's buan, a Dhia, do ghràs:
 'S o'r naimhdibh miorunach gu leir,
 thug thusa, Dhe, sinn slàn.
- Seadh thug thu ann ad throcair mhor
 lòn pailt d' ar n anmaibh truagh,
 A chum gu biodh mid beo gu bràth,
 a' mealtuinn àigh leat shuas.
- 10 Gloir gu robh do Righ nan neamh
 a thearuinn sinn le ghràs,
 'S a dheasuish dhuinn 'na throcair mhor
 sonas is gloir 'na là'ir.
- 11 Le laoidhibh siorruith seinnidh siunn
 an sin do chliusa, Dhe,
 Arson gu mair do throcair chaomh
 gun chaochla feadh gach ré.

- A**IG sruthaibh coimheach Bhabiloin
 na h Iudhaich shuidh, làn bròin:
 An sin air Sion chuimhnich iad,
 's gun chuimse shil an deoir.
- 2** Air gheugaibh seilich chrochadh Ico
 an clarsaichean an sin;
 Ach iadsan a rinn braighde dhiu,
 dh' iarr òrain orra 's gean.
- 3** Seadh iadsan le 'n do chreachadh iad,
 dh' iarr luaghair orra 's ceol;
 "Seinnibh do laoidhibh Shioin duinn,
 (ars iadsan) mar bu nòs."
- 4** Is amhluidh tha, 'san t saoghal so,
 na naoimh an dùthaich chéin;
 An dathigh tha san t saoghal shuas,
 's ann air tha 'n luadh 's an spéis.
- 5** Cha 'n urra sinn, an dùthaich chéin,
 spéis thoirt do aighear faoin;
 Ach cliu Iehobhah seinnidh sinn;
 's ann airsan tha ar gaol.
- 6** Mur cuimhnich mi mo dhathigh ard,
 rim' laimh nior lean a lùgh:
 Mo theanga mur toir cliu do Dhia,
 leanadh ri m' ghial gu dlù.
- 7** Is taitniche leam fein gu mor
 bhi tabhairt gloir do Dhia,
 Na aighear saoghalt, air a mheud,
 nach fiu air speis no miann.
- 8** Na leig le naimhde m' anma, Dhe,
 m' aoibhneas ro-mhor thoirt uam;

Na tilgeadh iad mi sios gu làr,
am làithibh lag is truagh.

9 'S nearachd am fear a chathuicheas
an aghaidh gach aon lochd;
A gheibh air buaire 's peaca bnaidh,
's a bheir sior-fhuath do 'n olc!

10 'S nearachd am fear a cheansuicheas
ceud-fhàs an uilc 'na chridh,
Chlaoidheas a nàmh tra tha e maoth,
mu'n tig an smaoin gu gniomh!

[11 An neach so, le Ard-thriath nam buadh,
rioghaichidh shuas gu bràth,
Is aoibhneas siorruith mealaidh e
le aingil ait 'na là'ir.]

S A L M CXXXVIII.

L E m' uile chridhe molam thu,
a Dhia, mo Dhia ro-chaomh!
Molam thu 'n là'ir nan aingcal ard,
tha ghnà ad theach, le d naoimh.

2 Mo shuile togam riutsa suas,
a' tabhairt luaidh air t ainm;
Is bheir mi, arson t fhacail nìhaith,
dhuit buidhcachas is taing.

3 Do ghloir 's do ghràs leig t fhacal ris,
ni 's mò na t oibre mòr.:
'S e theagaisgeas duinn colas àigh,
's an t slighe 'n aird gu glòir.

4 Ghlaodh mise riut, a Dhe nan gràs,
an là mo dh' fheuchainn chruidh:

- 1 Ghrad-fhreagair thu, is thug thu fòir,
le treoir do m' anam truagh.
- 5 Bheir righre 'n domhain cliu do Dhia,
arson a bhriathra caomh:
'S na shlighe fhiorghlain gluaisidh iad,
le uaill as ainm ro-naomh.
- 6 Ge ard Iehobha seallaith e
air daoinibh umhal còir;
Ach 's léir dha 'n dreami sin fad o laimh
tha deana' tair air gloir.
- 7 Ge d' għluais mi fein an trioblaid mhoir,
cumaidh tu beo mi, Dhe;
Air naimhde m' anma bheir thu buaidh,
's bheir slainte bhuan domh fein.
- 8 Oir Dia ni foirfe 'n obair sin
a thionsgain e 'n a naoimh;
Tha throcair buan air feedh gach ial:
Mo Dhia bi riumsa caomh.

S A L M CXXXIX.

- DOrannsuich thu, 's is aithne dhuit
mise, Iehobhah threin!
Mo shuidhè 's m' eiridh 's aithne dhuit,
's leir dhuit mo smaoin an céin.
- 2 Mo cheuma, is mo luidhe sios,
do chuartuich thu gu dlù;
Is air mo shlighibh fein gu leir
's geur-fhiosrach eolach thu.
- 3 Feuch, cha 'n 'eil facal mor no beag,
no uirgill ann am bheul,

- Mu 'n labhram iad, a Dhia nam feart,
nach aithne dhuit gu leir.
- 4 Do chuardaich thu mi air gach taobh,
romham faraon 's am dheigh;
Do lamh tha umam air gach leth,
's do fhreasdal tha gam dhion.
- 5 T eolas, a Dhia, cia iongantach!
's do-thuigsinn e do dhaoin':
A mheud cha chuir aon neach an ceil,
chaidh e gu leir thar smaoin.
- 6 Cia 'n t àit air bith am feud mi dol
o d Spiorad glic, a Dhe?
O d' shùil tha uile-leirsinneach
cia 'n taobh a theicheas mi?
- 7 Nan rachainn suas gu neamh nan speur,
thu fein tha 'n sii ad thàmh;
'S nan luidhinn ann an ifrinn shios,
bhithinn fo chlaoi' do làmh.
- 8 Mar dhearsa luath na maidne moich,
ge d shiubhlainn fad o laimh,
Gu iomallaihb na fairge moir
chum còruidh agus tàimh,
- 9 Do làmhsa bhiodh air thoiseach orm,
gam' chuartacha' le d' neart,
Bhithinn an sin, mar tha mi 'n so,
fa chomhair Dhe nam feart.
- 10 Ma their mi gu dean dorchadas
no duibhre m' fhalach uait,
Bidh 'n òi'che fein mar sholus glan
ag iadhadh orm mu 'n cuairt.

- 11 Cha 'n fhaluich uaitsa dorchadas,
 's co-shoilleir òich is là;
 'S ceart ionan duits' an duibhre dorch
 is solus glan nan trà.
- 12 Mo chridh is m' airne 's tusa dhealbh,
 tra bha mi anns a' bhroinn;
 M' anam 's mo chorp co miorbhuiileach,
 's tu fein gu h uile rinn.
- 13 O m' cheud-chruth gus an latha so,
 do fhrcasdal caomh bha leam;
 Do throcairean bha saibhir dhomh,
 's gun orra cuntas ceann.
- 14 Ri 'n àireamh 's lionmhoir iad gu mor
 na gaineamh mhìùn na tràgh:
 Mo chridh bidh làn do d' ghràdh gach òi'ch,
 's mo chuimhn' air moch gach là.
- 15 Na h aingidh nach toir dhuitsa cliu
 tha iad ro-dhlù do sgrios:.
 An comun is an coluadar
 an cònui' seachnai mis'.
- 16 Tha uabhas orin tra chluinneas mi
 na h aingidh toirt duit beum,
 Is t ainm ro-naomha urramach
 an diomhanas 'nam beul.
- 17 Measam an dream is naimhde dhuit
 nan naimhde mor dhomh fein:
 Na leig gu toir mi, Dhia, gu bràth
 da'n slighe gràdh no spéis.
- 18 O rannsuich fein, is feuch dhomh, Dhia,
 aon olc ata am chliabh;

O saor mi uaith, is treoruich mi
san t slighe 'n còir dhomh triall.

- [19] O cuimhnicheam gu bheil thu fein,
a Dhe, 's gach àite leam,
A' toirt fanear gach guth is gniomh,
's gach sin aoin tha shios am chom!]

S A L M CXL.

O DHAOINIBH olc is aimhleasach
gleidh m' anam saor, a Dhe;

O dhaoinibh ta air ti mo lot
le teangai' nimhneach bhreug.

2 Saor mi o'n dream tha sgaoile' lion
gu m' tharruing leo gu lochd.

'S tusa mo Dhia; ri m' urnaigh eisd,
is gleidh mi o gach olc.

3 Mo neart 's mo shlainte 's tu amhàin,
a Thighearna mo Dhia!

An latha cunthairt agus cath
sgaoil tharumisa do sgia.

4 Do 'n droch-dhuine na toir a mhiann,
na soirbhich leis 'na lochd;

Is na biodh aobhar gairdeachais
aig neach thug gradh do'n olc.

5 Air droch-dhaoin thig-an aimhleas fein,
is dual doibh péin is bàs.

An teine buan, 's an t slochd tha shios,
gu siorruith theid an cràdh.

6 Is gairid cuairt an droch-dhuine;
tha dòrainn air a thòir:

Mur pill e, glacar e gu luath
le peanas buan is mòr.

- 7 Ach dionaidh Dia a mhuintir fein,
'nan eigin is 'nan truaigh;
'S bidh luchd a chridhe threibh-dhirich
ro-aobhinn l'esan shuas.

S A L M C X L I .

MO ghuth 's mo chridhe togam riut,
a Thighearna na gloir:
O eisd gu grad ri in' achuine,
is dean air m' anam fòir.

- 2 Taitneach mar bholtrach bitheadh dhuit
mo ghuidhe mhaidne ghnà;
Is m' urnaigh fheàsgair mar an ceudn'
eireadh mar thuis ad là'ir.

- 3 Faire cuir thusa air mo bheul,
mu 'n labhair e aon lochd;
'S mo chridhe gleidh mu'n d' theid e thaoibh
le daoinibh aingidh olc.

- 4 Le solas peacach na leig dhomh
bhi air mo bhuaire' choidh';
Milis ge d robh e aùns a' bheul,
na dheigh sin bheir e claoi'.

- 5 Am firean thugadh ormsa smachd
an uair a theid mi thaoibh;
Mar ola chubrai' gabhai' mi
an t achasan ro-chaomh.

- 6 Cha lot, ach leigheas bheir e dhomh,
is bheir mi taing da chionn;

Is guidhidh mi, 'na theinn gu tig
mor-bheannachd air a cheann.

- 7 Seadh fos do m' naimhdibh ghuidh mi maith
tra bha iad ann an airc,
Is bha mo bhriathran as an leth
a' guidhe beannachd pailt.
- 8 Ormsa gidheadh rinn iadsan olc,
is air na naoimh gu leir;
Gar sgapadh is gar gearra sios
mar fhiogh le faobhar geur.
- 9 Ach riuts, a Thighearna mo Dhia,
mo shuil tha 'n togail suas:
M' anam tha deana' bun ad ghràs,
na fàg e gu bhi truagh.
- 10 O lion nio naimhde coimhid mi,
's thoir rathiad gu dol as;
Ach gheibh na h aingidh diol an uile,
is tuitidh iad gu cas.

S A L M CXLII.

- G HLAODH mi ri Dia gu dùrachdach,
le urnaigh ris gun tàmh;
Mo ghearan dhoirt mi uile mach,
is m' anam air a chràdh.
- 2 Tra bha mo spiorad bàithte 'stigh,
mo shlighe dhuit bu leir;
Mo chunthart uile b' aithne dhuit,
's an lion a bha mu 'm cheum.

- 3 Dh' amhairc mi air mo dheis, is feuch,
cha robh fear-còghnaidh ann,

No neach 'gan robh do m' anam spéis:
thréig cobhair mi 'san am.

- 4 Ghrad-ghlaodh mi riuts' an sin, ag ràdh,
Mo Dhia dean fein orm fòir;
Is tu mo chuibhrionn buan gu sior,
na treig mi 'n tìr nam beo.
- 5 Eisd rium, a Thighearna mo Dhia,
is mi an iarguin mhoir;
Faiceadh mo nàimh gu bheil thu leam
's gu cum thu ghnà rium còir.
- 6 Thoir m' anam saor o'ii airc ami bheil,
is bheir e dhuitsa gloir;
'S na naoimh bheir ciu dhuit maille rium,
arson do mhaitheis mhoir.

S A L M CXLIII.

1. ISD, O mo Dhia, ri m' achuine,
's mi 'g eigheach riut gu cruidh:
Thoir fuasglà dhomh gu trocaireach,
's dean còghna leam gu luath.
2. Na tionsgain ann am breitheanas,
ach taisbein domh do ghràs:
Oir co, ma thagras tusa ciont',
bhios neo-chiontach ad là'ir?
3. O seall le h iochd air m' anam truagh,
is fuasgail as gach sàs;
Oir tha mi ann an eigin chruaidh,
dlù dhoibhsan fhuair am bàs.
4. Tha m' anam tron i muladach,
an dorchadas 'na thàmh;

Ach cuid do dhochas glacaidh mi
o fhearta treun do làmh.

- 5 Tha so toirt misnich dhomh aris
mo làmha shìneadh riut;
Le miann, tha m' anam sealltuin suas,
mar fhearann cruaidh ti uisg.
- 6 Greas, O mo Dhia, gu m' chuideachadh;
na faluich uam do ghnùis,
Mu'n treig mo spiorad mi gu leir
mar dhream chaidh sios do 'n ùir.
- 7 Cluinneam gu luath guth binn do ghraidi;
oir annad tha mo dhoigh:
Saor mi o ghàbhadh, is o m' nàmh,
is dean do ghnà órm fòir.
- 8 An t slighe fòs an gluaisear leam,
thoir orm gun aithnich mi;
Oir riutsa tha mi togail suas
mo spioraid thruaigh, a Dhe.
- 9 Do thoil a dheana' tcagaisg dhomh,
oir 's tu mo Dhia gu bràth;
Le d' Spiorad naomha treoruich mi
asuas gu d' chònuidh ard.
- 10 O 'n ùir bheir thu mi beo aris,
reir t fhitinn is do ghràis;
Is m' anam, air sgàrt shireantachd,
theid as gu sgor o 'n bhàs.
- 11 An sin cha bhuairear mi le nàmh,
's cha chràidheatr mi ni's mò;
Peaca no bàs chìa d' theid asteach
do theach Ard-righ na glòir.

- B**EANNUICHT gu robh an Tighearn Dia,
thug riabh dhomh cobhair threun;
A chuireas cath a chreideimh leam,
's a bheir dhomh neart am fheum.
- 2** Mo mhaith, mo dhion, 's mo dhaighneach ard,
mo shlanui' ear 's mo sgia,
Air naimhde m' anma bheir dhomh buaidh;
mo chuibhrionn buan 's e Dia.
- 3** Dhia! ciod e 'n duine gu bheil thù
le gràs ag amharc air?
No mac an duine gu bheil thù
co mor ga thoirt fanear?
- 4** 'San duslach tha aig duin' a stéidh,
tha e gu leir ro-fhaoiñ:
Tha làith mar fhaileas, no mar cheo
air fhògra' leis a' ghaoith.'
- 5** Ciod so do 'n Uile-chumhachdach,
do 'n lùb na flaitheis ard;
'S a bheir air sleibhte leagha sios,
ma bheanas doibh a làmh?
- 6** A shaighde dearga dealanaich
ma leigcas e anuas,
An talamh criothnaichidh gu leir;
's ciod e an duine truagh?
- 7** Ach mar do chumhachd, 's amhlui' t iochd,
mo Dhia; dean mise dhion:
'S leir dhuit mo chunthart air gach taobh,
do lamh gu caomh dhomh sìn.
- 8** Seinnidh mi 'n sin gu h ard do t aiñm,
le oran buan is binn;

- Is cuiridh mi do ghràs an ceil
le m' cheatsaidh, feadh gach linn.
- 9 'S ann uaitsa mhàin thig slaint is neart,
's cha'n ann o fheachdaibh righ;
Seadh 's tusa bheir do righribh fein
an tearmunn is an dion.
- 10 D' ar righ 's d' ar riogh'chd thoir thusa dion
o neart 's o mhiorun nàmh;
Is deonuich dhuinn fo sgàil do sgè
lan-tearuinteachd do ghnà.
- 11 A chum gu biodh ar mic a' fàs
mar ghallain àluinn òg;
'S ar nigheana mar chlacha snaight'
an oisinn àrois mhoir.
- 12 Ar saibhlean làn do 'n uile stòr,
ar treudan fòs a' breth
Nam miltean, seadh deich miltean àil,
'nar fàsaichibh gach leth.
- 13 Ar daimh gu h obair laidir calm',
gun chreach theachd oirn no bruid;
A chum 'nar sràidibh fòs nach biodh
guth gearain, caoi, no truid.
- 14 'S beannuicht am pobul sin ata
sin inbhe so gu beachd;
'S beannuicht am pobul sin d'an Dia
Iehobhah Triath nam feart.

A RDUICHEAM thu, mo Dhia 's mo Righ!
gu siotruith molam thu:

- Do t ainm, tha urramach is ard,
gach là bheir mise cliu.
- 2 Dhuit 's dual gach urram agus gloir,
a Dhia Iehobhah threin!
Co rannsuicheas do mhòrachdsa,
no ni air chòir air sgeul?
- 3 Molaidh gach àl do ghniomhara
do 'n àl a thig 'nan deigh,
Is t oibre iongantach is mòr
sior-chuirear leo an ceil.
- 4 Air gloir do mhòrachd is do ghrais
gun tàmhì ni mise sgeul;
A bhos is shuas gu siorruith buan
bithidh mòr luadh ort fein.
- 5 Labhradh daoin eil' air gloir do neart,
's air fearta mor do làmh,
Ach mise ni gu siorruith sgeul
air meud do chaoimhneis gràidh.
- 6 Cluinnidh daoin eile, 's cuirear leo
do mhaitheas mor an ceil;
Air meud do throcair is do ghràis
ni iad 's gach àite sgeul.
- 7 Tha'n Tighearn iochdmhor trocaireach,
an cònuï' làn do ghràs;
Chum feirge mall, ach saibhir pailt
an acarthachd 's an gràdh.
- 8 Is maith Iehobhah do gach dùil:
tha shùil, le sealla caomh,
Ag amharc feadh a chruthachaidh,
's a' furtachd air gach aon.

- 9 T oibre gu leir bheir dhuitsa cliu,
 molaidh iad thu gu bràth;
 Ach bheir do naoimh, an so, 'san gloir,
 dhuit ceol, le mola 's àird.
- 10 Do dhaoinibh cuiridh iad an ceil
 do bhearta treun is caomh,
 Mor-ghloir do rioghachd is do ghràis,
 do chairdeas is do ghaol.
- 11 Do rioghachd fein, is rioghachd i
 ta siorruith buan gu beachd;
 Is mairidh t uachdranachd gu bràth,
 air feadh gach ail ri teachd.
- 12 'Na t uile bhriathraibh tha thu Thriath,
 ro-fhirinneach gun cheist;
 'Na t uile ghniomharaibh faraon
 thu thusa naomh am feasd.
- 13 Le d' chumhachd cumaidh tusa suas
 an sluagh thu tuiteam sios;
 'S an dream tha claona' chum an làir
 togaí tu 'n aird arìs.
- 14 Tha suile fòs gach dùil air bith
 a' feitheamh ort, a Righ;
 Is tha thu anns na tràthaibh ceart
 a' tabhairt doibh am bidh.
- 15 Tha thu le freasdal pait do làmh
 a' sàsuchadh am mianu;
 Is gheibh an t iomlan diubh an lòn
 o throcair mhòr an Dia.
- 16 Tha Dia 'na uile shlighibh ceart,
 is maith 'na uile ghniomh.

'S dlù Dia do mheud 's a ghairmeas air,
seadh ghairmeas air gu fior.

17 Deagh-mhiann gach neach d'an eagal e
coilionaidh e gu paitl;

Is eisidh esan fòs ri 'n glaodh,
saoruidh e iad 'nan airc.

18 An dream tha tabhairt graidih do Dhia,
dhoibh ni e tearmunn deas:

Ach air na h aingidh olc gu leir
bheir e 'na dheigh so sgrios.

19 Ag luadh air cliu Iehobhah threin
bithidh mo bheul gun cheist:

Ainnm naomha beannuicheadh gach sluagh
gu siorruith buan am fcasd.

S A L M CXLVI.

O MOLAIBH Dia: dhà bheir mi fein
gach cliu is geill ri m' bheo;

'S an deigh mo bhàis an saoghail chéin
cuiridh mi 'n ceil a ghloir.

2 Molaidh mi e feadh linn nan linn,
fad bitbhuantachd gu leir;

Am feadh a bhios an t anam beo
a ghloir bidh ann am bheul.

3 A prionsaibh cha dean mise bun;
co 'n duine nach 'eil fann?

Theid anail as, 's theid e g'a ùir:
a dhùil co chuireadh ann!

4 'S beannuicht an ti tha deana' bun
a Tighearna nan sluagh,

Rinn talamh 's neamh, le 'm feachd air fad,
 's a chuir f' a smachd an cuan.

- 5 Esan cha mheall na dh' earbas as;
 tha ghealla seasach fior:
 Saoruidh e iad o 'm foirneart cruaidh,
 's bheir e dhoibh suaimhneas sior.
- 6 An t anam acrach ni e dhiol
 le fhireantachd gu pailt;
 Bheir e dhoibh fuasgladh as gach sàs,
 is bheir dhoibh àgh gun airc.
- 7 Do 'n anam dhall is aineolach
 bheir esan eolas iuil;
 'S an t anam tha an amhghiar truagh
 togaidh e suas o 'n ùir.
- 8 Do 'n bhantraich is do 'n dilleachdan
 bheir esan dion gach uair;
 Do 'n choigreach bidh e 'na chultaic
 an aimsir airc is truaigh.
- 9 Do dhaoine diadhaidh treibh-dhireach
 air feadh gach ré tha ghràdh;
 Ach tilgidh e na h aingidh sios
 gu siorruith as a là'ir.
- 10 Feadh chian nan cian tha Dia 'na righ,
 is bheir e dion d'a shluagh:
 Dhasan mata biodh geill is gràdh
 gu bràth a bhos is shuas.

O MOLAIEH Dia; oir 's maith bhi seinn
 ard-mhola binn do Dhia:

- 1 'S ion-mholaidh fhacal, 's oibre mor,
a ghloir, 's a ghrasa fial.
- 2 Eaglais mar phaillun togaidh e,
le mais is gloir ro-bhuan;
'S a naoimh, tha sgaoilte feadh gach àit,
bheir e gu àros shuas.
- 3 Ceanglaidh e suas an cridhe brist',
is leighisidh gach creuchd;
Lùbaidh e 'n t anam rag le ghras
a thoirt da graidh is geill.
- 4 Na reulta lionnìhor chruthaich e,
is àirmhidh air an ainm;
Is mor ar Dia, 's is mor a neart,
's a ghliocas tha thar cainnt.
- 5 Togaidh e 'n t iriosalasuas,
tilgidh e 'n t uaibhreach sios:
Is dligheach mola dha is cliu,
o gach aon dùil gu sior.
- 6 'S e dh' éideas neamh le neulaibh tiugh,
's a chuireas uisge nuas,
Bheir air an fheur bhi fàs gu paitl
air faich is sleibhte cruaidh.
- 7 'S esan a bheir do 'n ainmhidh lòn,
's do 'n fhitheach òg a bhiadh;
Eisidh e 'n guth tra ghlaodhas iad,
is caomh riu bithidh Dia.
- 8 Tha neart nan each is feachd an t sluaigh
suarrach an sealla Dhc;
Ach dhoibhsan tha toirt geill da teachd,
tha tlachd aig agus spéis.

- 9 Molaibh ur Dia, a naoimh gu leir,
thugaibh dha geill is gradh:
A fhreasdal tha gur dion mu 'n cuairt,
's bidh bheannachd buan d'ur n àl.
- 10 'S esan tha 'g orducha dhuibh sìth,
is bìdh gur cumail beo;
A' riaghlaadh aimsirean is thrà
do ghnà le guth a bheoil.
- 11 An lia-reoth sgaoilidh e; 's an sneachd,
mar olainn, cuiridh nuas:
An t uisge tiondaidh e gu eith;
's co sheasas anns an fhuachd?
- 12 Cuiridh e mach a ghuth aris,
is leaghaidh iad gu luath;
An t aiteath thig, is ruithidh sios
an t uisge ris gu cuan.
- 13 Nochdai' na h oibre so a ghloir:
ach 's mò ni fhacal caomh
A ghloir 's a ghràs a chur an ceil,
is aoibhneas thoirt da naoimh.
- 14 Am falal so, nach d' fhuair gach sluagh,
dhuinne gu buan thug Dia:
O molaibh e, arson a ghràis;
molaibh gu bràth an Triath.

S A L M C X L V I I I .

MOLADH an cruthacha gu leir
Iehobha treun nan sluagh;
Tionsgnaibh am moladh, aingle ard!
seinnibh gu bràth a luadh.

- 2 A ghrian 's a ghealach, molaibh è;
 's a reulta dealrach neimh;
 A speura maiseach, molaibh e,
 's a neula sliuch gu leir.
- 3 Molaibh an Dia thug dhuibh ur bith,
 's a tha 'g ur cumail suas;
 A' stiur ur n iùmeachd feadh nan speur
 le reachd a bheòl gu buan.
- 4 A thalaimh iosail, mol do Dhia;
 's fhairge, le d' mhialaibh mòr;
 Gach teine, sneachda, 's doinion ard,
 O thugaibh dhasan gloir.
- 5 A shleibhte mor, 's a chraobha meas,
 's a choillte, le 'r cuid gheug;
 Gach ainmhidh, spréidh, 's gach ni tha snà:
 's gach eun gu h ard feadh speur:
- 6 A righre mor, is fhineachan,
 gach cinne, 's breithe t ann;
 Gach òg is aosda, beag is mor,
 na h althrichean 's a chlann;
- 7 O moilaibh Dia: oir 's mordha ainm;
 tha ghloir osciùnn gach cliu:
 Le t uile chruthacha gu leir,
 a Dhe, ard-inholams' thu.
- 8 'S ann uaits' thig neart is aoibhncas ard
 na dream thug gradh do t ainm:
 Do d' chridhe tha iad uile dlù;
 inoladh iad thu le taing!

LE oran nuadh, O molaibh Dia!
oir's fial a ghrasa caomh.

Cuiribh gu h'ait an ceill a chliu,
an coinne' dhlù nan naomh.

2 Iudhaich is cinnich moladh ainm,
le taing arson a ghràis;
Oir dhoibh le cheile leig e ris
iochd saibhir is a shlàint.

3 Thugadh iad mola dha gu leir,
le aoibhneas agus ceol;
Oir Dia da shluagh tha gabhail tlachd,
's gam bcannacha gu mor.

4 'S an fhacal sin a dh'fhoilsich e
a naoimh biodh uile ait;
'S air leabai tinneis agus bàis
an gairdeachas biodh pait.

5 Oir dùisgidh Dia na naoimh o'n ùir,
thoirt cliu dha fein gu h'ard,
'S a thoirt leis bìnne air na slòigh
nach d' thug dha gloir 'na thrà.

6 Mar chlaidhe geur dà-fhaoir 'nam beu!
bha facal naomha Dhe,
A' dìteadh peacai'; ach an sin
a' dìteadli pheacach fein.

7 Oir leis a Bhreithe cìtidh iad,
asios gu priosun bròin,
Na ciontaich lionmhor chumhachidach
nach d' thug do 'n Tighearn glòir.

- 8 Sbeir iad leis breith, do reir gach ni
 tha sgriobht am facial Dia;
 Oir gheall e 'n onoir so da naoimh.
 Molaibhs' a choidh' an Triath.

S A L M C L.

- O** MOLAIBH Dia 'na theampul naomh,
 'san leig e ris a ghràs;
 Togaibh ur guth 's ur crìdh gu hait,
 risan 's na flaitheis ard.
- 2 Arson a ghniomha iongantach
 sior-thugaibh mola dha:
 Ur cliu gu bràth cha chuir an ceil
 ro-mheud a ghloir 's a ghràis.
- 3 Seinnibh dha ceol le gairdeachas,
 an cian ata sibh beo;
 Ach seinnidh sinn ni 's airde dha
 'na làthair shuas an gloir.
- 4 Gach duine bhos, gach aingeal shuas,
 O thugaibh luadh do Dhia:
 An cian a bhios an t anam beo,
 sior-thugaibh gloir do'n Triath!

C R I O C H.

